



San leabhar seo tha taghadh de sgeulachdan goirid sa Ghàidhlig, cuid a nochd ann an diofar irisean thar iomadh bliadhna agus cuid a chaidh a sgriobhadh às ùr. Chaidh an taghadh le Stòrlann airson a bhith freagarrach do chloinn san àrd-sgoil gus ùidh a dhùsgadh ann a bhith a' beachdachadh air cruth na sgeulachd goirid agus airson toileachas fhaighinn à leughadh den t-seòrsa seo.

**Gheibhear obair-leudachaидh air na sgeulachdan  
air-loidhne aig [www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)**



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig

ISBN 978-1-907054-16-7  
  
9 781907 054167 >

# ERDAR dà SGEUL

## sgeulachdan goirid aig ìre àrd-sgolle



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig

# ERDAR dà SGEUL

**Sgeulachdan goirid aig ìre àrd-sgolle**

Eadar Dà Sgeul

Ann a bhith a' deasachadh nan sgeulachdan seo,  
tha Stòrlann air dualchainnt nan ùghdaran a  
ghleidheadh cho fada 's a tha sin iomchaidh.

Air fhoillseachadh ann an 2010 le  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig  
11/12 Acarsaig,  
Cidhe Sràid Chrombail,  
Steòrnabhagh,  
Eilean Leòdhais, HS1 2DF

Fòn 01851 700 880  
Facs 01851 700 870

Post-dealain: [ofis@storlann.co.uk](mailto:ofis@storlann.co.uk)  
Làrach: [www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig air cead fhaotainn bhuapanan a  
tha a' rioxchachadh nan àiteachan san do nochd na sgeulachdan seo  
an toiseach, agus bho dhàimhean an luchd-sgrìobhaidh far an robh  
sin iomchaidh. Tha iad a' toirt taing airson a' cheada sin.

Na còraichean uile glèidhde. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar  
seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith, gun  
chead ro-làimh ann an sgrìobhadh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Air a chlò-bhualadh le Gomer Press, Llandysul, A' Chuimhrigh

ISBN/LAGE: 978-1-907054-16-7

© An dealbh airson a' chòmhdaich Jade Starmore  
An còmhach air a dhealbhachadh le Windfall Press

Dealbhachadh le  
Mairead Anna NicLeòid,  
Acair, 7 Sràid Sheumais,  
Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2QN  
do Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Acair  
a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

# **EADAR dà SGEUL**

**Sgeulachdan goirid aig ère àrd-sgoile**



# Clàr-innse

---

|  |            |
|--|------------|
| <i>An Sgeulachd Ghàidhlig</i>              | <i>vii</i> |
| Adhaircean Mòra air a' Chrodh a tha fad às | 15         |
| Ann am Bosnia                              | 18         |
| Na Stocainnean                             | 22         |
| Aig a' Chladach                            | 26         |
| Ecstasy                                    | 30         |
| Taibhs                                     | 40         |
| Seòras                                     | 43         |
| An Duine Dubh                              | 49         |
| Bùrn                                       | 52         |
| An Taghadh                                 | 58         |
| An Rathad Dhachaigh                        | 65         |
| An Coigreach                               | 70         |
| Ri Aghaidh na Creig                        | 77         |
| Na h-Iùdhaich                              | 85         |
| An Loft                                    | 90         |
| Na Solais                                  | 96         |
| Am Meanglan Gorm                           | 99         |
| Uair no Uaireigin                          | 104        |
| Cogais Ghoirt                              | 116        |
| Cafaidh Ranji                              | 120        |
| Feòil a' Gheamhraidh                       | 128        |

---

---

|   |     |
|---|-----|
| Am Partaidh Purpaidh                                      | 132 |
| “Aon Fheasgar ...”  | 140 |
| Tàladh na Mara  | 145 |
| Tormod Bochd  | 149 |
| Tormod  | 153 |
| Briseadh na Cloiche                                       | 159 |
| Na Bleideagan   | 164 |
| <i>Eadar Dà Sgeul - Fiosrachadh mu na sgrìobhadairean</i> | 168 |
| <i>Eadar Dà Sgeul - Còraichean</i>                        | 176 |



# An Sgeulachd Ghàidhlig

Tha ceithir sheòrsaichean sgeulachd sa Ghàidhlig, a dhà dhiubh a tha (no a bha) air an aithris agus na dhà eile air an sgrìobhadh le ùghdair agus air an leughadh leinne à leabhar.

A' chiad sheòrsa 's e seann sgeulachdan a' bheul-aithris – mu 'mhac na banntraig' no gaisgich threuna agus na rudan iongantach a thachair dhaibh. Bhiodh iad air an innse ann an cainnt aosta, eireachdail: 's e sin bu mhotha a bha a' cunntais na plota no caractar. Is e 'Adhaircean Mòra air a' Chrodh tha fad às' eisimpleir den t-seòrsa sgeulachd seo. Tha i againn an seo mar a chaidh a sgrìobhadh sios o bheul-aithris, le beagan giorrachaидh.

Tha seòrsa sgeulachd eile ann a bhuineas dhan bheul-aithris ach a tha nas giorra is nas sìmplidhe. Mar as trice 's e cunntas air rud a thachair dha-rìribh no a dh'fhaodadh tachairt a tha anna seo. Tha iad air an innse gus eagal no gàire a thoirt oirnn no direach airson tachartas àraidh a chur far comhair. Tha am plota a' cunntais is feumaidh na caractaran ar n-aire a ghlacadh, co-dhiù gu ire 's gum bi ùidh againn anns na thachras dhaibh.

Is e 'Taibhs' eisimpleir dhen t-seòrsa sgeulachd seo ann an Eadar Dà Sgeul. Tha i a dh'aon ghnothaich air a sgrìobhadh mar gum biodh an sgrìobhaiche a' bruidhinn rinn, a' tòiseachadh le 'Tha mi dol a dh'innse stòiridh dhut agus 's e 'n fhìrinn a th' agam ...'

Bha buaidh mhòr aig an t-seòrsa beul-aithris seo air an treas seòrsa; 's e sin sgeulachdan sgrìobhate aig a bheil mar phriomh amas buaidh a thoirt air an leughadair – eagal no truas no iongnadh, mar eisimpleir – no dìreach gàire.

Tha grunnan den t-seòrsa sgeulachd seo anns an leabhar – feadhainn mu thaibhsean is mhanaidhean, mar ‘An Lioft’ no ‘Cogais Ghoirt’. Feadhainn mu thachartasan cudromach ann am beatha dhaoine òga, mar ‘Ecstasy’ no ‘Aon Fheasgar’. Cuid eile le tionndadh san deireadh, mar ‘Ri aghaidh na Creig’, ‘Uair no uaireigin’ no ‘Am Meanglan Gorm’.

Feumaidh smachd teann a bhith aig ùghdar nan sgeulachdan seo air a' phlota – feumaidh e 'toiseach' a ghlacas ar n-aire 's a bheir oirnn cumail a' leughadh, 'meadhan' a bheir an sgeul air adhart ceum air cheum agus 'crios' a tharraingeas a h-uile càil còmhla. Faodaidh dealbh a bhith annnta air caractar no suidheachadh ach cha bhi ann dhen sin ach na dh'fheumar, oir 's i an sgeulachd fhèin a tha a' cunntais. Glè thric 's ann a bhios an sgrìobhaiche a' cumail air ais fiosrachadh, ga leigeil a-mach beag is beag gus an toir deireadh na sgeòil barrachd buaidh oirnn. Uaireannan, bidh tionndadh anns an deireadh ris nach robh dùil. Uaireannan eile faodaidh e bhith soilleir greis ron deireadh dè tha a' dol a thachairt ach fhathast buaidh a bhith aige air an leughadair. San fheadhainn as fheàrr, cha bhi thu cinnteach chun an deiridh an e rud math no dona a tha a' tighinn.

'S i 'An Rathad Dhachaigh' të dhiubh seo. Tha sinn a' cur eòlas air a' phriomh charactar, Seonag, sa chiad seantans: tha i toilichte, oir tha i gu bhith aig an taigh ach tha oiteag fhuar a' toirt oirre clisgeadh – an e rabhadh a tha seo? Tha an sgeulachd a' gluasad eadar mì-chinnt agus misneachd mar seo fad na h-ùine, dìreach mar a tha faireachdainn Seonag fhèin ag atharrachadh. Tha i a' toirt an aire do choigreach aig a' chàr aice, rud a tha a' cur dragh

oirre, ach tha i an uair sin a' mothachadh dhan mhàileid-gnothaich aige is a shùilean coibhneil. Tha i a' faicinn nach eil èadhar ann an taidhrichean a' chàir aice ach tha an coigreach a' cur seo ceart. Tha i a' smaoineachadh gun aithnich i e ach aig an aon àm tha rudeigin mu dheidhinn a tha ga fàgail an-fhoiseil. Mu dheireadh, tha i a' teiche, ga fhàgail às a dèidh 's a mhàileid gun fhiosta dhi an cùl a' chàir aice.

Aig an deireadh, nuair a tha e a' coimhead coltach nach robh adhbhar eagail aice, fosglaidh Seonag a' mhàileid ... is tha sinn a' tuigsinn, ged tha an sgeul a' coimhead sìmplidh, gu bheil an t-ùghdar air a bhith a' cluiche le ar faireachdainnean ann an dùigh glè sgileil.

Ged is e am plota a tha a' cunnatais sna sgeulachdan seo, tha glè thric smuain no cuspair ag èirigh annta a ghabhas cleachdadh mar bhonn teagaisg ann an clas, mar cunnart o choigrich anns 'An Rathad Dhachaigh', gràin-cinnidh ann an 'Stocainnean', burraidheachd ann an 'Ecstasy', bàs peata ann an 'Aon Fheasgar' agus breugan ann am 'Meanglan Gorm'.

Ged a tha an dà sheòrsa sgeulachd a bhuineas dhan bheul-aithris a' dol air ais fada ann an eachdraidh na Gàidhlig, cha do nochd an treas seòrsa seo – sgeulachdan sgriobhte, le plota làidir – gu mu dheireadh an 19amh agus toiseach an 20amh linn. Bha seo mar as trice anns na ràitheachain Ghàidhlig a bha dol aig an àm mar 'An Sgeulaiche' no ann an leabhraichean le daoine mar Iain MacCarmaig à Muile. Bha MacCarmaig gu h-àraidh math air 'driodfhortain' – sgeòil mu thachartasan cunnartach is euchdan gaisgeil. Tha na h-eisimpleirean ann an Eadar Dà Sgeul a' tighinn on latha an-diugh: tha iad nas giorra, tha a' chànan annta nas sìmplidhe agus chan eil na plotaichean cho toinnte ri feadhainn MhicCarmaig – ach 's e an aon ghnè sgrìobhaidh a tha annta a dh'aindeoin sin.

Thòisich an ceathramh seòrsa sgeulachd anns a' Bheurla mu thoisearch an 20amh linn, ann an obair sgrìobhaichean mar James Joyce. Chan eil am plota a' cunntais uimhir an seo – 's ann a tha an cuideam air staid inntinn nan caractaran. Thòisich an seòrsa sgeulachd ghoirid seo aig àm a bha eòlaichean mar Freud a' sealltann mar tha an inntinn ag obair 's a bha luchd-ealain mar na h-Impressionists a' dearbhadh nach e an sealladh a tha far comhair a tha cudromach no 'fior' ach dè tha air a chùl agus an smuain no an fhaireachdainn a dhùisgeas e annainn. Bha buaidh aig an sin uile air an sgeulachd ùir.

Nochd an seòrsa sgeulachd seo sa Ghàidhlig mu 1950 is gu h-àraidh bho thòisich an ràitheachan 'Gairm' ann an 1952. Shoirbhich leatha agus tha beairteas de sgeulachdan goirid math againn sa Ghàidhlig a-nise. Tha dà sgrìobhaiche a tha gu sònraichte ealanta, Iain Mac a' Ghobhainn agus Iain Moireach, is tha grunn de na sgeulachdan aca an seo.

Anns an sgeulachd ghoirid ùir seo, tha an cuideam air a' bhuaidh a tha aig an tachartas air na caractaran seach air an tachartas fhèin ach feumaidh fhios a bhith againn cuideachd air dè tha a' tachairt. Mar sin feumaidh an t-ùghdar a bhith sgileil air sgeulachd innse ann am beagan bhriathran – a' tòiseachadh ann an teis-meadhan an t-suidheachaidh, mar eisimpleir, 's a' taghadh dìreach na pìosan fiosrachaiddh a dh'fheumas sinn airson an dealbh fhaicinn – 's gun dad a bharrachd – a' cruthachadh 'impression', mar a bhiodh na peantairean dhen ainm sin, seach dealbh mionaideach.

Agus, na boillsgidhean sin a tha sinn a' faighinn den t-suidheachadh, tha sinn gam faicinn mar as trice tro shùilean, no tro mhothachadh, a' phìomh charactair – fiù 's ged nach e esan (no ise) a tha ag innse na sgeòil 's dòcha. Tha sinn a' dol tro na h-aon cheumannan riuthasan 's tron a sin a' tuigsinn an staid inntinn on taobh a-staigh.

Tha mòran de nàdar na bàrdachd anns na sgeulachdan seo agus gu h-àraidh tha tòrr feum air a dhèanamh de dh’iomhaighean – dathan ann an ‘Ann am Bosnia’ ’s ‘An Duine Dubh’, dealbhan o nàdar ann am ‘Ann am Bosnia’ agus ‘Bùrn’. Ann am ‘Briseadh na Cloiche’ tha a’ chlach a’ samhlachadh a h-uile bristeadh-dùil agus tàmailt a dh’fhuiling an duine na bheatha.

A thaobh nan suidhichidhean a tha air an cur far comhair, faodaidh na tachartasan a bhith cudromach annta fhèin – beatha no bàs ann an ‘Ann am Bosnia’ agus ‘An Taghadh’, eachdraidh air a h-ath-innse anns ‘Na h-Iùdhaich’ agus ‘Na Bleideagan’ – ach ann an cuid eile chan eil na tachartasan idir a-mach às an àbhaist – ceannache-siubhail a’ tadhail, duine a’ briseadh clach, fear ag obair ann an cafaidh – ged a tha iad cudromach dha na caractaran.

Tha na sgrìobhaichean uaireannan a’ sealltainn caractar leis fhèin, a’ cothachadh ri dùbhlann – balach air stairsneach na beatha, snaidhpear a’ taghadh beatha no bàs, am mac-stròdhail a’ dol dhachaigh. Uaireannan eile tha na sgrìobhaichean a’ sgrùdadh an dàimh eadar daoine mar an dà shaighdear no am boireannach ’s an ceannache-siubhail.

Faodaidh na sgeulachdan a bhith a’ ruith thairis air ùine fhada – fad beatha ann an ‘Seòras’, mar eisimpleir – ach mar as trice chan eil an tachartas ann an sgeulachd ghoirid a’ maireachdainn ach ùine glè ghoirid – ‘mòmaid’ ann am beatha caractair, ach mòmaid a tha a’ soilleireachadh a bheatha gu seo no a tha a’ dol a thoirt buaidh mhaireannach air.

Chan eil crìoch na seòrsa sgeulachd seo cho cudromach: glè thric tha an deireadh air fhàgail fosgailte a dh’aois ghnothaich. Cha mhotha a bhios na sgrìobhaichean a’ mìneachadh ‘ciall’ na sgeulachd dhuinn ach ga fhàgail againn ar ciall fhèin a thoirt aiste. Glè thric togaidh leughadairean diofar rudan às an aon sgeulachd – is faodaidh iad uile bhith ceart.

Ge b' e dè an cuspair no an stoidhle a tha aig an sgeulachd gohirid, ge-tà, gach turas thèid aig an sgeulaiche mhath air puing chudromach a shoilleireachadh no air eagal no iongnadh a chur oirnn aig an aon àm ri bhith a' cruthachadh shuidhichidhean, charactaran agus stòiridhean a tha inntinneach anna fhèin agus nan tlachd leughadh mun deidhinn. Sin neart na sgeulachd goirid.

Tha taghadh farsaing ann an Eadar Dà Sgeul dhen fheadhainn as fheàrr, de gach gnè. Thathas an dùil gun còrd na sgeulachdan seo ri sgoilearan agus gum brosnaich e iad, chan ann a-mhàin gu tuilleadh a leughadh, ach gu an sgeulachdan fhèin a sgrìobhadh.

Dòmhnaill Iain MacLeod

Eadar Dà Sgeul



# **Adhaircean Mòra air a' Chrodh a tha fad às**

(bho *Am Bloigh Beag le Beannachd* – à beul-aithris.  
Ath-sgrìobhadh agus deasachadh  
le Murchadh MacLeòid)

Bha siud ann uaireigin gàirnealair òg agus dh'fhàs e uabhasach mi-thoilichte. Nis, cha robh adhbhar aige a bhith mi-thoilichte, 's ann a bha còir aige a bhith làn riaraichte. Cha robh flùraichean no luibhean anns an dùthach a bha cho math ris an fheadhainn aigesan agus an uair a bheireadh e dhan mhargaidh iad bhiodh e daonnan a' faighinn deagh phrìs orra. Cha robh bliadhna nach biodh e a' faighinn deagh dhuaisean air an son. Ach an dèidh sin 's na dhèidh, cha robh e idir riaraichte agus cha robh an obair aige idir a' còrdadh ris. "Chan eil mi ach a' tionndadh 's a' ruamhar 's a' cur 's a' tionndadh 's a' ruamhar," thuirt e ris fhèin, "bliadhna an dèidh bliadhna. Chan eil sin gu feum sam bith dhòmhsha. Cha chreid mi nach toir mi mo chasan leam às an seo. Gheibh mi obair eile agus cha bhi mi a leth cho trang 's a tha mi."

Sin dìreach an rud a rinn e. Thug e às an latha sin fhèin agus dh'fhàg e an gàrradh an siud, an gàrradh brèagha far am biodh na h-eòin a' ceilearadh agus far am biodh srann aig na seilleanan. Ghabh e roimhe agus ghabh e roimhe gus mu dheireadh an tāning e gu àite far an robh seann duine na shuidhe aig doras bothain agus e a' seinn na fidhle. "Nach math an dòigh a th' agaibh," thuirt e ris a' bhodach, "air cosnadh a dhèanamh! Saoil an ionnsaich sibh dhomh fhìn port a thoirt às an fhidhill?"

"Is mise gu dearbh a nì sin," fhreagair am bodach, "ach cuimhnich thusa, a laochain, gum feum thu a bhith ag

ionnsachadh fad uairean-a-thìde a h-uile latha air neo chaig an latha a bhios tu math air an fhidhill.”

Cha do chòrd seo idir ris an fhear òg. “Gu dearbha fhèin,” thuirt esan, “tha siud cus nas miosa na bhith ag obair anns a’ ghàrradh. ’S ann a dh’fheuchas mi air rudeigin eile.” A-mach a ghabh e a-rithist, agus an ceann greise ràinig e baile mòr. Dè chunnaic e an sin ach sanas ann an uinneig bùth a ghabh e a-rithist. Fhuair e an obair agus cha b’ fhada gus an do dh’ionnsaich e mar a dhèanadh e an t-aran. Ach b’ e siud an obair chruaidh! Bha na gàirdeanan aige cho sgith ’s ged a bhiodh e fon phoca chlach o mhoch gu dubh, agus a h-uile uair a dhèanadh e airson stad agus anail a leigeil bha am bèicear ag èigheach àird a chinn. “Na stad idir, a bhalaich, na stad, air neo thèid an t-aran a dholaidh, agus bidh e gun fheum.” Ann an ùine gun a bhith fada thuirt am fear òg ris fhèin nach b’ e siud obair dhàsan idir agus a-mach a ghabh e a-rithist agus cha b’ ann glè thoilichte.

An ceann greise thàinig e gu àite far an robh fear a bha a’ cumail sheilleanan. “Chan fhaod e a bhith,” thuirt an gille ris fhèin, “nach còrdadh e riumsa a bhith ag obair aig an duine seo; tha fios is cinnt gur e obair mhath a th’ ann a bhith a’ cumail sheilleanan agus a’ reic mil.” Bha fear nan seilleanan gu math deònach obair a thoirt dha. Thug e dha aodach a chuireadh e air aodann ’s air a cheann agus miotagan airson dion a chur air a làmhan, agus sheall e dha mar a chruinnicheadh e a’ mhil. Ach nach ann a thòisich na seilleanan ag èaladh a-steach fon aodach, agus tro na miotagan agus chuir iad gath ann uair is uair. Thug esan a chasan leis cho luath ’s a ghabhadh, ag èigheach àird a chinn. “Till, till, thig air d’ ais, thig air d’ ais,” bha fear nan seilleanan ag èigheach às a dhèidh, “’s fhada fhathast gus am bi sinn deiseil.”

“Chan fhaic thu sin, mise a’ tilleadh an sin,” fhreagair an gàirnealair òg. “Chan eil mise ag iarraidh a bhith air mo mhurt aig na creatairean grànda sin. Tha iad ro mhath air gath a chur annad.”

“Nach eil fhios gu bheil,” fhreagair am fear eile. “Is tric a chuir iad gath annamsa! Is iomadh uair sin. Chan eil e idir furasta mil fhaighinn gun gath a dhol tromhad.”

“Seadh a-nis,” thuirt am fear òg ris fhèin, “s e mo bheachd nach eil an obair agam fhìn cho dona a dh’aindeoin cùise.” Agus air ais gun do ghabh e, le cridhe aotrom agus spiorad sunndach, dhan ghàrradh aige fhèin agus chun na h-obrach a bh’ aige bho thùs.

## **Ann am Bosnia**

le Iain Mac a' Ghobhainn

'S e snaidhpear a bh' ann, ann am Bosnia. Cha leig sinn a leas ainm a chur air. Oir bha e ga fhalach fhèin co-dhiù. Bhiodh e na shuidhe ann an craoibh agus bhiodh e a' cuimseachadh a għunna air drochaid a bha fodha, ach pìos math air falbh. Nam faiceadh e saighdear bhon armait eile bhiodh e a' feuchainn ri mħarbhadh. Chaidh a theaghħlach fhèin a mħarbhadh, a mhac a bha dà bhliadhna dheug, 's a bhean. Bhiodh droch nàdar ga llionadh fad na tìde.

Bha àm ann a bhiodh daoine is boireannaich a' danns' air an drochaid ud ann an Sarajevo. Bhiodh fear a' cluiche accordion agus bhiodh an danna a' dol air adhart air an oidhche 's a' ghealach anns an adhar, gealach iosal, dhearg. Air oidhcheannan foghair bhiodh e fhèin 's a bhean a' danns air an drochaid ud nuair a bha iad òg. Ach a-nis bha foirneart air feedh na dùthcha.

Bha e a' faireachdainn uabhasach aonaranach a-nis. Leis an fhìrinn innse cha robh caraidean aige. Cha robh miann còmhraíd idir air. Bhiodh e na shuidhe anns a' chraoibh a' bruadarachadh air a mhnaoi 's air a mhac. Mar a bhiodh e a' toirt a mhic a chluich air ball-coise. 'S mar a bhiodh a bhean a' gàirnealaireachd.

Anns na làithean sin cha b' e saighdear a bh' ann idir. 'S e fear a bh' ann a bhiodh a' peantadh thaighean. Bhiodh a mhac uaireannan a' tighinn còmhla ris. Cha robh e ach dà bhliadhna dheug nuair a chaidh a mħarbhadh. Dhùin e a shùilean leis a' phian.

Bha duilleagan nan craobh ùr is uaine. Air an adhbhar sin chan fhaiceadh duine e. Uaireannan bhiodh e a' sealltainn suas don adhar far am faiceadh e an-dràsta 's a-rithist plèanaichean NATO. Abair thusa gun robh iad a' dol luath 's a' fàgail sreath gheal às an dèidh. Bha na duilleagan cùbhraidh is ùr mun cuairt air.

Chunnaic e balach le peile a' dol tarsainn air an drochaid. Thog e an gunna gu a ghualainn ach mus d' fhuaire air cuimseachadh air bha am balach air a dhol seachad. Bhiodh am balach mu aois a mhic fhèin. Thàinig an droch nàdar air ais a-rithist. Bha am balach seo beò 's bha a mhac fhèin marbh. Cha robh sin ceart. Bha am balach a' dol air tòir uisge anns an tobair le peile buidhe. Bha geansaidh dearg air. Chunnaic e e cho soilleir ri càil. Cha b' urrainn dha crùbadh nuair a thilleadh e, oir bhiodh am peile làn bùirn. Ach an toiseach bha e na chrùban. Cha bhiodh e na chrùban nuair a thilleadh e.

Bha na duilleagan ùr. 'S e an t-earrach a bh' ann. Bha an saoghal ga ùrachadh fhèin. Ach, air an latha earraich ud, bha e a' cluinntinn nan gunnachan. Cha robh aon duine anns an armait a bha cho cinnteach ris le gunna, le raidhfil. Ge bith dè cho fada air falbh 's a bha an targaid. Nuair a bha e na pheantair cha robh fhios aige gun robh an tàlant ud aige. 'S ann a bha e ga shamhlachadh fhèin ri clamhan ann an craoibh. Clamhan searbh, cinnteach.

Chunnaic e a mhac aig àm Nollaige. Bha e a' tighinn sìos an staidhre 's a shùilean a' leudachadh nuair a chunnaic e na preusantan. Bha e casruisgte. Cha robh càil air an t-saoghal coltach ri àgh ann an aodann leanaibh. Ach a-nis bha e marbh agus thàinig an droch nàdar air ais a-rithist.

Agus anns a' mhionaid thàinig am balach air ais. Bha e tòrr na bu shlaodaiche a-nis, oir bha am peile aige na làimh. 'S math dh'fhaodte gun robh iad den bheachd nach toireadh an snaidhpear ionnsaigh air balach dà bhliadhna dheug.

Chunnaic e a-rithist an geansaидh dearg 's am peile buidhe. Bha iad dìreach mar rudan a chitheadh tu ann an dealbh.

“Carson a chuir iad a-mach thu?” dh’èigh e na inntinn ris a’ bhalach. “Cha robh gnothach aca do chur a-mach agus fhios aca gun robh mis’ an seo is gun robh mi nam aonar mar a bhios mi a chaoidh tuilleadh.”

Bha gach nì a’ tachairt cho slaodach mar gum biodh an saoghal air stad. Bha fhios aige nam marbhadh e am balach gum biodh e air atharrachadh mòr a dhèanamh. Cha deigheadh e air ais a chaoidh gu bhith na pheantair thaighean mar a bha e uair.

Ach aig a’ cheart àm bha e a’ faireachdainn cho drochnàdarrach. Bha an saoghal, mar gum biodh, dearg air a bheulaibh, cho dearg ris a’ gheansaидh a bha am balach a’ caitheamh.

Bha tìm a’ leantainn ’s a’ leudachadh. A-nis bha e a’ dol a bhruthadh an trigeir. Cha leigeadh e leas ach suathadh ann. Bha am balach air am peile a chur sìos. “Tha mi a’ dol ga mharbhadh,” ars esan ris fhèin. “Anns a’ mhionaid seo.” Agus thug e sùil air uaireadair. Bha e beagan an dèidh aon uair deug. Agus anns a’ mhionaid thionndaidh am balach ris ’s e a’ fosgladh a ghàirdeanan. ’S dè bh’ air ach aodann a mhic fhèin.

Is e a’ caitheamh na h-anaraig uaine a chleachd a bhith air. ’S e a mhac fhèin a bh’ ann, a’ tionndadh ris ’s bha fhios aige nam marbhadh e am balach seo gu marbhadh e a mhac fhèin a-rithist. Bha sin cho soilleir dha.

Bha fallas a’ sruthadh sìos aodann fhèin ’s air cùl amhaich. Bha an gunna air chrith na làmhan. ’S drochaid Sarajevo fodha. Agus a mhac fhèin a’ coiseachd air ’s a’ coimhead ris. ’S am peile bùirn na shuidhe ri thaobh.

“Mo mhac, mo mhac,” dh’èigh e. Ach cha robh duine a-nis ri fhaicinn. Bha an drochaid falamh. Bha a chorp gu lèir a’ sruthadh

le fallas, 's bha deòir na shùilean. Thàinig iseán is shuidh e anns a' chraoibh anns an robh e. Iseán beag donn. Agus cnàimh na bheul. Agus chuala e plèana a' dol seachad os a chionn.

Bha an t-isean a' gluasad an siud 's an seo, cho an-fhoiseil. Ach bha an t-earrach ann. Bhiodh iad a' togail neadan.

Thàinig e sìos às a' chraoibh. Fodha air an talamh chunnaic e sneadhain nan deann ruith an siud 's an seo. O, nach iad a bha luath.

A' ruith an siud 's an seo. Cha robh e airson seasamh orra.

Thionndaidh e air falbh bhon chraoibh. Bha e a' dol a leigeil seachad dreuchd snaidhpeir. Bha e a' faireachdainn an droch nàdair ga fhàgail. Bha e a' faireachdainn falamh. Na inntinn bha e a' coimhead a mhic a' fosgladh a ghàirdeanan. Shad e air falbh an gunna 's thòisich e ri coiseachd. Cha mharbhadh e duine tuilleadh. Ge bith dè dhèanadh iad air, cha mharbhadh e duine tuilleadh.

'S bha e a' faireachdainn cho aotrom, cho aotrom ri na duilleagan uaine, cho aotrom ris an eun a bha na shuidhe air gèig. Cho aotrom ris a' ghaoith. Cho aotrom ris an earrach. Mar gum biodh e a' dol a thòiseachadh às ùr. Às aonais a' għunna. A' dol a thòiseachadh às ùr latha earraich. Ann am Bosnia.

# **Na Stocainnean**

le Iain Mac a' Ghobhainn

Bha banntrach ann bho chionn leth-cheud bliadhna no mar sin, agus bha triùir bhalach aice. Aon latha thàinig bana-cheard chun an dorais 's i a' reic phanaichean is choireachan. Cha robh a' bhantrach ag iarraidh càil, ach chuir a' bhana-cheard truas oirre a' falbh bho dhoras gu doras 's cha robh duine math dh'fhaodte a' ceannach nì a bha i a' reic. 'S e boireannach mòr tapaidh a bh' anns a' bhana-cheard, pluicean dearga oirre agus falt dubh is sgiorta fhada.

“A bheil sibh cinnteach nach eil sibh ag iarraidh càil?” ars ise ris a' bhantraich.

“Chan eil airgead agam,” ars a' bhantrach. “Chan eil agam ach am pension.”

Ach bha a' bhana-cheard a' cur truais air a' bhantraich 's i a' smaoineachadh oirre a' fuireach ann an teanta ann an aimsir a bha uaireannan fliuch is fuar, ged a bha gaoth thioram ann an-diugh.

Agus thàinig smaoin thuice agus thug i a-mach aodach nach robh a' freagairt nam balach aice agus gu h-àraidh paidhir stocainnean uaine a dh'fhigh i fhèin, le daoimeanan dearga orra.

“An gabh thu seo?” ars ise ris a' bhana-cheard. “Chan eil airgead agam.”

Ghabh a' bhana-cheard grèim aithghearr air an aodach agus thuirt i, “Gabhaidh mi iad, agus mòran taing, mòran taing. Tha sibh cinnteach nach eil an còrr agaibh?”

“Chan eil gu dearbha,” ars a’ bhantrach. Dh’fhalbh a’ bhana-cheard leis an aodach ’s i a’ coimhead an ìre mhath toilichte.

Làrna-mhàireach bha Iain – am mac a b’ òige a bh’ aig a’ bhantraich – anns an sgoil. Ged a bha e beag, bha e làidir agus bhiodh e an-còmhnaidh a’ sabaid.

’S ann an clas Miss MacDonald a bha e. Bha Miss MacDonald cruaidh air a’ chloinn; bha i àrd, tana, coltach ri peansail, ach bha teanga bhiorach aice. Bha i a’ teagasg cunntadh ’s cha robh Iain math air cunntadh.

Bha an clas direach air a thighinn a-steach ’s bha àireamhan air a’ bhòrd-dhubh a dh’fheumadh iad a chur ri chèile, nuair a chunnaic Iain gun robh a stocainnean uaine air mac na bana-cheaird. Leum e a-mach às a dheasg ag èigheach, “Mo stocainnean, mo stocainnean, tha mo stocainnean air,” agus thug e buille do mhac na bana-cheaird.

“Sguir dhen sin anns a’ bhad,” dh’èigh Miss MacDonald, ach cha do stad Iain. Bha e fhèin ’s mac na bana-cheaird a’ sabaid ann am meadhan an làir.

“Sguir dhen sin anns a’ bhad!” dh’èigh Miss MacDonald a-rithist, agus Iain a’ feuchainn ri na stocainnean a spionadh bho mhac na bana-cheaird. “Càit an d’ fhuair thu iad? Ghoid thu iad!” Bha falt ruadh air mac na bana-cheaird ’s bha e beagan na b’ àirdre na Iain ach cha robh sin a’ dèanamh mòran feum dha, oir bha Iain uabhasach làidir.

Rug Miss MacDonald air an dithis aca ’s shad i iad bho chèile. Bha a sùilean a’ lasadh le feirg.

“Iain MhicAoidh, sguir dhen sin anns a’ bhad,” bha i ag èigheach. Ach bha Iain e fhèin a’ sealltainn le feirg ri mac na bana-cheaird.

“Dè a-nis a tha seo?” arsa Miss MacDonald.

“Tha mo stocainnean air,” dh’èigh Iain, ’s cha mhòr gum b’ urrainn dha bruidhinn leis an droch nàdar.

“A bheil sin ceart?” arsa Miss MacDonald ri mac na bana-cheaird.

“Mo mhàthair a thug dhomh iad,” ars esan, ‘s e a’ gal.

“Leamsa a tha iad,” bha Iain ag èigheach.

Thug Miss MacDonald a-mach strap is thug i trì stràcan do Iain, ach cha tug i gin do mhac na bana-cheaird. Chaidh Iain air ais gu a dheasg ‘s e a’ faireachdainn gu math goirt. “Ma chluinneas mise càil tuilleadh...” arsa Miss MacDonald, ‘s chaidh i na tàmh.

Ach bha Iain ag ràdh ris fhèin, “Tha mo stocainnean aige agus ‘s e mise fhuair an t-strap.” Agus bha e feargach a-rithist. Cha robh seo ceart. Chan e gun robh e uabhasach dèidheil air na stocainnean, ach ‘s ann leis fhèin a bha iad, agus bha mac na bana-cheaird air an goid. Bha sin cinnteach. Bha a bhoisean uabhasach dearg is uabhasach goirt.

Nuair a fhuair iad a-mach airson cairteal na h-uarach, mu aon uair deug, ruith e às dèidh mac na bana-cheaird. ‘S e latha bòidheach, tioram, gaothach a bh’ ann, agus rug e air mac na bana-cheaird ann an diog, agus thòisich e a’ spionadh nan stocainnean dheth. Bha an dithis a’ cur nan car air talamh cruaidh an raoin-chluiche.

Thug Iain buille do mhac na bana-cheaird agus thòisich an fhuil a’ sruthadh às a shròin. Chuir seo eagal air Iain. Dè bha e air a dhèanamh? Bha an fhuil a’ sruthadh air na stocainnean fhad ‘s a bha Iain gan slaodadh. Chunnaic e anns a’ mhionaid neasgaid mhòr dhearg air amhaich mac na bana-cheaird agus chunnaic e cuideachd gun robh an geansaидh aige tolltach.

Bha mac na bana-cheaird ri gul. Thug Iain neapraig às a phòcaid.

“Seo dhut,” ars esan. Shaoileadh tu nach robh mac na bana-cheaird air nèapraig fhaicinn a-riamh.

“Cuir ri do shròin e,” ars Iain.

Nach e mac na bana-cheaird a bha a' coimhead bochd, na bu bhochda na e fhèin. Chuimhnich e gum biodh mac na bana-cheaird casruisgte eadhon nuair a bhiodh an sneachd ann.

“Cùm na stocainnean,” dh’èigh e ris. “Cùm na stocainnean.” Is thòisich e a’ ruith an siud ’s an seo. Cha robh a bhoisean cho dearg ’s a bha iad ’s thòisich e gan sealltann do na balaich eile. Bha e pròiseil gun d’ fhuair e trì stràcan.

Bha e air call cuimhne air mac na bana-cheaird a bha na aonar ’s e air na stocainnean a shlaodadh air ais air a chasan. Chaidh Iain suas thuige. “Faodaidh tu na stocainnean a chumail,” ars esan.

Agus anns a’ mhionaid bha e a’ faireachdainn cho math, cho aotrom. Bha e a’ smaoineachadh air an teanta anns an robh mac na bana-cheaird a’ fuireach.

Bhiodh e fhèin ’s feadhainn de na balaich a’ togail teanta as t-samhradh ach bhiodh mac na bana-cheaird a’ fuireach ann an teanta fad na tide. ’S bha eich aca.

Bha feadhainn de na balaich eile a’ gabhail brath air mac na bana-cheaird ’s ag èigheach “stocainnean, stocainnean” ris, ach chaidh Iain suas far an robh iad ’s thuirt e, “Thug mi dha iad. ’S mar sin, shut up.”

Agus bha e a’ coimhead cho fiadhaich ’s gun do stad iad.

Feasgar sin fhèin nuair a chaidh e dhachaigh thuirt a mhàthair ris, “Ô, thug mi do stocainnean uaine do bhana-cheard. Cha robh thu gan cleachdadadh co-dhiù.”

Cha tuirt Iain smid. Cha robh a làmhan a-nis goirt idir.

# **Aig a' Chladach**

le Iain Mac a' Ghobhainn

Bha Ralph a' fuireach air an dùthaich ann an Astràilia.

As t-samhradh tha an t-sìde uabhasach teth, agus tha an dùthaich gu math eadar-dhealaichte bho Bhreatainn. Tha cangaruthan aca is eumuthan, 's tha na craobhan a' coimhead geal.

An latha bha seo bha an teas uabhasach 's thuirt Ralph ri mhàthair gun robh e a' dol sìos chun a' bhàigh a shnàmh.

"Ceart gu leòr," ars ise, "ach na bi fada." Bha athair Ralph air bàsachadh agus cha robh uimhir a thìde aig a mhàthair sealltainn às dèidh an triùir chloinne.

Ò, nach e an teas a bha sgriosail. Cha mhòr nach robh Ralph a' leaghadh, ach chùm e air a lèine gus nach fhaigheadh e aillse air a chraiceann leis an teas.

Bha an t-adhar gorm gun sgòth air fheadh. Chitheadh Ralph a' ghrian a' lasadh bhon uisge anns a' bhàgh a bha a' coimhead uabhasach gorm. Cha robh ainmhidh sam bith ri fhaicinn.

"Ò, cha robh e cho teth ri seo a-riamh," arsa Ralph ris fhèin. Bha feedhainn ann aig an robh amair-snàimh ach bha màthair Ralph ro bhochd.

"Cha robh fallas coltach ri seo orm a-riamh," arsa Ralph ris fhèin. Nach bochd nach e Eskimo a bh' ann agus sneachda bòidheach, fuar mun cuairt air.

Ach co-dhiù cha robh aige ri dhol don sgoil, oir bha na làithean-saora ann a-nis. Ach cha bhiodh an teaghlach acasan a' dol a dh'àite, oir cha robh airgead aig am màthair.

Os a chionn 's e a' coiseachd eadar na craobhan, chunnaic e na cocatuthan dathte a' sgiathalaich. Bha na dathan a bh' orra mìorbhaileach, uaine is dearg is purpaidh. Cha robh dath nach robh orra.

Ach bha am bàgh ga tharraing 's e mar gum b' eadh a' faireachdann an uisge air a chraiceann.

“Carson a tha an dùthais seo cho teth?” ars esan ris fhèin.  
“Tha e aig ire teas ceud.”

Nuair a ràinig e am bàgh cha robh duine ann roimhe agus chuir seo iongnadh air.

Bha a' ghainmheach mhìn air a bheulaibh agus pìos math air falbh bhon mhuir bha creagan sgapte. Thug e dheth a lèine agus a-steach leis don uisge. Bha e math air snàmh, oir dh'ionnsaich e anns an sgoil e. Shnàmhadh e na laighe air a dhruim, agus dheigheadh e sios fon bhùrn cuideachd.

“Na tèid a-mach ro fhada!” bha guth a' cantainn ris. Agus cha do rinn e sin.

Laigh e air uachdar a' chuain a' sealltainn suas ris a' ghrèin a bha cho làdir 's cho soilleir. Thàinig e a-mach às a' bhùrn airson greiseag agus thòisich e a' lorg airson nì sam bith a gheibheadh e air an tràigh. Bha botail air an tràigh agus bucais a thàinig, bha e a' smaoineachadh, à sothicéan mòra mara.

“Carson a tha iad cho neo-fhaiseallach?” ars esan ris fhèin.  
“Carson a tha iad cho salach?” Bhiodh an tidsear an-còmhnaidh ag ràdh riutha a bhith faiceallach mu dheidhinn phàipearan siùcair 's rudan coltach ri sin.

Chunnaic e crùbag a bha air a dhol na fùdar. Agus fhuair e lorg air uaireadair briste agus baga boireannaich. Bha mòran mhaidean air an tràigh cuideachd le cumadh àraig.

Thòisich e a' sgrìobhadh ainm fhèin air a' ghainmhich ach bha an t-uisge ga dhubhadh às. Ralph Macdonald, sgrìobh e. Ach bha a' ghainmheach fhèin teth 's chaidh e a-steach don mhuir a-rithist.

Chaidh e a-mach pìos math bhon tràigh. Nuair a bha e a' snàmh, chunnaic e cuideigin ann am bàgh eile a' smèideadh ris le aodach geal coltach ri lèine.

"Dè tha e a' feuchainn ri dhèanamh?" ars esan ris fhèin.

Bha am fear a bh' ann a' smèideadh gu dian.

Sheall Ralph a-mach ris a' chuan air thoiseach air agus pìos bhuaithe chunnaic e siorc anns a' bhùrn.

Cha mhòr nach do stad a chridhe. Ach anns a' bhad thionndaidh e air ais chun na tràghad.

Ò, thàinig iad a-steach air, na sgeulachdan a chuala e mu dheidhinn an èisg fhuiltich ud, mar nach eil an siorc a' cadal idir ach a' gluasad gun sgur. Bha a ghàirdeanan a' dol coltach ri dà phiston's e a' smaoineachadh. Tha an siorc cho luath.

"Chan eil fhios an-dràsta fhèin nach eil e a' dol a thoirt ionnsaigh air mo shàilean." 'S na inntinn dh'fhairich e fiaclan an t-siorca na fheòil. Bha am bùrn a' goil mun cuairt air.

Rinn e oidhirp mhòr 's fhuair e e fhèin air a' ghainmhich. Gun stad, dh'èirich e gu chasan 's ruith e chun nan creagan. Bho na creagan chunnaic e an siorc, nach tàinig cho fada ris a' ghainmhich, 's a bha a' tionndadh air falbh.

Bha a chridhe gu sgàineadh na bhroilleach 's e a' coimhead an èisg ud a' falbh mar torpedo bhuaithe, agus smaoinich e le goirseachadh air na fiaclan ud a' slaodadh coise no guailne dheth, am muir làn fala agus a' ghrian theth a' dòrtadh sìos às an adhar.

Agus thuirt e ris fhèin, "Seo an turas deireannach a shnàmhais mi ann am bàgh." Ach bha am bàgh a-nis a' coimhead neoichiontach. Cha robh sgeul air an t-siorc, an t-iasg ud a leanas boinneag fala tron fhairge.

Cha do dh'inns e do mhàthair dè thachair dha ach dh'inns e do na nàbaidhean agus chaidh flaga dhearg a chur suas mar rabhadh do shnàmhadairean.

An oidhche sin fhèin ann am bruadar chunnaic e an siorc a' leum air às a' chuan le aodann guineach coltach ri òrd, 's e fhèin a' tionndadh air falbh bhuaithe air càrsa zigzag ann an cuan a bha uaine is geal agus a' ghrian a' cur faileas dearg tarsainn air.

# **Ecstasy**

le Ré Ó Laighléis

*“Gabh mo leisgeul, a thidseir. Tha mi duilich dragh a chur oirbh. An cuir sibh Úna Nic Gearailt chun na h-oifis agam, mas e ur toil e? Úna Nic Gearailt chun na h-oifis. Tapadh leibh.”*

Leis a sin, chaithd an intercom dheth leis a' bhragadaich àbhaisteach.

“Ùùùùùù!” arsa na h-ìghnean a bh’ anns a’ chlas, cuid aca ga dhèanamh le droch rùn agus cuid eile aig nach robh misneachd gun a dhèanamh. Dh’fhàs aodann Úna cho dearg agus gun robh e nas fhaisge air a bhith purpaidh na dath sam bith eile.

“Úna, sìos leat,” arsa Bean Uí Neachtain, an tidsear Fraingis.

“Thig a-steach,” chuala Úna nuair a ghnog i air doras na h-oifis. Shaoil i gun robh gnothach aig an iarrtas seo gu oifis a’ Cheannaird ri leabhraichean no aodach sgoile – bha i fhathast gun dreasa dhubh-ghorm na sgoile fhaighinn bho thàinig iad air ais o chionn trì seachdainean. Bha leisgeul deiseil aice na h-inntinn an-dràsta fhèin. Dh’fhosgail i an doras agus chaithd i a-steach.

“A, Ùna!” arsa Bean Mhic Dhonncha, Ceannard na sgoile. Bha i na suidhe aig an deasg. Bha an t-Iar-Cheannard, Seán Ó Néill, na sheasamh ri taobh. Bha Mac Uí Néill measail air Úna agus ise airson. Bha e a’ teagasg Matamataig dhi sa chiad dà bhliadhna, agus bha iad a’ faighinn air adhart gu math le chèile. Ach on a rinneadh Iar-Cheannard dheth cha robh e a’ dèanamh uimhir de theagasg.

“Úna,” ars esan, ag aomadh a chinn rithe.

“A Mhic Uí Néill,” thuirt Úna.

“Suidh sios Úna, mas e do thoil e,” ars an Ceannard.

Cho luath agus a shuidh Úna sheas Bean Mhic Dhonncha. Choisich i tarsainn chun an t-sorchain-aodaich a bha san oisean agus thug i dheth còta dubh-ghorm, aon dhe na còtaichean sgoile; thill i a-nall a-rithist agus shin i e tarsainn an deasg gu Úna.

“Sin do chòta-sa, Úna, tha mi a’ smaoineachadh,” ars an Ceannard. Ghabh Úna an còta bhuaipe agus chunnaic i gun robh a h-ainm sgrìobhte air taobh a-staigh a’ choileir.

“S e, a Bhean Mhic Dhonncha,” thuirt i gu cùirteil. Bha i nearbhach cuideachd. Cha robh aon tuaiream aice cò mu dheidhinn a bha an t-agallamh seo no ciamar a thachair a còta a bhith a-staigh ann an oifis a’ Cheannaird.

“Am bu toigh leat na tha sna pòcaidean a chur air a’ bhòrd an seo, Úna?” arsa Mac Uí Néill.

Na h-inntinn fhèin bha Úna a’ cnuasachadh agus a’ feuchainn ri cuimhneachadh air dè bha sna pòcaidean aice. Neapraig, smaoinich i, airgead a’ bhus, iuchraichean’s dòcha. Sheas i agus thòisich i air na pòcaidean fhalamhachadh. Bha a h-uile rud air an do smaoinich i annta ceart gu leòr, a thuilleadh air sleamhnangruaige agus tiogaid leabharlainn. Choimhead i gu geur air an dithis a bha air a beulaibh.

“Agus a-nis a’ phòcaid a tha a-staigh,” arsa Bean Mhic Dhonncha.

“A’ phòcaid a-staigh?” thuirt Úna.

“Seadh, Úna, a’ phòcaid a tha san lìnigeadh!”

Bha Úna na boil. Cha robh càil a dh’fhiös aice gun robh pòcaid anns an lìnigeadh. Choimhead i, agus gun teagamh sam bith bha i an sin cho follaiseach agus cho furasta a faicinn ri pòcaid sam bith eile sa chòta. Choimhead i air an dithis le iongantas agus

fiamh a' ghàire oirre. Ach cha robh aon ghàire air na h-aodainn acasan; bha iad fad na tìde cruidh. Thom Úna a làmh dhan phòcaid agus dh'fhairich i rud no dhà a-staigh an sin. Rug i orra agus thug i a-mach iad. Dà sheòrsa de shuiteas agus pàipear geal gan còmhdach.

"Mas e do thoil e," ars an Ceannard, agus shìn i a làmh do dh'Úna gus an toirt bhuaipe. "Càit an d' fhuair thu seo, Úna?" thuir i.

"Na mo phòcaid, a Bhean Mhic Dhonncha," ars Úna.

Dh'at aodann a' Cheannaird le dearg fheirg, ach smaoinich Mac Uí Néill air bruidhinn mus spreadhadh i.

"Nis, Úna, chan eil adhbhar sam bith dhut a bhith cho bragail," thuir e.

Ach cha robh Úna airson a bhith mì-mhodhail air dhòigh sam bith. B' e neoichiontachd a thug oirre freagairt mar a rinn i.

"Ò, gabhaibh mo leisgeul," thuir i, "cha b' ann airson a bhith bragail a thuir mi sin. Cha do thug mi ceart sibh, a Bhean Mhic Dhonncha. Gabhaibh mo leisgeul."

"Uill," ars an Ceannard, "càit an d' fhuair thu iad ma-thà?" Bha a h-aodann fhathast cruidh.

"Chan eil fhios agam, a Bhean Mhic Dhonncha. Cha robh fiù fhios agam gun robh pòcaid an sin sa chòta."

Cha robh fhios aig an dithis oide an ann neoichiontach a bha an nighean seo no an e gur e h-actair uabhasach math a bh' innte. Gun teagamh, cha robh i air a bhith a-riamh ann an trioblaid san sgoil bho thàinig i innte trì bliadhna roimhe sin, ach bha iadsan a' tuigsinn ro mhath gur tric nach toirear an aire do thrioblaid gus am bi e ro fhada. "Ach dè th' anna ach pileachan Rennies no rudeigin dhen t-seòrsa sin?" ars Úna.

Choimhead an dithis oide air a chèile agus thug iad anns a' bhad gur ann le neoichiontachd agus suairceas a bha Úna Nic Gearailt a' bruidhinn.

“Seadh, Úna,” arsa Bean Mhic Dhonncha, “no rudeigin dhen t-seòrsa sin ...”

Choimhead an Ceannard gu geur air Mac Uí Néill.

“Uill, Úna,” thuirt esan, “tha sinn duilich do thoirt a-mach às a’ chlas. A-nise, mura h-eil diofar leat, bu mhath leinn do chòta a chumail airson greiseag.” Stiùir e i a-null chun a’ Cheannaird. “Tha mi a’ smaoineachadh gu bheil còta no dhà a bharrachd san stòr, a Bhean Mhic Dhonncha. Dh’haodadh Úna fear dhiubh fhaighinn an-dràsta,” thuirt e.

“Ò, gu dearbh, gu dearbh. Tagh fear dhut fhèin air an t-slighe air ais dhan chlas, a ghràidh,” ars an Ceannard, agus i a’ coiseachd chun an dorais còmhla ri Úna. “Agus a-rithist, tha sinn uabhasach duilich briseadh a-steach air a’ chlas agad.”

A-muigh, bha triùir nigheanan às a’ chòigeamh bliadhna nan seasamh aig Bòrd nan Sanasan, Hilda Bergin, aon de phulaidhean mòra na sgoile, nam measg. Dh’amhairc iad gu geur air Úna agus thòisich iad a’ cagarsaich le chèile ann an sin.

A-staigh san oifis bha an dithis oide a’ deasbad na ceiste fhathast.

“Chan eil mi a’ smaoineachadh gu bheil gnothach sam bith aice ris a’ chùis seo,” arsa Úi Néill.

“Uill, tha mi cinnteach nach eil, a Sheáin, às dèidh na chuala sinn bhuaipe. Tha mi cinnteach a-nis gun robh sinn ceart gun càil a ràdh rithe mu dheidhinn na nota.”

“Tha mi dhen aon bheachd. ’S math gun tug sinn às a pòcaid i ron àm. Tha e follaiseach nach eil dad de dh’èolas aice air cùisean dhrogaichean,” thuirt Uí Néill.

Chrom an dithis aca gus an nota a sgrùdadh a-rithist.

Ann an litrichean mòra:

‘AN UIMHIR SEO AN ASGAIDH – £12 O SEO A-MACH’.  
Shuas an staidhre, bha inntinn Úna troimh-a-chèile leis na

thachair. Cha b' urrainn dhi amas air an leasan Fraingis. B' e clas dùlbailte a bh' ann agus barrachd na uair a thìde an dèidh dhan chlas töiseachadh, mhothaich Bean Uí Neachtain gun robh inntinn Úna air a dhol air seacharan. Gu fortanach, bha i cho dealasach agus gun do thuig i gun robh rudeigin a' cur iomnaidh air Úna. B' fheàrr gun dragh a chur cirre agus i mar sin, shaoil i.

Agus 's ann mar sin a ruith am feasgar dhi. Fiù 's gu clas deireannach an latha, bha Úna bhochd gun fheum. Bha e na fhaochadh dhi nuair a bhual an clag aig deireadh an latha. Saorsa! Taing mhòr do Dhia! B' e an latha sgoile a b' fhaide air an robh cuimhne aig Úna a-riamh.

Bha i an dèidh a dhol tarsainn raon na sgoile nuair a chuala i a h-ainm ga èigheach. Thionndaidh i an taobh a thàinig an èighe agus chunnaic i Hilda Bergin shìos faisg air doras nan taighean-beaga.

“Mise!” ars Úna. Bha seòrsa de dh'iongantas oirre. Bha i daonnañ faireil air Hilda Bergin, oir bha an t-ainm aice a bhith garg.

“Seadh, thusa,” arsa Bergin. “Nach tuna Úna Nic Gearailt?”

“S mi,” thuirt Úna. Bha e soilleir do Hilda gun robh Úna amharasach mu deidhinn.

“Thig a-nall an seo tiotan,” arsa Hilda.

Bha eagal air Úna. Gu cinnteach, bhiodh barrachd eagail oirre gun a dhol a-null gu Hilda na a chaochladh. Chaighd i gu teagmhach far an robh i. Cho luath agus a ràinig i far an robh i, leum ceathrar eile on chòigeamh bliadhna a-mach às a' chùil bhig a bha air an taobh shìos de dh'ionad nan taighean-beaga. Rug Bergin air ghruaig air Úna agus shlaod i sìos a claireann. Aig an aon àm, thog i a glùin agus bhreab i suas i a dh'aodann Úna. Dhòirt fras fala às a sròn agus cha robh fhios aig Úna an robh i beò no marbh. Rug an ceathrar eile oirre agus shlaod iad i a-steach tro dhoras nan taighean-beaga. A-staigh an sin, bhrùth iad i a-null

gu 'n since. Bha an since làn uisge. 'S gann gun robh Úna air fhaicinn nuair a bhog iad a ceann ann. Dh'fhairich i na làmhan air cùl a h-amhaich ga brùthadh agus ga cumail fon uisge.

Cha b' urrainn dhi dad a dhèanamh ach a casan a ghluasad, a' dèanamh seòrsa de dhannsa leis an eagal. B' e mearachd a bha sin. Thug tè dhe na h-ìghnean breab dhi anns na calpannan, agus mura biodh gun robh grèim aca oirre, bhiodh Úna air tuiteam ann an laigse às a seasamh. Shlaod iad air ghruaig i a-mach às an since agus tarsainn gu meadhan na trannsa, far an robh Hilda Bergin na seasamh. Ghabh Hilda grèim air gruag Úna a-rithist.

“A-nis, a ghalla lobhte, tuig seo: an uiread agus aon fhacal asadsa mu dheidhinn seo agus 's ann fada nas miosa a bhios e dhut – comprende, huh?”

Cha do fhreagair Úna. Cha b' e a-mhàin nach do thuig i na bha Reynolds air a ràdh, ach bha i ro lag airson freagairt sam bith a thoirt seachad.

“Comprende!” arsa Hilda, agus dh'fheuch i dòrn oirre sa mhionach. Chaidh Úna na lùban leis a' phian. “Na can dad ri duine sam bith mun leadraigeadh seo, no 's ann nas eòlaiche a bhios tu air!” arsa Hilda. Dòrn eile sa mhionach dhi agus bha Úna na càrn crùbte am meadhan an ùrlair.

B' e an dorsair a thàinig tarsainn oirre na b' fhaide dhan fheasgar sin. Sròn bhriste, grunn fhiacan a dhìth agus a sùil air a pronnadh. Thugadh gu oifis a' Cheannaird i. Thòisich an ceasnachadh. Chaidh na poilis a thoirt a-steach dhan chùis: tuilleadh ceasnachaidh. Dh'fhuirich Úna sàmhach fad na tide – cha robh fhios aice air càil, thuirt i. Gu fiù 's nuair a tharraingeadh a pàrantan a-steach dhan chùis, bha Úna a' dearbhadh a-rithist agus a-rithist nach robh fhios aice cò a rinn an droch ghnìomh oirre.

Dh'innse Bean Mhic Dhonncha sgeulachd nam pileachan geala dha na poilis agus do phàrantan Úna. Bha i cinnteach às gun robh

ceangal eadar sgeulachd nam pileachan agus am pronnadh an latha sin.

Ach dè b' urrainn dhi a dhèanamh mura robh Úna airson daoine ainmeachadh no a choireachadh?

"Gu dearbh, chan eil dad," thuirt sàirdseant nam poileas. "Bhitheamaid glè thoilichte a dhol chun na sgoile a bhruidhinn ris na sgoilearan mu ghnothaichean dhen t-seòrsa seo. Brùidealachd, mèirle, drogaichean – tha òraidean cumanta dèanta againn airson an leithid sin, mas math leat," thuirt e ris a' Cheannard. "A thuilleadh air a sin, mar a thubhairt mi, mura h-eil casaidean ann no mura glacamaid fhìn na h-eucoraich ann an teis-meadhan an uilc, chan eil càil ann as urrainn dhuinn a dhèanamh. Mar sin, 's e trioblaid sgoile a th' ann.

\* \* \*

Chan eil càil ann as fhèarr le pulaidh na eagal a bhith aig duine roimhe, agus 's ann dìreach mar sin a bha an sgeul le Hilda Bergin. Nuair a chunnaic i cho eagalach 's a bha Úna an rud bu lugha innse dha na poilis no dhan Cheannard, thuig i glè mhath gum faodadh i laighe na bu truime oirre. Cha b' fhada gus an robh Úna ga cleachdadadh mar dhèiligear aice. Thuig Úna a-nis mar a thachair an dà phile ud a bhith na pòcaid fhèin a' chiad latha. Bha i fhèin gan cur am pòcaid dhaoine eile a-nis. Bha fhios aice gun robh e ceàrr, ach mar a bu mhotha a dhèanadh i dheth, 's ann a bu mhotha grèim a bh' aig Hilda oirre agus a bu mhotha dh'eagal a bha air Úna roimhpe. Eagal ron eagal a bha oirre, aig deireadh an latha. Bha i ann an droch shuidheachadh.

Goirid an dèidh saor-làithean na Nollaig, thachair gun tug an Ceannard agus an t-Iar-Cheannard cuairt air gach clas anns an sgoil. Bha nighean eile air leadraigeadh fhaighinn cuideachd an latha roimhe sin, ach bha am pronnadh sin na bu mhiosa na an

dochann a thugadh do dh'Úna. Bha an nighean àraidh seo san ospadal. Dhèanadh an Ceannard toileachadh ri aon phioc fiosrachaидh a bha aig duine mu dheidhinn.

Dh'fhairich Úna i fhèin a' fàs dearg san aodann nuair a bha Bean Mhic Dhonncha a' bruidhinn an latha sin. Bha fhios aice glè mhath gur h-e Hilda agus a co-bhuaireadairean bu choireach ris an ionnsaigh seo. Ach cha robh de mhisneachd aice sin a ràdh. Eagal agus misneachd a' strì ri chèile, ach a' mhisneachd a' call. B' aithne dhi an rud ceart a dhèanamh, ach bha sin mar gum biodh i ag iarraidh breith air earball na gaoithe.

Bha Úna gun fheum fad an latha sin. Bha i a' smaoineachadh air mar a chaidh an nighean ud a bhualadh agus, gu dearbh, air an latha uabhasach ud a fhuair i fhèin a dochann. Fiù 's chun an àm a dh'fhalbh i dhachaigh bha an smuain mar iomhaigh na h-inntinn; ga brodadhbh, ga buaireadh, ga pianadh gun stad. Cha do chaidil i air sgàth sin agus bha an t-uallach oirre na bu thruime na bha e a-riamh nuair a chaidh i dhan sgoil làrna-mhàireach.

Aig geata na sgoile, gun ghuth air a bhith fiù 's a-staigh san raon, bha Hilda agus a cuid bhlaigeardan a' feitheamh. Thàinig iad a dh'ionnsaigh Úna nuair a chunnaic iad i a' tighinn. Sheas iad ann an cearcall timcheall oirre.

“Èist riomsa, a rapag,” arsa Hilda rithe, agus tharraing i buille shliògach, shàthach oirre mu na h-asnaichean, “aon fhacal bhuat mun seo agus curidh mi às dhut – a bheil thu a' tuigsinn sin?”

“Tha mi a' tuigsinn,” thuirt Úna, ann an guth fann.

“Cha chuala mi thu,” arsa Hilda. “An cuala sibhse i, a chlann-nighean?” thuirt i ris a' chuid eile.

“Cha chuala, Hilda,” thuirt iad gu h-aon-ghuthach, agus iad a' sitrich nam measg fhèin. Tharraing Hilda Úna thuice – grèim aice air bàrr a' chòta oirre.

“An cuala tu siud, a Ghearailtich? Cha chuala na nigheanan gasta seo thu,” agus thàrr Hilda buille eile sna h-asnaichean air an nighinn òig. “A bheil thu gam thuigsinn a-nis?” thuirt i.

“Tha, tha,” ars Úna, agus i airson a bhith cho sgairteil agus Hilda a riarrachadh.

Leis a sin, bhuail clag na sgoile agus sgap an còmhlan.

’S ann am meadhan leasan Matamataig a bha Úna. Bha ceàrnan cumhang agus ceàrnan farsaing, hipotainius agus gach rud am measg a chèile na h-inntinn. Dh’fheuch i fo a h-asnaichean. Bha am pian cho dona. Bha i a’ smaoineachadh gur dòcha gun robh tè no dhà dhiubh briste. Bha i a’ meòrachadh na h-inntinn ’s a’ feuchainn ri dhèanamh a-mach dè dhèanadh i. Bha e gu math soilleir dhi mar-thà dè bu chòir dhi a dhèanamh. Ach chan ionnan ceartas agus comas! “Bu chòir dhomh a dhol chun a’ Cheannaird,” thuirt i rithe fhèin a-rithist agus a-rithist.

“Dèan a-nis e,” ars an tidsear aig ceann shuas a’ chlas. ’S ann air rud mun leasan Matamataig a bha i a-mach. Bhris a’ chainnt aice a-steach mar thàirneanach air inntinn Úna. Saighead dhearbhata an teis-meadhan mì-chinnt. An e gur dòigh e – aig Dia, ’s dòcha – a stiùireadh air an rathad cheart? Dhèanadh i an rud a bha i a’ tuigsinn a bha ceart. Dhèanadh i e. Dh’èirich i agus choisich i gu doras an t-seòmair. A-mach leatha, sìos an trannsa, sìos an staidhre gus an do sheas i aig doras na h-oifis.

Sheas i air beulaibh an dorais. Bha a làmh an-àirde, i dìreach an impis gnogadh air an doras, nuair a chuala i pìos bhuaipe: “À, à! Una!”

Thionndaidh Úna. ’S e Hilda agus dithis dhe companaich a bh’ ann. Bha iad nan seasamh aig rùm nan còtaichean, dìreach tarsainn bho dhoras na h-oifis. Bha sùilean Úna agus sùilean Hilda mar gum biodh iad fo gheasaibh aig a chèile. Bha Hilda ag iarraidh

a smachdachadh le a sùilean gorma fuara. Thàinig crith ann an liop ìosal Úna agus sgaoil gàire air beul Hilda.

“Úna,” arsa Bergin a-rithist, agus i a’ geur-amhairc oirre. Thàinig ìomhaigh dòrn Hilda ga bualach sna h-asnaichean gu Úna. Choimhead i air Hilda. Stèidhich Úna i fhèin an turas seo agus mhothaich i a-nis gun robh gàire Hilda a’ lasachadh. Gàire Hilda, burraidh na sgoile, a’ lasachadh? Ghnog Úna trì tursan air doras na h-ofis.

“Thig a-steach,” thuirt Bean Mhic Dhonncha bhon taobh a-staigh ...

## Taibhs

(à *Geugan Uaine 2 – atharraichte*)

Tha mi a' dol a dh'innse stòiridh dhut agus 's i 'n fhìrinn għlan a th' agam. Cò aig a tha fios an creid thu e gus nach creid. Dèan suas d' inntinn fhèin.

Bha mi fhìn san teaghlaich aig an taigh aon oidhche – mise a' dèanamh m' obair-dachaigh, mo bhràthair air a bheò-ghlacadh le leabhar ball-coise – sinn uile a' gabhail air ar socair. Oidhche dhubbh, gheamhraidh a bha ann – ach bha e sàmhach a-muigh. A' smaoineachadh air ais air a-nise, 's ann a bha e ro shàmhach. Bha deagh theine againn is aon lampa air sa chòrnair. Cha robh fuaim sam bith ri chluinntinn ach m' athair a' tionndadh duilleagan a' phàipeir.

Bha an taigh air a chuartachadh le craobhan mòra, pìos air falbh bho na taighean eile anns a' bhaile. Taigh cofhurtail, àbhaisteach a bha ann. Cha do smaoinich mi riamh gun tachradh an rud a thachair na bhroinn.

Bha doras a' chidsin fosgailte, is far an robh mi nam shuidhe, chithinn suas dhan doras a-muigh. Dè tha cho annasach mun sin? Innsidh mi dhut – is feuch nach tèid thu am falach fon deasg nuair a chluinneas tu seo.

Seo mo stòiridh, a charaid. Fhad 's a bha mi an sin ag obair air Matamataig, chuala mi an doras a' fosgladh, is chùm mi mo shùil air an doras a dh'fhaicinn cò bha a' tighinn a chèilidh oirnn. An ath mhionaid, 's ann a chuala mi fuaim chasan a' tighinn a-steach

dhan rùm-suidhe. Ach bheir mi dhut m' fhacal – air m' onair – cha do dh'fhosgail an doras riamh. Cha tāinig duine beò a-staigh. Dè fon ghrèin a bha air tighinn a choimhead oirnn?

Cha leig mi leas innse dhut gun robh dearg eagal mo bheatha orm. Bha an t-àite air a dhol fuar ged a bha teine mòr fhathast a' dol gu snog is chaidh gaoir tromham.

Choimhead mi mun cuairt. An robh an aon dragh air a h-uile duine?

'S gann gum b' urrainn dhomh a chreidsinn. Bha mo bhràthair air èirigh às an t-seathar, ach cha b' urrainn do chasan gluasad. Bha fhiacan a' snagadh na bheul. Thuit am pàipear à làmhan m' athar – is aodann cho geal ri anart.

Choimhead mi air mo mhàthair. Bha ise a' coimhead ormsa ach cho luath is a sheall mi oirrese, choimhead i air falbh a-rithist. Ach, chunnaic mi an t-eagal na sùilean. Is dh'ffhairich mi an dubh-eagal na cridhe.

Bha fios agam gun robh rudeigin air mo chùlaibh – beò no marbh, cha robh mi buileach cinnteach. Thionndaidh mi air mo shocair, mo chridhe nam uchd. Bha coltas duine ann, ged a bha e bog, balbh, dubh – ach fuil no feòil cha robh ann. Bhruiddhinn mi ris an rud, ged nach do fhreagair e mi. Dh'iarr mi air falbh, ach cha do charaich e. An uair sin, am prioba na sùla, chaidh e às an t-sealladh, mar cheò. Chaidh an lampa às airson diog no dhà. Nuair a chaidh e thuige a-rithist, thòisich a h-uile duine air na rudan ris an robh iad roimhe. Cha tuirt duine againn smid. Bha coltas oirnn gun deach casg a chur oirnn, nach robh cead againn bruidhinn mu na chunnaic sinn.

Chun an latha seo, cha tuirt duine againn guth mu na thachair anns an taigh an oidhche ud. Cha b' urrainn dhuinn. Cha leigeadh an t-eagal leinn ... Oidhche annasach, eagalach. Oidhche nach diòchuimhnich mi gu bràth.

Ach, is tha e doirbh dhomh seo innse dhut ... an-diugh, anns an lobht, lorg mi seann dealbh – is dh'aithnich mi an duine anns a' bhad. Saighdear òg – an dearbh fhear a nochd anns an rùm-suidhe an oidhche ud is coltas cho duilich, brònach air aodann – an samhla bochd nach robh riamh aig tàmh ...

# **Seòras**

le Iain Moireach

Cha do lean an sgoil ri Seòras, agus cha do lean esan ris an sgoil. A dh'aindeoin a liuthad leabhar a làimhsich e, a liuthad tidsear a thug sgrìob air clàr eanchainn, a liuthad figear a chuir e ri chèile agus a liuthad stòiridh a sgrìobh e bho chaidh èigneachadh dhan sgoil bhig bho thùs, cha tainig ach glè bheag piseach air a bhuadhan. Nuair a ràinig Seòras aois fàgail na sgoile, dh'fhàg e, agus cha do dh'fheuch duine stad a chur air.

Thug e seachdainean a' sgrùdadadh nam pàipear-feasgair, feuch cò bha a' lorg luchd-obrach. Bha e a' sgriobhadh X no ✓ no ? mu choinneamh gach obrach a bhiodh ann. An toiseach, cha robh e a' feuchainn ach na ✓-aichean – obraichean le coimpiutairean no obraichean le ainmeanan a chòrd ris, mar Import/Export Clerk ... An uair sin, nuair nach deach leis, 's ann air an fheadhainn a chomharrach e le ? a ruith e, samhail Telebhisean Mechanic no Apprentice Fitters Required. Agus air a' cheann thall, sguir e de chomharrachadh, agus dh'fheuch e air obraichean nach b' fhiach ach X bho thùs.

Theab e dhà no trì fhaighinn, agus thog seo a chridhe gu mòr. Agus bliadhna gu leth an dèidh dha an sgoil fhàgail, fhuair e obair. 'S ann am measg na h-Xaichean a thuinich Seòras ann an taigh-bidh Victor Guaderini, Cosy Nook Restaurant, Best Italian Ices, Carrying out Welcome. Neach sam bith a thigeadh a-steach air doras glainne a' Chosy Nook, 's e Seòras a' chiad duine a

chitheadh e. Air cùl cuntair am measg shileagan mhìlsean, na chòta aotrom glas agus na dhòchas.

Bha an Cosy Nook a' tairgsinn caochladh sheòrsachan sàsachaidd do thaobh-a-staigh an duine, eadar siùcaran, mìlsean-reòite, cigarettes, spaghetti is eile – agus gu sònraichte chips. Chan e gun robh dad a ghnothaich aig Seòras ris na chips. 'S e Luigi, fear a bha an càirdeas do Victor Guaderini, a bha gabhail seo os làimh. Ach mura robh, bha pailteas eile aige ri dhèanamh, gu h-àraigd an dèidh meadhan-latha. Bho mheadhan-latha gu seachd uairean feasgar, cha robh abhsadh air, oir bhiodh e a' frithealadh nam bòrd nuair a bhiodh an t-àite làn agus bhiodh Magaidh no Diana no an làmh a b' fhaisge a' dèiligeadh ris a' chuntair mar a b' fheudar. Ach dè an diofar, nach robh e saoirseil gu leòr, 's e bha. Bu chaomh leis a bhith am measg dhaoine, a' comhradh riutha, agus a' dol na chabhaig gan riarachadh.

'S ann a bha e ro mhodhail riutha. Theab e obair a chall air los a mhodhalachd. Bha cailleach bheag dhonn a' gearan ris aon latha, nach b' fhiach an adag ròst a h-ith, agus chuir i inntinn Sheòrais na snaimeannan. Thog e an truinnsear aice agus thug e a-steach don chùl e, dhan chidsin bheag uaine far an robh Magaidh agus Luigi is ceò dhiubh a' deasachadh bidh agus ga bhualadh air na truinnsearan. Cò thurchair a bhith staigh an sin ach Guaderini fhèin. Bhiodh e a' tadhla corra uair a sgrùdadhbh, airson a bhith cinnteach nach robh an cidsin buileach salach no na truinnsearan buileach làn. Duine braonmhòr, seicheach buidhe a bha ri snàmh mar ròn tro cheò nan cafaidhean agus a thigeadh oidhch-eigin air tir ann an nèamh notaichean. Sheall e ri Seòras is ris a' chaoiteig fhloidaich. Dhragh e an siogàr às a bheul agus chaidh e an sàs ann an Seòras airson cho clalon, amaideach, do-ionnsachte is a bha e agus air sgàth nèimh agus truacantais, an ann a' feuchainn ris-san,

Victor Guaderini, a bh' air a bhith cho gasta ris 's e gun fheum, ùr a-mach às an sgoil, a chur chun na bochdainn a bha e, an ann, dè? Air sgàth seann sgnoig de chaillich charaich a bha ag iarraidh bìdh an-asgaidh, an robh e a' dol a chreidsinn a h-uile sgudal a dheigheadh tro a chluasan mòra, an robh?

Cha b' urrainn dha facial a ràdh, agus cha do thog e a shùilean na b' àirde na beul Ghuaderini, às an robh na briathran guineach a' tighinn. Ann an cùil de eanchainn, bha e a' faicinn beòil eile, liopan agus fiaclan a' trod ris, bho chaidh e dhan sgoil gus an latha mun do dh'fhàg e i, is gun fhios aige carson. Thog Guaderini an truinnsear agus ghabh e a-mach chun na caillich leis an t-siogàr na bheul. Ghliog e a' chaoiteag air a' bhòrd mu coinneimh agus shliog e briathran a bha cho meallta ris an iasg fhèin na cluais. Mun do thill e bha gèilleanan na caillich a' pronnadh na caoiteige fuaire, is adagan lainnireach a' lùbadh 's a' siubhal na cuimhne.

Dh'fhaighnich Guaderini nuair a thill e am faca Seòras siud agus fhreagair Seòras gum faca, Sir. Sheall Guaderini gu cruaidh ris is e a' tarraing ceò a-steach, agus thuirt e a bhith glè fhaiceallach o siud a-mach, air-neo ... Thàinig ceò agus facail a-mach còmhla.

Bha Seòras faiceallach bhon latha ud a-mach, bliadhnaeachan nam bliadhnaeachan. Cha do smaoinich e a-riamh an robh a bheatha anns a' Chosy Nook a' còrdadh ris no nach robh. Chaidh na làithean mar chàrn thruinnsaran, a bheatha mar mhenu. Fios aige dè bha air a chùlaibh agus dòchas aige gum biodh na bha roimhe cho coltach ri sin is a ghabhadh. Cùramach, fritheileach, ceannsaichte, umhail, a bhriathran 's a smuaintean 's a ghiùlan 's a chruth a' sìor fhàs nas coltaiche ri chèile, gus an robh iad na dhùsgadh agus na laighe ann an còrdadh iomlan.

Chaidh na bliadhnaeachan seachad, freastal a' cluiche le tòtamain agus mòran a' call an t-seasaimh. Ghabh Guaderini stròc agus thríall e.

Agus ma chaochail Guaderini mòr, nochd Guaderini eile na àite mar a thig fiacail ùr an àite na tè a ghrodas às, a cheart cho sanntach ris an tè a bha roimhpe air a' mhilseachd a tha an-còmhnaidh an lùib an lobhaidh.

A' chiad rud a rinn Guaderini òg, chuir e formica air na bùird agus dh'atharraich e ainm an àite – Ristorante Napoli a bh' ann a-nise, Lunches, Teas, Ices. An dàrna rud, thuirt e ri Seòras gun robh e air bliadhnachan gu leòr a chur seachad ag obair anns a' chafaidh – ag obrachadh gu math, dha-rìribh, ach nach robh rian nach robh e air fàs sgìth dheth a-nise – dè a bheachd fhèin? 'S an dùil nach bu chòir dha an t-uallach a leigeil dheth, fhad 's a bha an t-slàint' aige? Ged nach robh e air thighinn a-steach air a leithid a dhèanamh gus am b' fheudar, bha an òraid cho dàimheil, an duine fhèin a' nochdadhbh curaim agus sùim dha nach do nochd seann Ghuaderini a-riamh, is gun do dh'aontaich Seòras ris anns a' bhad.

An latha a dh'fhàg e, bha Seòras an-dràsta 's a-rithist a' strì ris na deòir fhad 's a bha e a' faicinn dhaoine acrach a' tighinn a-steach 's iad a' dol a-mach làn spaghetti Bolognese. Bha eagal agus mì-chinnt air mar a bh' air an latha a dh'fhàg e an sgoil. Agus cha robh an seo ach an dàrna uair a chaidh Seòras a-mach dhan t-saoghal mhòr. Feasgar, an àm dha falbh, rug gach duine air làimh air, agus leig iad beannachd leis, agus thill iad gu còcaireachd. Ach dìreach nuair a bha e a' dèanamh air an doras, cò thàinig a-steach ach Guaderini. Dh'fhaighnich e ciamar a bha Seòras a' faireachdainn a-nise, agus fhreagair Seòras gun robh glè mhath, Sir, ged a bha e duilich a bhith a' fàgail a' Chosy – a' Ristorante Napoli an dèidh uimhir a thìde a chur seachad ann.

Am bu chaomh leis an ceangal càirdeis sin a chumail suas, dh'fhaighnich Guaderini, oir nam biodh e deònach beagan cuideachaидh a thoirt dhaibh, cha deigheadh am bann a ghearradh gus an iarradh Seòras fhèin sin. Cha robh nì air domhain a

b' fheàrr a chòrdadh ri Seòras, Sir, agus dh'inns e seo mar a b' fheàrr a dheigheadh aige air. Thug Guaderini dha bucas mòr liocarais allsorts, mìle taing airson na h-obrach a rinn e, agus a làmh. Bha Seòras mar bu nòs dha a' coimhead ris a' bheul às an tainig an òraid is a shlugan ri breabail. Ghléidh e na liocarais allsorts ùine mhòr mar chuimhneachan air a bheatha.

Madainn Dihaoine agus Disathairne, mu leth-uair an dèidh naoi, dhèanadh Seòras a shlighe gu doras cùil an Ristorante Napoli, agus ghnogadh e gu toilichte. Bheireadh duin'-eigin dha an toiseach dà shandwich airson an cur na phòcaid, agus an uair sin crann caol fiodha le bratach fhiodha gu h-àrd air. 'S e an sanas a bha sgrìobhte ann an litrichean buidhe air a' bhrataich RISTORANTE NAPOLI, Lunches, Teas, Ices, Etc, agus ann an sgrìobhadh nas lugh, Old Canal Street, Prop. Emilio Guaderini.

Bhiodh an-còmhnaidh sluagh mòr a-staigh am baile na làithean ud, a' ruith 's a' coiseachd 's a' stad, a' toirt leotha a' chabhsair, agus a' fàs sgìth agus acrach. Agus nuair a dhearcadh iad air bratach Sheòrais, cha robh fios nach dèanadh grunnan dhiubh air an Ristorante. Bha Seòras an dòchas gun deigheadh iad ann co-dhiù agus e a' faighinn tlachd às a bhith gan tàladh ann. Bho dheich uairean gu ceithir uairean feasgar shiubhail e air fad na sràide, mar sgoth bhig fo sheòl am measg bhàtaichean slaodach luchdaichte. Brògan làidir donn air, a bha car mòr dha, agus cruth-coise duine eile orra, seann chòta-clò air liathadh, agus bonaid bileach. Agus, fad an latha, fiamh a' ghàire air feadh aodainn, oir bha cead agus cothrom a thoil fhèin aige càit an deigheadh e agus dè am bad anns an stadadh e greiseag. Sheasad e anns a' ghutair le chùlaibh ris an t-sràid a' leigeil a thaic air a' phola-sanais, is e gu bàidheil a' coimhead ris na daoine a' dol seachad. Nuair a mhothaicheadh duine sam bith dha, agus gun dèanadh iad leth-ghàire ris anns an dol-seachad dhaibh, thogadh Seòras bil a

bhonaid riutha agus bhiodh gàire air aodann greis an dèidh dhaibh a dhol às a shealladh. Bu chaomh leis a-riamh a bhith am measg dhaoine, agus bha saoghal bràth de dhaoine an siud.

Tha iomadh gnè saors' ann, agus bha caochladh sheòrsachan saors' aig Seòras a mheall e. Dh'fhaodadh e na sandwiches ithe aig àm sam bith den latha eadar uair is dhà, agus a chrann a thoirt sìos fhad 's a bhiodh e ri bhiadh.

Gach Disathairne, bhiodh Seòras a' coiseachd gu pàirce beag gorm anns an robh lòn far am biodh tunnagan a' plodradh 's a' snàmh, agus bhiodh caraid dha a' feitheamh ris air suidheachan uaine fiodha ann an sin. Fear àrd, rabach, faileas bho chòta gabardine, fear a bh' air a bheatha a chur seachad anns an t-saoghal fhosgailte, 's nach deach a-riamh air àrainn cafaidh no àite cuingealach de sheòrsa. Cha robh fios aig Seòras dè an t-ainm a bh' air, ach Jesus Saves. Siud an sanas a bhiodh airson, crocht' air a dhruim agus air a bhroilleach le bannan canabhair. Thachair Seòras ris is gun e ach air ùr-fhagail an Ristorante, agus choinnich iad aig tràth-diathaid dà latha san t-seachdain bhon uair sin. Dheigheadh na sanasan an càradh fon t-suidheachan agus dh'itheadh iad dà thrian de sandwiches Sheòrais gun ach glè bheag conaltraidh. Ach an uair sin, shuathadh iad an liopan le 'm muinichealan agus thòiseachadh iad a' bruidhinn – mu dheidhinn thunnagan.

Dh'aithnicheadh iad na h-eòin bho chèile air an dath no air an giùlan no air an nàdar agus bhruidhneadh iad orra gu h-aotrom, dòigheil, spòrsail. Nuair a dhlùthraigheadh an t-àm airson na naidheachdan a chur fa chomhair an t-sluaigh a-rithist, phronnadh Seòras na bh' air fhàgail de sandwiches Ghuaderini, agus sgapadh e air an talamh mu choinneamh nan tunnagan iad.

# An Duine Dubh

le Iain Mac a' Ghobhainn

Dh'fhosgail an duine dubh a' mhàileid mhòr air an lär. Bha a' chailleach na suidhe air a' chathair a' coimhead am broinn na màileide.

"Jumpers," ars an duine dubh. 'S bha iad brèagha cuideachd, feadhainn dearg mar fhìon, feadhainn glas mar mhuir, feadhainn uaine mar thalamh, feadhainn buidhe mar ghealaich. Cha tuirt i smid. Bha leabhar aig an duine dhubh a dh'fhàg e ri thaobh air an lär. Cha dèanadh i a-mach facial dheth. 'S ann a bha an sgrìobhadh coltach ri algebra no ri rionnagan geomhraidh. Dh'fheumadh tu a leughadh bhon deireadh chun an toisich. Shuidh a' chailleach air a' chathair, 's i aost', a ceann mar chlogaid sneachda.

"Gowns," ars an duine dubh. Bha iad a' dòrtadh às a lamhan mar bhùrn no bogha-frois. Cia mheud làmh chèin a bha air a bhith 'g obair air na guíntean ud? Smaoinich i air a' chiad dannsa aig an robh i, trì fichead bliadhna air ais, 's thug i sùil air an duine dhubh. Am biodh esan a' dol gu dannsan? Bha aodann tana, geal mar rathad cèin. Sheall i air falbh. Dhòirt na guíntean às a làmhan. Co-dhiù, chuireadh e seachad beagan den tìde dhi a bhith gan coimhead. Chuir e na guíntean nan laighe air muin a chèile.

"Stockings," ars esan, 's e a' toirt a-mach stocainnean naidhlean. Cha do chaill a casan an aois a' coimhead riutha. Cha do dh'fhosgail aon doras. Laigh a làmhan le coibhneas air na stocainnean. Smaoinich i air a h-athair a' slìobadh an eich a

bh' aca uair. Chaidh i dh'iarraidh deoch bhùrn don duine dhubh, oir bha an latha blàth: dh'òl e e mar a dh'òlas lit bainne.

Airgead? Cò aige bha airgead? Cha robh ann ach an aonaranachd, a h-aonaranachd-se 's aonaranachd an duine dhuibh. Cò às a thàinig e? Dà shaoghal a' coinneachadh a chèile anns an dorchadas. Thug e sùil timcheall an t-sèomair, an sgàthan mòr maol, am Bioball air oir na h-uinneig, cùirtearan air an tarraig bho chèile. Chuir e na stocainnean còmhla ris a' chòrr.

“Silk underwear,” ars esan. Thog i a sùilean air falbh mar gum biodh e air rudeigin uabhasach a ràdh. Bha solas a' dòrtadh tron uinneig a' fighe a h-aodainn. Sia bliadhna – 's math dh'fhaodte – 's bhiodh e air ais na rioghachd fhèin. Cha b' e seo a rioghachd-san. Ach dh'fheumadh e airgead a dhèanamh. Bha an sìoda a' lasadh fo a làmhan. Thug i sùil air ais chun an t-sìoda mar gum b' e bratach a bha i a' coimhead.

“Eighteen shilling,” ars esan. Bha làmhan na caillich nan laighe gu sàmhach air a' chathair.

“Eighteen shilling,” ars esan a-rithist. Rinn i gàire. Bha a gàire mar earrach fon chlogaid shneachda. Dh'fhairich e sgìths na dhruim. Cha robh e furast' a bhith slaodadh màileid throm tro na sràidean.

“Seventeen shilling,” ars esan. Rinn i gàire eile. Cha robh e a' tuigsinn cò air a bha i a' smaoineachadh. Air aon bhalla bha dealbh balaich ann an deise seòladair.

Cha robh càil tuilleadh anns a' mhàileid. Chrom e a cheann 's e a' dol a chur an aodaich air ais don mhàileid.

“Silk underwear,” ars esan a-rithist, ris fhèin, 's e dol ga thogail. Stad i e.

Chaidh i chun an dreasair 's thug i mach sporan. Chunnt i mach ochd tasdain deug dha. Cha robh mòran tuilleadh air fhàgail anns an sporan. Rinn i gàire nuair thug i dha an t-airgead. Rinn esan gàire cuideachd leis an toileachas. Thug e dhi an t-aodach.

“A-hà,” ars esan ris fhèin, “chan eil làithean do dhannsaidh seachad fhathast.”

Chuir e gach nì air ais don mhàileid, aodach flùranach fuar sìoda ann an teas an t-samhraidh.

Dhùin e a' mhàileid 's dh'èirich e.

Għlas i an doras air a chūlaibh.

Nuar bha e a' coiseachd sìos an rathad thog i a làmh ris mar dhuilieag foghair. Lean a sùilean e gus na dh'fhalbh e dhachaigh. Bha na busaichean mòra a' dol seachad air an t-sräid. Bha ise na coigreach cuideachd.

Thog i an t-aodach sìoda 's leig i leis ruith tro a làmhan mar airgead. An dèidh sin, chuir i don dreasair e, 's shuidh i a-rithist aig an uinneig, a' coimhead na sräid.

# Bùrn

le Iain Mac a' Ghobhainn

Stad Iain 's an Gearmailteach 's iad a' coimhead a chèile. Bha 'n gunna aig Iain dìreach air an targaid – broilleach a' Ghearmailtich. Cha tuirt duine aca smid, mar dhithis ann an dealbh, ach dh'fhairich Iain fallas air a làmhan 's cha robh an gunna cho dìreach 's bu mhath leis. Bha aodann a' Ghearmailtich geal le eagal is sgiths, mar gum biodh e air a chòmhachadh le flùr. Mhothaich Iain gun robh a bhonaid air ceàrr agus chuimhnich e air fear às a' bhaile aige fhèin a bhiodh a' caitheamh a bhonaid anns an dearbh dhòigh. Bha 'n Gearmailteach timcheall air deich bliadhna fichead a dh'aois; bha Iain dhà air fhichead. Mun cuairt orra nan dithis bha bùrach a' chogaidh: salchar na talmhainn làn bùirn 's a' gluasad mar nì beò. Bha gunna na laighe fichead slat bhuapa, agus mu thì fichead slat air falbh bha aodach saighdeir. An robh duine na bhroinn? An robh duine air a bhith uair na bhroinn? Canastairean an siud 's an seo: clach no dhà air an seasadh duine. Fon t-salchar ud bha iomadh duine na laighe a' caitheamh air falbh anns a' phuinnsean. Chuimhnich Iain mar dh'fhaodadh tu a dhol fodha anns an talamh ud làn bùirn is crèadha mar shoitheach mara a' dol fodha. Bha 'n gunna air chrith na làimh: bha a làmhan salach. Mile mile air falbh chunnaic e taigh beag Frangach mar leug earraich ann an rìoghachd leis fhèin 's ceò ag èirigh às a shimileirean. B' e 'n t-earrach a bh' ann ach càit an robh na sitheanan? Bha an Gearmailteach air chrith cuideachd. Mhothaich Iain anns a' mhionaid ud mar a bha aodach

a' Ghearmailtich an ìre mhath grinn taca ri aodach fhèin. Bha beagan dealraighe a' tighinn às a bhonaid. Mhothaich e gun robh seòrsa de neapraigear a' priobadh a-mach air oir pòcaid a sheacaid mar ghob isein. Bha na làmhan aige air chrith 's a shùilean, 's e a' sealltainn ri Iain. Cha do dh'fhosgail e a bheul mar gum biodh eagal air gun dùisgeadh e Iain à smuain, 's gum buaileadh òrdag air a' ... Thug Iain suíl eile air mar nach robh e a' tuigsinn dè ghnothaich a bh' aige ris a' gunna. Bha 'n Gearmailteach a' sealltainn ris mar chù ri mhaighstir.

Shuath Iain a làmh cheàrr ri bhriogais 's dh'fhaich e a' phacaid thoitean na phòcaid. Chuala e isean a' seinn dlùth ris. Bha 'n cogadh seo làn de iseanan, le guthan mar bhùrn, is air cùlaibh gach nì, casad tinn nan gunnachan. Bha a chasan a-nis air chrith. Smaoinich e nach robh e air mòran cadail fhaighinn airson dà latha is dà oidhche, agus smaoinich e gum biodh an Gearmailteach anns an aon dòigh. Chuir e sìos an gunna. Dh'fhalbh sgàil bho aodann a' Ghearmailtich. Shuidh Iain air cloich ann am meadhan an fhàsaich: shuidh an Gearmailteach air cloich mu a choinneamh. Shaoileadh tu gun robh sreang eatarra. Chaidh làmh a' Ghearmailtich gu pòcaid a bhroilllich. Lean Iain a làmh le a shùilean. Bha an làmh salach air a cùlaibh: bha fàinne air aon de na meuran. Bha Iain gu tuiteam na chadal. Thàinig an làmh a-mach le pacaid bheag.

Dh'fhosgail an Gearmailteach a' phacaid, 's na broinn bha pìos càis'. Chuimhnich Iain air na radain 's air na luchainn a' falbh air feadh nan trainnsichean. Thàinig làmh a' Ghearmailtich na b' fhaisge. Chaidh a làmh fhèin a-mach mar bheathach 's dh'aithnich e gun robh an t-acras air a chorpa. Dh'ith e 'n càis' is bha e math. Thug e mach na toiteanan 's shad e aon chun a' Ghearmailtich. Thug e mach maids 's las e 'n toitean aige fhèin. Chunnaic e an Gearmailteach a' toirt suíl air, 's shad e 'm bogsa

thuige. Cha mhòr gum faigheadh e air a shùilean a chumail fosgailte. Bha a' chlach mar bhàta ann am muir trom. Smaoinich e – chrath e cheann mar chù a' tighinn a-mach à burn 's sheall e a-rithist ris a' Ghearmailteach. Bha 'n Gearmailteach ga choimhead gun stad. Shaoil e gun robh a shùilean air a' ghunna 's chuir e na sheasamh air an talamh e 's a ghàirdeanan timcheall air. B' e latha ciùin a bh' ann. An-dràsta 's a-rithist chluinneadh tu brag 's dh'ainnicheadh tu guth a' ghunna.

Lean a shùilean ceò an toitein a' dìreadh. Trì bliadhna, trì bliadhna de a spiorad anns a' chogadh seo. Thàinig deàrrsadhbh air aodann. Thug an Gearmailteach sùil air, 's dh'èirich an t-eagal na shùilean mar iasg ann an loch. Chuir e a làmh gu a cheann 's thug e dheth a bhonaid. Cha robh fhios aig Iain carson a rinn e seo. An ann ro theth a bha e? Bha gach nì mar bhruadar. Cha mhòr nach robh an Gearmailteach maol mar a' chlach air an robh e na shuidhe. Chuir seo iongnadh is seòrsa de thruas air Iain. Nam biodh cànan aca! Nam b' urrainn dhaibh bruidhinn ri chèile! Bha e a' creidsinn gun tàinig an aon smuain chun a' Ghearmailtich. An truaghan bochd! 'S math dh'fhaodte gun robh bean is teaghlach aige. Dh'fheumadh esan a thighinn don chogadh cuideachd. An robh e fior gum biodh iad a' murt 's a' marbhadh phriosanach? Dè 'n latha bh' ann co-dhiù? Smaoinich e gu dian, 's mu dheireadh thàinig e chun a' cho-dhùnaidh gur e Dihaoine a bh' ann. Bha a' ghrian làidir 's bha 'm pathadh air.

"Dihaoine," ars esan.

"England," ars an Gearmailteach.

"England," ars an Gearmailteach a-rithist mar chù air beulaibh a mhaighstir 's e a' sealltainn cho ealanta 's a tha e.

"England!" ars Iain ris fhèin. Dè bha e a' dèanamh anns an fhàsach ud co-dhiù, am measg nan corp a' lobhadh timcheall air? Smaoinich e air Màiri, 's bha a corp a' lobhadh air a bheulaibh gus

nach faiceadh e ach na cnàmhan a shadadh tu gu cù. Chaidh a chorp air chrith a-rithist.

“Englander!” ars an Gearmailteach.

“Ach, dùin do . . .” ars Iain, is stad e. Chaidh a theanga timcheall a bhilean leis a’ phathadh. Nach robh cho math dha fuireach far an robh e? Bha ’n cogadh-sa gun chrìoch gun chàil ach marbhadh. Cò chuireadh crìoch air? Dè chuireadh crìoch air? Daoine gan sadail mar pheilearan an aghaidh a chèile. Bùrach de fheòil: ’s aig an taigh ’s air cùl nan trainnsichean na comanndairean am meadhan phàipearan le criosan déalrach timcheall orra ’s rionnagan air am broillichean. Agus bùrn, bùrn: bùrn glan. Chaidh a theanga timcheall air a bhilean gun fhios dha. Bha sùilean a’ Ghearmaitich ga leantainn mar luch a’ leantainn cait. Għluais Iain air a’ chloich. Bha a’ ghrian air cùl amhaich ga għearradh mar mhile sgian. Thàinig òrain às an adhar. “Dè ’n cànan a th’ aig na h-eòin?” smaoinich e, ’s bhruadraich e, “cò air a tha iad a’ smaoineachadh?” Chuala e fuaim itealain anns an adhar. Aig amannan chitheadh tu na fir-stiùiridh cho brèagħa ri cail. Cha robh ni aige nan aghaidh-san. ’S ann a bha iad a’ cur iongnadh air mar gum faiceadh tu seòrsa de ainglean anns an adhar. Chuir an Gearmailteach às an toitean, a’ glèidheil a’ phìos a bh’ air fhàgail.

“Taigh na galla!” ars Iain, ’s rinn e gàire.

“Ha! Ha! Ha!” ars an gàire.

Sheall an Gearmailteach ris airson tiotadh, ’s thòisich e fhèin a’ gàireachdainn, an toiseach mar dhuine a’ dèanamh a dhleastanas ach a-rithist mar fhear a’ cur fàilt’ air a’ bheatha.

Choisich an dà ghàire còmhla tarsainn air an talamh aosta ud, ach stad iad mu dheireadh an coinneamh a chèile nan suidhe air na clachan.

“Cò air a tha e a’ smaoineachadh?” ars Iain ris fhèin. Chuir e a làmhan gu a shùilean ’s thuirt e: “Tha ’n cadal orm.”

Chual' e an Gearmailteach a' feuchainn ri: "Tha 'n cadal orm" a ràdh.

Chuir seo truas air Iain, gum feumadh duine e fhèin a chumail beò anns an dòigh ud. Smaoinich e ciamar a bhiodh e fhèin nam biodh e ann an àite a' Ghearmaitich. Theab e an gunna a thoirt dha gu faiceadh e dè thachradh. Am biodh esan cuideachd mar chù air beulaibh a mhaighstir? Smaoinich e air a' chù a bh' aca aig an taigh, na laighe anns a' bhlàths. Bha caoraich a-muigh air a' mhòintich ach bha 'n aois a' tighinn air a-nis, 's cha dèanadh e cail ach laighe, a' bàsachadh anns a' ghrèin. Chaidh a theanga thairis air a bhilean a-rithist. Smaoinich e air an t-sruth a bha làimh ris an taigh, 's chunnaic e na boireannaich a' stampadh nam plaidichean as t-earrach 's a' ghaoth a' dol thairis orra. Bha sgìths a' dòrtadh tro a chnàmhan. Chuir e roimhe an dachaigh a thoirt air ann an còig mionaidean. An dachaigh!

"Dihaoine," ars esan.

"Englisher," ars an Gearmailteach.

Bha làmhan a' Ghearmaitich nan laighe air a ghlùinean mar làmhan boireannaich. Bha a bhrògan a' dìosgail an-dràsta 's a-rithist anns a' bhùrn.

Englisher!

Dè ghnothaich a bh' aigesan ri Englisher?

Carson a bha e a' cogadh?

Cha robh càil ann a-nis ach cluiche chairtean gun sgur, gun sgur, anns na rumannan beag iosal ud mar bhogsaiscean, gun fhios cuin a bhuaileadh am peilear.

Chuimhnich e mar bhual peilear balla, 's mar chaidh e tro Ruairidh mar chèise-ball. Smaoinich e air a' chloinn a' sadail cèise-ball mar bhogha-froise ri balla.

Chaidh a theanga tarsainn air a bhilean a-rithist. Bha 'n cadal a' tighinn trom air. Chunnaic e mar gum b' ann am bruadar làmh

a' Ghearmailtich a' gluasad gu pòcaid-cùil a bhriogais, agus ann am bruadar dh'aithnich e gun robh rudeigin anns a' phòcaid, rudeigin an ire mhath mòr, mar ghunna, seòrsa de dhaga. Bha 'n Gearmailteach mar gum biodh e a' gàireachdainn mar gum faiceadh tu fear-bùtha a' feuchainn ri rud a reic riut, 's fhios agadsa is aigesan nach biodh a' bhùth ann ann an seachdain eile.

Bha làmh a' Ghearmailtich a' gluasad timcheall gun stad mar gum biodh a làmh ann an saoghal leatha fhèin, gun eanchainn ga spròtadh. Chaidh a làmh sìos don phòcaid 's thàinig i nall an coinneamh brag a' ghunna.

Dh'èirich e bhon chloich 's chaidh e a-null. Bha toll dìreach am meadhan broilleach a' Ghearmailtich os cionn putain. Chaidh a làmh fhèin sìos chun na talmhainn gus na ràinig i air an nì a bha an Gearmailteach a' toirt às a phòcaid. B' e botal airson bùrn a bha na làmhan. Bha an ceann air a thighinn às a' bhotal 's bha am bùrn a' dòrtadh air falbh. Chuir e a ghunna na laighe air an talamh 's a shùilean air a' bhùrn a' sruthadh gun sgur, beagan is beagan. An-dràsta 's a-rithist chaidh a theanga tarsainn air a bhilean ach cha do dh'òl e drùdhag dheth.

# An Taghadh

le Iain Mac a' Ghobhainn

Bha seisear ac' ann nan còtaichean deurga 's an comanndair. Nuair a dh'fhosgail i 'n doras, bha iad mu coinneamh, len claidhnean fada.

Thàinig iad a-steach, aon an dèidh aoin. Cha mhòr gun robh an seòmar mòr gu leòr air an son. Bha a triùir mhac nan suidhe aig a' bhòrd ag ithe buntàta is sgadan. Stad iad mar aon duine nuair chunnaic iad na saighdearan – ach a-mhàin Ruaraidh, am fear a b' òige: bha a chùlaibh ris an doras 's chan fhac e iad an toiseach. Shuidh an comanndair air an aon chathair a bh' ann 's thuirt e ris na saighdearan a dhol a-mach is feitheamh. Bha còigear a-nis anns an rùm – i fhèin (Màiri), 's a trì mic, Tormod, Iain is Ruaraidh, is an comanndair.

"Ithibh," ars an comanndair.

Theab Ruaraidh bruidhinn ach stad e 's thòisich iad ag ithe.

"An gabh sibh fhèin blasad bìdh?" arsa Màiri.

Rinn an comanndair gàire ach cha tuirt e smid.

Smaoinich e, a' sealltainn riutha, gur ann a bha iad mar na beathaichean ag ithe.

Sheall e timcheall an t-seòmair ach cha robh biodag no daga ri fhaicinn. Chuir e aon chas tarsainn air an tèile 's thug e sùil air Màiri. Bha i na seasamh aig a' bhòrd a' sealltainn ris. Bha aparan geal timcheall oirre. Cha robh duine a-nis ag ithe: bha iad ga choimhead.

“Tha e iongantach nach bi mi sgìth uair sam bith,” bha e a’ smaoineachadh. Bha e toilicht’ gun robh iad a’ feitheamh ris.

“Tha am blàr seachad,” thòisich Màiri, “’s cinnteach nach . . .” Bha e seachad ceart gu leòr – am blàr. Cùl Lodair. Bha am blàr seachad.

Dh’fheuch Tormod ri èirigh bhon bhòrd. ’S e fear goirid tapaidh a bh’ ann.

“Fuirich far a bheil thu,” thuirt an comanndair ri Tormod.

“Bha mi a’ dol a nighe mo làmhan,” thuirt Tormod. Rinn an comanndair gaire. Shuidh Tormod sìos a-rithist.

Thòisich an comanndair a’ bruidhinn. “Chaidh mo bhràthair a mharbhadh aig Cùl Lodair,” thuirt e. “Chunna mi an claidheamh a’ dol tro aodann.”

“Ó,” arsa Màiri, “chaidh mo chèile a mharbhadh cuideachd.”

Anns an t-sàmhachd, thuirt Iain: “Cha robh duin’ againn aig Cùl Lodair.” Bha e timcheall air ochd bliadhna deug. Tormod timcheall air fichead, is Ruaraidh timcheall air còig-deug. Chunnaic e tron uinneig sneachd air na beanntan.

“Tha thu na do shuidhe air cathair mo mhàthar,” arsa Ruaraidh. Cha do fhreagair an comanndair e. Dh’eirich Ruaraidh ’s thug e chathair do a mhàthair, a’ sealltainn ris a’ chomanndair fad na tide. Shuidh i sìos. Theab Iain bruidhinn ach cha tuirt e smid. Sheas Ruaraidh ris an teine a’ sealltainn sìos ris a’ chomanndair, a dhà chois sgèapte, a shùilean a’ deàrrsadhbh. Bha brèid air a bhriogais ghorm.

“Dè a tha thu dol a dhèanamh?” arsa Tormod mu dheireadh, a dhà làimh mhòr dhearg air a’ bhòrd.

“Innsidh mi dhuibh,” ars an comanndair mu dheireadh. “Bu chòir dhomh an triùir agaibh a mharbhadh, ach . . .” (rinn e gaire) “chan eil mi a’ dol a mharbhadh ach a h-aon.”

Bha làmhan Màiri na h-uchd, ’s i a’ sealltainn ris.

“Chan eil fhios agam fhathast dè ’m fear agaibh a bhios ann.”  
Stad e.

“Ach taghaidh ur màthair e.”

Nuair a smaoinich e air an siud an toiseach, bha e toilicht’. Uimhir gam marbhadh leis a’ bhiodaig is leis an daga? Ach am marbhadh leis an inntinn, bha sin eadar-dhealaichte.

Cha tuirt Màiri smid: bha i mar nach robh i air a chluinntinn.

Sheas Tormod: “Chan urrainn dhut sin a dhèanamh. Chan eil e ceart.”

Theab e fhèin èigheachd: “Carson nach urrainn? Mharbh sibh mo bhràthair. Chunna mi an claidheamh a’ dol tro aodann.”

Ach cha tuirt e càil.

“B’ fheàrr dhut a h-uile duine againn a mharbhadh,” dh’èigh Tormod.

“Ist,” ars a mhàthair, ’s i a’ sealltainn ri Iain. Bha a làmhan geal air a’ bhòrd.

“Ist, chan eil fhios agad dè tha thu ag ràdh.”

Thionndaidh i ris a’ chomanndair: “An e sin a tha thu dol a dhèanamh?”

“S e,” ars esan.

“Marbh mise a-rèist,” dh’èigh Ruaraidh, “marbh mise. Chan eil dragh agam dhìot. Siuthad! Marbh mise.”

Bha Màiri a’ smaoineachadh.

Smaoinich i ’n toiseach air Tormod: “Tha e fichead bliadhna. ’S e am fear as treise aca. Chan fhaca mi e ag òl a-riamh. Bha e aig Cùl Lodair, ’s mharbh e daoine. Tha cuimhn’ agam an latha a dh’fhalbh e. Chuir e a chlaindeamh air, mar sgoilear a’ cur peann na làimh. Chan eil mòran còmhraidh aige. An latha thill e bho Chùl Lodair thug e dheth a chlaindeamh ’s dh’fhalbh e mach ’s thiodhlaic e e. Thug e an t-aodach aimh leis ’s thiodhlaic e sin cuideachd. Nuair thàinig e air ais, shuidh e aig ceann a’ bhùird.”

Smaoinich i 'n uair sin air Iain: "Tha eagal air. Sin as coireach nach eil e a' bruidhinn. Tha farmad aige ri Tormod, 's bha riamh. Chan fhuiling e pian. Ach an latha thàinig Tormod air ais bho Chùl Lodair ghlac mi e leis a' chlaidheamh na làimh. Thàinig déàrrsadh na aodann nuair a chunnaic e mi."

Smaoinich i mu dheireadh air Ruaraidh: "Chan eil eagal aige ro dhuine no ro ainmhidh. Tha cuimhn' agam an latha a dhìrich e a' chreag àrd, 's an oidhche a choisich e tron dealanaich 's an tàirneanaich. Cha robh e ach seachd bliadhna dh'aois."

"Chaidh breug innse dhut," arsa Tormod ris a' chomanndair. "Bha aon duine seo aig Cùl Lodair, mise."

Sheall an comanndair ris.

"Thèid mi dh'iarraidh a' chlaidheimh ma tha thu ga iarraidh. Thiodhlaic mi e."

"Bha mis' aig Cùl Lodair cuideachd," dh'èigh Ruaraidh.

"An e 'n fhìrinn a th' aca?" thuirt e ri Iain.

"S e," ars Iain, "'s e 'n fhìrinn a th' aig Tormod."

"Eil fhios agad càit a bheil an claidheamh?"

"Tha."

"Thalla ga iarraidh ma-tà."

Thug Iain sùil air, 's dh'èirich e, 's chaidh e a-mach air an doras. Chaidh a stad, 's chual' iad còmhradh. Mu dheireadh, thàinig fear de na saighdearan a-steach a bhruidhinn ris a' chomanndair. Ann an ùine ghoirid chaidh e a-mach a-rithist.

"Chan eil càil a dh'fhios nach e mise mharbh do bhràthair," arsa Tormod ris a' chomanndair.

"Chan eil."

Shaoileadh duine gun robh Màiri na cadal anns a' chathair.

"S e a bh' ann ceart gu leòr," ars an comanndair ris fhèin.

"Tha mi a' smaoineachadh gur e mise . . ." thòisich Ruaraidh a-rithist.

“Ist,” arsa Tormod ris, ‘s dh’ist e.

Bha Màiri a’ smaoineachadh: “ ’S e Tormod as fheàrr aca. Nuair a bha mi tinn, ‘s e dh’altramaich mi. Bha cus pèin air inntinn Iain, ‘s cha chaomh le Ruaraidh tinneas. Coinnichidh an saoghal ris fhathast.”

Is stad i mar gum biodh i air i fhèin a losgadh.

“Bu chòir dhuinn trì sràbhan fhaighinn,” arsa Tormod, “chan eil e ceart an taghadh a dhèanamh air dòigh air bith eile.”

Sheall i ris, is àrdan na guth: “Nì mise an taghadh,” ars ise. Aig a’ mhionaid sin thàinig Iain a-steach leis a’ chlaidheamh mheirgeach. Chuir e sìos air an lèr e mu choinneamh a’ chomanndair.

“Dè feum a th’ ann a-nis?” dh’èigh e. “Tha am blàr seachad.” Anns an t-sàmhachd chaidh e air ais gu a chathair.

Bha Màiri a’ smaoineachadh: “Dè thachras an dèidh dhomh an taghadh a dhèanamh – an dithis a bhios beò. Dè thachras?”

Sheall i. Bha Tormod a’ bruidhinn gu cùramach is gu socair ri Iain, a làmh timcheall air.

Smaoinich i: “Nam beirinn air a’ chlaidheamh, dh’fhaodainn mi fhìn a mharbhadh.” Ach bha an claidheamh meirgeach. Chunnaic i sùilean Ruaraidh air a’ chlaidheamh cuideachd ‘s thionndaidh i air falbh. Ach cuideachd chuir e näire oirre gun smaoinich i air i fhèin a mharbhadh.

Sheall i a-null ris a’ Bhìoball a bh’ aig an uinneig ‘s rinn i gàire. Sheall i ‘n uair sin ri Iain. Bha aodann cho geal. Cha dèanadh esan feum ann an cogadh. Chuir e truas oirre cho mòr ‘s gun theab a broilleach bristeadh le gaol.

Sheas i.

“Tha mi air mo thaghadh a dhèanamh,” ars ise. Bha i a’ sealltainn dìreach ris a’ chomanndair.

“Mhàthair,” dh’èigh Tormod.

Cha do thionndaidh i ris.

“Cò th’ ann?” ars an comanndair.

Cha tuirt i smid ach sheall i Iain dha.

Bha i airson suidhe anns a’ chathair ach cha do rinn i sin.

Nuair a thàinig Iain far an robh i ’s e a’ dol a-mach an doras,  
thug i pòg dha.

Nuair a dhùin an doras, shuidh i anns a’ chathair a-rithist.

# An Rathad Dhachaigh

le Mòrag Mhàrtainn

B' urrainn do Sheonag gathan na grèine fhaicinn a' drùdhadh a-nuas tro uinneag na h-oifis aice fad an latha. Bhiodh e air a bhith na b' fheàrr a bhith a-muigh air latha mar seo an àite a bhith ann an oifis fhuar, fhalamh. 'S e faochadh a bh' ann a-nis a bhith na suidhe air an trèana air an rathad dhachaigh. Ruith smuain no dhà tro a h-inntinn mun latha a bha seachad agus mus tainig e a-steach oirre bha i aig an stèisean. Mar a b' àbhaist, bhiodh a càr beag dearg ga feitheamh fon a' phost-lampa le solas briste, dìreach mu choinneamh an stèisein. Cha b' fhada a-nis gus am biodh i aig an taigh. Bha e a' fas na b' fhuaire a-nis agus nuair a ruith Seonag bhon stèisean, thruis i a còta mu h-amhaich agus thàinig nàdar de chlisgeadh oirre leis cho fuar 's a bha e.

Nuair a sheas i air oir a' chabhsair a' coimhead tarsainn an rathaid, b' urrainn dhi figear dorcha fhaicinn a' gluasad faisg air a càr. Air dhi gluasad na b' fhaisge, chunnaic i duine àrd ann an deise-ghnothaich le màileid dhubb ri a thaobh. Bha e na sheasamh aig a' chàr mar gun robh e ga dhòn. Choisich Seonag na bu luaithe tarsainn an rathaid agus direach an uair sin thionndaidh an duine agus thug e sùil oirre. Stad i 's leum a sùilean mar gun robh i air an duine aithneachadh. Ciamar a bha i eòlach air?

Bha coltas gu math sgiobalta air an lèine ghil is deise shrianaich le peitean dubh. Bha e follaiseach gun robh gàirdeanan fèitheach làidir fon t-seacaid aige. Bha aodann cruinn le gruaidhean ruiteach

's falt goirid, dualach, buidhe-ruadh mar lasair teine. Dh'fhaich i a shùilean brèagha liath a' laighe oirre le coibhneas nuair a bhruidhinn e rithe. "Gabh mo leisgeul, an ann leibhse a tha an càr seo?" thuirt e ann an guth sèimh, modhail.

"S ann. A bheil rudeigin ceàrr?" dh'fhaighnich i.

Mhìnich e dhi gum faca e dà bhalach beag a' ruith timcheall faisg air a' chàr ag èigheach agus a' mionnachadh àrd an clraiginn, agus an dèidh sgrùdadh nas mionaidiche, chunnaic e gun robh dà thaidhr a' chàir flat. Bha e a' dol a dh'fhàgail an àireamh-fòn aige agus teachdaireachd a' mìneachadh dè thachair le iomradh air na balaich air an sgàile-gaoithe ach direach mar a thionndaidh e, chunnaic e Seonag na seasamh ri a thaobh.

'S gann gum b' urrainn dhi a sùilean a chreidsinn. Cha b' fheàirrde i siud aig deireadh latha trang aig a h-obair! Dà thaidhr fhlat. Bu chòir dhi a bhith taingeil nach do bhrist iad an uinneag 's nach do dh'fhalbh iad le cail ach bha fearg mhòr oirre, 's nuair a chunnaic i na taidhrichean, chaidh i na boil. Chuir i a làmh ri a maoil airson greiseag, leig i osna 's thug i sùil air an duine a-rithist le sùilean brònach.

"Ma tha sibh ag iarraidh, b' urrainn dhomh ur cuideachadh," ars an duine, le co-fhaireachadh na ghuth. Rinn i fiamh gàire. Cha b' urrainn dhi a dhìultadh. Ach bha e ann an deise spaideil, chosgail. Bha a cogais ag obair oirre ach bha e glè dhorcha 's bha e cho fuar ris a' phuinnsean a-nis. 'S dè cho fad 's a bhiodh e gus an tigeadh cobhair bhon a' chompanaidh chàir? B' urrainn dhi a bhith an sin fad na h-oidhche. Mu dheireadh thall, fhreagair i, "Taing mhòr, bhithinn fada nur comain."

Thug e a sheacaid dheth 's ghabh Seonag grèim oirre. Bha i cianail taingeil. Ghluais e gu h-ealanta 's bhruidhinn e le ùghdarras. Bha e gu math cinnteach às fhèin 's bha amharas math aice gun do thachair i ris ann an àite air choreigin ron seo. Nuair a chunnaic

Seonag na làmhan làidir, salach aige ag obair air na taidhrichean, cha do bhual e oirre nach robh iad mar làmhan fir-ghnothaich idir. Bha iad cruaidh, garbh mar phàipear gainmhich le gàgan air na corragan.

Chuir Seonag a làmh a-mach 's choimhead i suas dhan adhar. Shaoil i gun d' dh'fhairich i boinne uisge no dhà. An ceann ùine, bha an duine na sheasamh a-rithist 's bha a h-uile rud deiseil. Leig Seonag osna aiste le furtachd. Cha bhiodh i air a' chùis a dhèanamh às aonais. Is bu mhath gun robh e deiseil nuair a bha e. Nuair a thòisich an dìle bhàithte, thug an duine sùil air an uaireadair aige. "Cha bhithinn a' faighneachd gu h-àbhaisteach, ach tha coinneamh uabhasach cudromach agam 's chaill mi an trèana. Saoil am faighinn lioft?"

An toiseach, dh'fhairich Seonag rud beag mì-chofhurtail air sgàth 's nach robh i eòlach idir air. Ach bha coltas earbsach air is ciamar a b' urrainn dhi a dhìultadh leis an ùine a chuir e seachad ga cuideachadh leis a' chàr? Cò air a bha i a' smaoineachadh? Thug i buidheachas dha a-rithist airson a bhith cho coibhneil rithe 's fhreagair i, "Gheibh. Bhiodh sin ceart gu leòr. Cuiridh mi ur seacaid 's ur màileid dhan chàr, fhad 's a tha sibh a' dèanamh deiseil."

Leum e aig peilear a bheatha is rug e air a' mhàileid cho luath 's a b' urrainn dha 's dhùin a bhasan gu teann ma timcheall. Chlisg Seonag. "Duilich," thuirt e sa bhad, nuair a thàinig e a-steach air gun do chuir e an t-eagal oirre. "Tha pàipearan cianail cudromach agam innse," 's rinn e snodha-gàire rithe a-rithist. "Siuthad ma-thà," thuirt e ann an guth aighearrach, "bhiodh sin sgoinneil. Cò às a thàinig an tuisge seo co-dhiù? Bha latha brèagha ann an-diugh."

"Tha fhios 'm," dh'aontaich i. "Tha mi duilich, tha thu bog fliuch a-nis!"

"Na gabh thusa dragh mun sin," thuirt e air a shocair.

Leum Seonag le cabhaig a-steach dhan chàr. Chuir i a mhàileid-san gu faiceallach anns an t-seata chùil, 's dh'fhosgail i an doras toisich air a shon. Chrùb an duine a-steach dhan chàr 's shuidh e sìos ri a taobh anns an t-seata thoisich ga dhèanamh fheìn cofhurtail. Bhruisig e a dheise le a làimh. Cheartaich e coilear a lèine 's thug e sùil anns an sgàthan gus dèanamh cinnteach gun robh e a' coimhead cho grinn 's a bha e roimhe. Nuair a thionndaidh e a dh'ionnsaigh Seonag, bha deàrrsadh na ghruaidh 's thuit bad fuilt a-null mu a shùilean deàlrach. Leagh Seonag. Rinn e gàire mòr nuair a mhotaich e i a' sìor choimhead air. Thionndaidh i air falbh 's dh'aom i a ceann. Thòisich i a' bruidhinn a-rithist a' leigeil oirre nach robh i air a nàrachadh idir 's ann an greiseag, bha an dithis an sàs ann an còmhradh blàth. "A bheil sibh ag obair faisg air làimh?" dh'fhaighnich i.

"Chan eil," fhreagair e.

"Bha mi dìreach a' feuchainn an dèanainn a-mach càit an do thachair mi ribh ron seo" thuirt i.

"Cha chanainn gun do thachair. Cha chreid mi gun rachadh sin às mo chuimhne," thuirt e le gàire fanайдeach 's chaidh e gu cuspair eile. Shuidh e air ais anns a' chathair lethair dhuibh gu cofhurtail, 's chuir e a ghàirdean tarsainn na cathrach aicese.

Cheartaich Seonag an seata aice, chuir i an iuchair a-steach 's thòisich i an t-einnsean. Tharraing i a h-anail 's leig i a-mach e gu slaodach. Thionndaidh Seonag ri a companach 's dìreach an uair sin, thàinig e a-steach oirre gun robh strainnsear na shuidhe ri a taobh. Chaidh innse dhi iomadach uair nach robh còir aice liofit a thoirt do shrainnsear. Bha tuaineal na ceann agus airson adhbhar air choreigin, bha iomagain mhòr oirre. "Tha mi eagalach duilich ach tha e a' failleachadh orm an càr a għluasad. Chan eil mòran rùm ann. Am b' urrainn dhuibh mo stiùireadh air ais 's air adhart?" dh'fhaighnich i ann an guth neoichontach. Chrath e a cheann

bho thaobh gu taobh 's gu deònach, ghabh e a-mach. Cha robh i airson brath a ghabhail air agus bha e air a bhith coibhneil rithe, ach a dh'aindeoin na bha sin, bha rudeigin a' dèanamh dragh dhi.

Bha teagamh na h-inntinn a-nis 's shaoil i gun do mhothaich i droch phlion air nuair a choisich e a dh'ionnsaigh cùlaibh a' chàir. Chaidh a glacadh le fearg 's bha a cridhe a' plosgartaich. Chuir i a cas chun an lair 's theich i le cabhaig. Dh'fhairich i gu math troimh-a-chèile is bha a cogais a-nis ga diteadh. Air dhi sùil a thoirt dhan sgàthan, chitheadh i gun robh an duine gu tur air chall, 's bha e ag èigheach às a dèidh. Bha còir aice tilleadh.

Chaidh sgòth dorcha tarsainn aodann-san 's dh'fhàs e na b' fhiadhaiche gus an robh e air chrith leis a' chaothach. Bha Seonag a' faireachdainn uabhasach. Bha siud dìreach suarach. Mì-thaingeil. Neo-thruacanta. Bhiodh e ceart gu leòr. Chan urrainn dhuibh a bhith ro fhaiceallach na làithean-sa. Thuigeadh esan, nach tuigeadh?

Fhad 's a bha i a' dràibheadh air an rathad dhachaigh bha a cogais ag obair oirre fhathast. Bha i an dòchas nach robh a choinneamh ro chudromach. Bha na bioran a' dol mar roth-gaoithe air uinneag a' chàir ach cha dèanadh iad dad ris an uisge. 'S gann gun robh i a' faicinn càil a-mach troimhpe. Bhiodh aice ri stad an àiteigin a bha sàbhailte. Mu dheireadh thall, chunnaic Seonag àite-pàircidh ri oir an rathaid. Stad i 's choimhead i suas. Bha e sgràthail a-muigh. Dìreach an uair sin, leum Seonag le fuaim an tàirneanaich is mòmaid às a dhèidh, thàinig an dealanach a' soillseachadh taobh a-staigh a' chàir. Mhotaich Seonag do rudeigin a' déàrrsadh anns an sgàthan. Thionndaidh i 's chunnaic i i. A' mhàileid! Na suidhe anns an t-seata chùil. Thog i gu trom-chridheach i 's chuir i anns an t-seata i far an robh an duine air a bhith na shuidhe o chionn ghoirid. Bheireadh i a stèisean a' phoilis i a' chiad char sa mhadainn. Bha i a' faireachdainn cho

ciontach fhathast. Laigh a làmhan air a' mhàileid 's smaoinich i mun duine eireachdail a-rithist. Cha b' urrainn dhi gun a bhith a' coimhead air na bha am broinn na màileid. Bha a sròn a' cur dragh oirre.

Dh'fhosgail i a' mhàileid 's chaidh a làmh gu beul gun fhiosta. Bha a h-anail na h-uchd agus a cridhe na slugan. Dh'fhàs a h-aodann geal – cho geal ri lèine gheal an duine. Thog i dealbh bhon a' mhàileid 's b' ise an dearbh thè a bha a' sìor-choimhead air ais. Dh'fhàs a sùilean na bu mhotha 's chan fhaigheadh i air a h-anail a tharraing. Gunna, ròpa, miotagan leathair. Chaidh gaoir tro feòil is cha b' urrainn dhi a sùilean a thogail bhon dealbh air a beulaibh ...

# An Coigreach

le Iain Mac a' Ghobhainn

Cha robh nì ri fhaicinn ach aon taigh air a' mhòintich. "Dìreach mar ..." Chaisg e an smuain. Cha robh e idir dìreach mar chleachd e bhith, b' fhada bha e uaithe. Chan eil nì air an talamh nach atharraich co-dhiù an inntinn an fhir-choimhid, agus shaoil e gun robh an taigh na bu lugha na 'n dealbh a ghiùlain e na inntinn agus, an dòigh àraidh, na b' fhaide air falbh, mar gum biodh e ann an adhar leis fhèin. Air dha tighinn na bu dlùithe, chunnaic e cuideachd gun robh post no dhà nan laighe air an talamh, agus smaoinich e: "A' ghaoth." Bha an lios bheag air a leigeil bàs, 's dh'aithnicheadh duine nach deach an doras a pheantadh o chionn iomadh bliadhna. B' e dath grànda donn a bh' air, 's e air briseadh an siud 's an seo. Cha robh fiù aon chearc ri faicinn: airson caora, cha bhiodh sùil ri sin (oir cha robh caoraich aca). Bha am feur timcheall an taighe fann agus tioram. Chanadh tu gun robh tinneas air choreigin air tuiteam air an àit', a' losgadh air falbh gach nì beò a bha faisg air. Bha an talamh a' deoghal an t-solais mu dheireadh às an adhar. Dh'fhairich e fallas air a làmhan 's leig e sios am bogsa a bha na làimh dheis. Mhothaich e airson a' chiad uair mar bha anail a' tighinn 's a' falbh 's cho tioram 's a bha a theanga. Anns a' mhionaid sin theab e tilleadh 's an saoghal farsaing a thoirt air. Cha robh e ga fhaighinn fhèin aig an taigh. Cha robh an talamh ceart, dàimheil fo chasan. Bha cuimhn' aige air an latha a ruitheadh e a-steach don taigh ud gun smaoineachadh, ach a' toirt sùil air a-nis, 's ann bha e mar am bogsa a bha e a' giùlan. Mu dheireadh, ghnog e air an doras.

“Nach iongantach nach do sgrìobh i,” ars esan ris fhèin. Chuimhnich e a-rithist nach robh e air falal fhaighinn bhuaip e o chionn dà bhliadhna. Stad an smuain gu grad! “Dè bu choireach gun do ghnog mi?” ars esan ris fhèin, “mar gum b’ ann a’ tadhail choigreach a bhithinn?”

Ach direach air dha a bhith a’ dol a dh’fhosgladh an dorais, chual’ e ceum slaodach a’ tighinn thuige. Rinn am fiadh diosgail ‘s chunnait e, mu choinneamh, seann chailleach timcheall air trì fichead ’s a deich.

“Cò sibh?” ars ise.

Nach i bha aost! Bha ’n aonaranachd air a h-aodann a chruadhachadh mar nach gabhadh na cnàmhan gluasad. Bha seana bheannag dhubb air a ceann, ‘s bha stocainnean a’ tuiteam mu casan. Fhad ’s a bha i a’ còmhradh ris, bha i a’ sealltainn tarsainn air a ghualainn mar gum biodh i a’ toirt an aire do rudeigin eile.

“S mise ... Ruairidh,” ars esan. (‘Eil fhios carson a dh’inns e a’ bhreug?)

“Ruairidh?” ars ise ’s thàinig a sùilean suas gu aghaidh.

“Ruairidh,” ars esan. “Ruairidh ...” (ciamar a chanadh e e?)  
“Ruairidh Stiùbhart.”

Cha robh i a’ tuigsinn dè bha e ag ràdh. Dh’aithnicheadh tu gun robh i a’ smaoineachadh, “Am bu chòir fios a bhith agam cò tha seo?” Cha bhiodh mòran ga tadhail, bha sin soilleir. Nach e e fhèin a dh’atharraich nuair nach aithnicheadh i e. (Ach carson a dh’inns e a’ bhreug?)

“Gabhaibh mo leisgeul,” ars ise, “ach ...”

“Tha mi air a thighinn à Canada,” ars esan, “’s dh’aithnicinn ur mac. Thàinig mi a shealltainn oirbh airson ...” (Bho bhreug gu breug. An e ciont a bh’ air?) “Tha mi às an ath bhaile. Dh’aithnicheadh mo mhàthair sibh.” Bha i a’ feuchainn ri cothachadh ri seo.

“Ruairidh Stiùbhart?” ars ise. “Thigibh a-steach, thigibh a-steach,” is dh’fhosgail i an doras.

Lean e i a-steach. Bha an taigh glè dhorch. Cha mhòr nach do thuit e air ciste a bha làimh ris an doras, ach mhothaich e nach robh an dorchadas a’ cur maille sam bith oirrese.

“Chan eil i air tuiteam bhuaithe cho mòr ’s a bha dùil agam.” Anns an dorchadas, las i lampa. Dh’èirich an seòmar à dorchadas. Cha robh nì air atharrachadh. Bha leabaidh anns an oisean mar a b’ àbhaist ’s bha sgàthan mòr farsaing air a’ bhalla. Chunnaic e nach robh fiù prìne no cìr faisg air an sgàthan ’s chuir seo iongantas air. Bha am preas ann cuideachd le soithichean a’ sreap gu mullach an taighe. Cha robh an teine air a chur thuige.

“Nì mi balgam teatha dhuibh,” ars ise. “Tha mi duilich nach eil teine air. Tha mi a’ creidsinn gu bheil an taigh bun os cionn. Dh’fhàg i an seòmar ag ràdh, “Tha mi a’ dol a dh’iarraidh dhà no trì fhàdan.” Bu mhath a dh’aithnicheadh e an dearbh sheòmar. An ceann greis thàinig i a-steach le ultach fhàdan. “Lasaidh mi fhìn an teine dhuibh,” ars esan.

“Nam biodh sibh cho math,” fhreagair ise. Thug e an t-ultach bhuaipe.

“Chan urrainn dhomh a bhith a’ cur teine air,” ars ise, “ach glè ainneamh. Chan àbhaist teine a bhith agam tron t-samhradh idir ach feumaidh mi e tron gheamhradh. Chan eil fhios agam an tug sibh an aire, ach tha mi dall.” Thuit dhà no trì fhàdan às a làmhan.

“Dall?”

“Seadh,” ars ise. “Tha e glè dhuilich aig amannan. Tha mi a’ creidsinn gum bi Alasdair den làn bheachd gun do chaill mi cuimhne air seach nach robh mi a’ sgrìobhadh. Dh’fhàg sibh gu math e?”

“Dh’fhàg,” ars esan, “glè mhath.”

“Eil dùil aige tilleadh idir?” ars ise. Chunnaic e a h-òrdagan

a' bualachd air a' chathair aon an dèidh aoin. "Ach ma tha e toilichte, sin a h-uile nì. Na innsibh dha mu mo dheidhinn-sa idir." "Eil maidean agaibh airson an teine?"

"Tha iad anns a' bhogsa sin. An d' fhuair sibh iad? Bhris e maide le cruaidh-bhriseadh. "Chan eil fhios aige gu bheil mi dall idir. Chan eil ach dà bhliadhna o chaidh mi mar seo ach bidh e a' cur airgead thugam a h-uile mìos." Esan nach do chuir sgillinn thuice airson còig bliadhna!

"Tha còig bliadhna deug o dh'fhalbh e," ars ise. "Bha athair beò aig an àm sin ach bhàsaich e o chionn trì bliadhna deug. Cha robh againn ach Alasdair. Dh'fhalbh e oirnn ann an soitheach nuair a bha e seachd bliadhna deug. Càit na choinnich sibhse ris?"

"Bha sinn aig an aon obair." Fear a bha diomhain o chionn cha mhòr dà bhliadhna!

"Chan eil dìth air?"

"Chan eil." Cha tuirt i 'n càrr airson greiseag.

"Am bi feedhainn a' tighinn a shealltainn oirbh?"

"Bithidh," ars ise, "bithidh. Bidh Catriona ... 's bean Iain is ... bidh," ars ise, "gu leòr."

Bhris e maide eile.

"Tha cuimhn' agam fhathast," ars ise, "an oidhche a thàinig iad a dh'innse dhuinn gun robh Alasdair air falbh. Theab mi dhol às mo thoinisg. Bha mi air mo leabaidd airson trì seachdainean. Cha do thuig mi ceart gun do dh'fhalbh e gu fada 'n dèidh sin."

"Dè thug air falbh e?"

"Ó, cò aig tha fios? Bha mi a' smaoineachadh gur e ... Ach cò aig tha fios? Tha iomadh smuain an inntinn balaich. B' e seòladair a bha na athair fad a bheatha 's thuirt e nach fhosgladh e 'n doras dha fhad 's a bhiodh e beò. Bha sin àraid, nach robh? Ach 's math dh'fhaodte gum feumadh e falbh. 'Eil obair ghlan aige an sin?"

"Tha," fhreagair e.

“Cha robh dùil agam gun soirbhicheadh leis cho math,” ars ise. “S iomadh uair a bha eagal orm air a shon. Bha e cho luaisgeanach. Tha cuimhn’ agam,” ars ise, “s mi anns a’ bhaile mhòr aon uair. Chunnaic e each fiodha ann an uinneag bùthach’s thòisich e ga iarraidh. Rà nail! Cha chuala tu leithid. ‘S a’ breabail a chasan air an rathad! Ach fhuair e e mu dheireadh, cha b’ ann uamsa na bu mhotha ach bho fhear a bha a’ dol seachad air an t-sräid. Cheannaich e dha e. Smaoinich thusa. Ò, bha e droch nàdarrach! Ach uairean eile cha leaghadh an t-im na bheul. Bidh mi a’ cuimhneachadh air na nithean sin glè thric. Bu chaomh team gun sgrìobhadh e. Dh’fhaodainn a ràdh gun do ghoirtich mi m’ òrdag ’s gur e sin bu choireach nach robh mi a’ sgrìobhadh. Ach dh’fheumadh cuideigin eile an litir a leughadh dhomh.”

Bha an teine a-nis a’ gabhail.

“Ma dh’innseas sibh càit a bheil an coire, nì mi fhìn an teatha,” ars esan.

“Nach sibh a tha coibhneil. Tha e air cùl a’ bhalla. Cha do leig mi dhaibh an solas ùr a chur a-steach ’s feumaidh sibh an aire a thoirt oirbh fhèin. Tha mise ro aost tuilleadh airson a bhith ag ionnsachadh mu sholas ùr ’s na gnothaichean sin ... Chleachd Alasdair a bhith a’ dèanamh teatha cuideachd. Ach tha mi a’ creidsinn nach bi agaibh ach cofaidh ann an Canada.”

Fhuair e na cupannan (an aon fheadhainn) geal is srianag ghorm timcheall orra. Chuir e dà chupan air a’ bhòrd ri taobh na lampa. Thog e aon aca ’s chuir e faisg oirre e ach thug e air ais e a-rithist nuair a chuimhnich e nach fhaiceadh i e. Lòn e an coire ’s chuir e na chrochadh air an t-slabhraidd e. Bha an teine a’ deàrrsadh a-nis ’s dh’fhairich e e fhèin aig an taigh. Bha mhàthair na suidhe air cathair àrd ris a’ bhòrd ’s a làmhan na h-uchd. Smaoinich e mar a bha i gun fhasgadh a’ falbh am measg fhaileasan. Dh’fhàg e fhèin ’s thill e gun nì airson a thuras. Luaisgeanach! Ò, abair

gun robh e luaisgeanach! Ach carson a dh'fhalbh e? Cha mhòr gun robh cuimhn' aige air an adhbhar.

An e gun robh a chompanaich a' falbh? An e nach robh aige mu a phàrantan? Smaoinich e mar a bhiodh athair a' sadail smugaid cha mhòr ceithir slat uaithe 's e na sheasamh aig an doras leis a' phìob ghoirid dhuibh na bheul. Smaoinich e mar a theireadh a mhàthair, "Cuimhnich a-nis, na bi fada," 's a' chais a bhiodh am facal a' cur air. Chuimhnich e mar a dh'èigh i ris aon oidhche ('s e air a thighinn bho dhanns, 's an saoghal a' cur car a' mhuitlein tro na speuran) gum bu choir dha näire a bhith air a' tighinn dhachaigh mun tìd' ud a dh'oidhche. Carson a bha i gun sgur ga shlaodadh sios às an adhar àrd ud?

"Tha 'n coire goil," ars ise. Cha robh e air a chluinntinn. Chuir e trì làin na spàine don phoit, 's dhòirt e 'm bùrn innte.

"Tha cuimhn' agam," ars ise, "aon oidhche, timcheall air seachdain mus do dh'fhàg e 'n taigh. Bha e air a thighinn bho dhannsa. Tha mi cinnteach gur e sin bu choireach gun do dh'fhalbh e. Mus do rinn e ach an doras fhosgladh thòisich mi 'g èigheach ris nach robh gnothach aige bhith a-muigh gun tìd' ud a dh'oidhche. Bha mi cho sgìth. Bha 'n dotair air a bhith a-staigh 's air innse dha athair nach biodh e fada beò. Bha deagh fhios aig athair air a sin e fhèin ach làrna-mhàireach 's beag a dh'aithnicheadh duine sin air. Bha dòighean mìorbhailleach ann. Chaitheadh e feasgar foghair a' dèanamh fhàinneachan-toit às a' phìob do chlann a' bhaile."

Chuir e siùcar is bainne do na cupannan.

"Tha mi 'n dòchas nach e sin a chuir air falbh e," ars ise. Dhòirt e 'n teatha anns na cupannan. Chuir e an teatha mun cuairt le spàin a fhuair e anns a' phreas. Chuir e an cupan na làimh 's thug i deoch às.

"S e cupan math teatha tha seo," ars ise.

“Dhèanadh Alasdair cupan math teatha cuideachd.”

“Stiùbhart?” ars ise. “S thuirt thu gun aithnichinn do mhàthair? Tha i beò fhathast? Nach iongantach nach eil cuimhn’ agam oirre. Ach an dùil càit an aithnichinn i. Thàinig Alasdair a-steach aon latha le balach òg ’s thuirt e rium, “Seo,” ars esan, “Coinneach MacCóinnich. Dh’aithnicheadh athair sibh. Bha e aig an iasgach còmhla ribh.” ’S cha robh leithid a dh’fhear ann. ’S ann a bha e a’ tarraing asam. ’S e teatha mhath tha seo. Bidh mi ’n-còmhnaidh a’ gabhail trì làin na spàine de shiùcar ’s tha i direach milis gu leòr. ’S tha sibh ag ràdh gu bheil Alasdair a’ soirbheachadh gu math? Dè ’s coireach nach eil e a’ sgrìobhadh? Ach chan eil diofar ann. Chan e soirbheachadh a h-uile nì. Chan e gu dearbh. Tha mise a’ fàs aosta tuilleadh ’s bhiodh e cho math aig an taigh.” Air dha an teatha òl, dh’èirich i.

“Glas an doras mus tèid thu gu do leabaidh, Alasdair, gun fhios nach fhaodadh coigreach eile a thighinn.” ’S ann an uair sin a smaoinich e nach do dh’fhaighnich e dhi càit an robh siùcar no spàin no bainne nuair a bha e a’ dèanamh na ti.

“Tha ’n teatha,” ars ise, “cho làidir ’s a bha i riamh.”

# Ri Aghaidh na Creig

le Maoilios Caimbeul

Dhùin Mìcheal doras a' BhMW aige le brag. Choimhead e air airson tiotan le sùil choibhneil, ghràdhach. Am peanta dubh, faileasach; na loidhnichean rèidh, clasaigeach. Bha e fortanach gu dearbh gun robh leithid de chàr aige, agus gun robh obair cho math aige mar mhanaidsear oifis ann an Glaschu a leigeadh dha leithid de chàr a cheannach. Saoil ciamar a bha a sheann charaid Seòras agus a bhean bhrèagha Anna? Thug e sùil mun cuairt. Bha Seòras na chroitear ged a bha e cuideachd ag obair anns a' Chuan a Tuath anns na raointean-ola. Bha e air taigh brèagha ùr a thogail. Ri taobh an taighe thug Mìcheal an aire dha Volvo gorm.

Fhreagair Anna an doras.

“Mhìcheil!” Bha gàirdeachas na sùilean agus thilg i a làmhan timcheall air amhaich.

“Dè tha thusa a' dèanamh san dùthaich?”

Choimhead e oirre. Bha i cho brèagha 's a bha i riamh le a falt bàn agus a sùilean tais gorm. Bha e follaiseach gun robh i cuideachd cho càirdeil 's a bha i riamh.

“Tha mi dìreach a-bhos airson latha no dhà. Thàinig mi a choimhead air mo sheann charaidean. A bheil Seòras a-staigh?

Dìreach mar a thuirt e na facail nochd e ann an doras an t-seòmair-suidhe. Duine fèitheach làidir, gun a bhith ro mhòr. Thàinig e agus thabhairn e a làmh do Mhìcheal.

“Uill, uill, h-abair straunnsear. Cha robh dùil sam bith agam riutsa. Ach tha e math d’ fhaicinn. Thig a-staigh, thig a-staigh.”

Chaidh Mìcheal a-staigh. Cha b’ urrainn dha gun an aire a thoirt dhan t-seòmar-suidhe brèagha – an suite beairteach uaine, na cùirtearan tiugha, uaine cuideachd, agus am brat-ùrlair. A h-uile nì a’ co-fhreagradh, an dà chuid dathan is stoidhle. Sheòrais, duine fortanach gun teagamh sam bith. Agus a bhean, Anna an fhult bhàin, bha ise cuideachd a’ co-fhreagradh. BMW nam boireannach, loidhnichean clasaigeach. Agus bha i cho gasta, còir. Ro chòir, ’s dòcha.

“Uill, uill, cia mheud bliadhna a th’ ann on bha thu seo?” arsa Seòras. “Tha mi creidsinn gu bheil trì.”

“Cha robh sibh pòsta an uair sin.”

“Cha robh,” dh’aoontaich Seòras, “ged a bha sinn air gealladh-pòsaidh a thoirt seachad.”

“Tha sin ceart,” arsa Mìcheal. Bha a làmh air gàirdean an t-sòfa a’ faireachdainn an aodaich bhrèagha mheileabhaid. Chuimhnich e air an trup mu dheireadh a bha e a’ coimhead orra. Bha Seòras air a thoirt air falbh dhan ospadal agus chaidh fhàgail-san le cùram airson Anna. Dh’fhàs aodann dearg a’ cuimhneachadh air.

Dh’ainthicheadh e fhèin agus Seòras Anna on bha iad òg san sgoil. Bha gaol aig an dithis aca oirre ach ’s e Seòras a roghnaich i aig a’ cheann thall. Ach an uair ud, nuair a bha Seòras anns an ospadal, bha e air peacachadh na aghaidh. Cha robh a chogais riamh air leigeil leis. A-nis bha e air tighinn air ais a dh’iarraidh mathanas air a sheann charaidh.

Bha Seòras na sheasamh agus a dhruim ris an teine, a làmhan paisgte air a chùlaibh. Bha Anna na suidhe anns an t-sèithearn ri thaobh, agus i a’ furaigheal. Dh’fhairich Mìcheal an dlùths a bha eadar an dithis. Mar gum biodh fios aca air smaointean a chèile. Faireachdainn bhlàth, chofhurtail. Bha e math a bhith ann. Ach

bha rudeigin ann mu dheidhinn Sheòrais ... An robh e cho càirdeil ris 's a b' àbhaist dha a bhith? Chuir e a' cheist às a cheann.

Dh'èirich Anna ...

"Bheil cuimhn' agad nuair a bhiodh sinn a' sreap?" arsa Seòras.

"Am bi thu ris fhathast?"

"S mi a bhitheas. Uill, bithidh nuair a gheibh mi an cothrom, 's chan eil sin tric."

"Dè mu dheidhinn a-màireach?"

"A-màireach!"

"Nach bi thu seo?"

"Bithidh, ach ... chan eil an stuth agam leam."

"Na biodh dragh ort mu sin. Size ten nach e?"

Chaidh Seòras a-mach às an rùm agus thàinig e air ais le brògan brèagha ùra. Feadhainn aotrom airson sreap chreagan.

"Seo. Feuch iad sin ort."

Ghabh Mìcheal na brògan agus dh'fheuch e iad. Bha iad dìreach ceart dha. 'S e brògan math sreap a bh' anna. Chaidh Seòras a-mach a-rithist agus thàinig e air ais le anarag, stocainnean tiugha agus briogais. Bha iad uile ùr.

"S toigh leam fear spèar dhen a h-uile càil a bhith agam," thuirt Seòras le gàire.

"Tha thu cho còir 's a bha thu riagh," arsa Mìcheal. "Cha robh dùil sam bith agam ri seo."

Thàinig Anna a-staigh le teatha. Bha iad a' crac airson greis mu na seann làithean, mar a bhiodh iad a' falbh còmhla airson oidhcheannan a' sreap anns a' Chuiltheann agus an Earra-Ghàidheal. Bha an triùir aca math air sreap. An toiseach bhiodh iad dìreach a' gabhail a' cheum a b' phasa chun a' mhullaich, ach dh'fhàs iad sgìth dhe sin agus thòisich iad a' sreap chreagan – rud a bha fada na bu chunnartaiche.

Mar bu trice, 's e Seòras a dheigheadh air thoiseach leis an ròpa agus na geinnean, na pitons, agus leanadh Mìcheal agus Anna suas e.

“Càite ma-thà a-màireach?” arsa Mìcheal agus e a’ dèanamh deiseil airson falbh.

“Bodach an Stòrr,” arsa Seòras. Rinn Anna gàire.

“Bodach an Stòrr! A’ spòrs a tha thu! Cò riamh a shread Bodach an Stòrr?”

“Sin direach carson a dh’fheumas sinn a shread. Cha do shread duine eile e cho fad ’s is fhios dhomh.”

Cha b’ urrainn do Mhìcheal diùltadh. Bha inntinn Sheòrais air a dèanamh suas. Dh'aontaich iad gun coinnicheadh iad tràth anns a' mhadainn aig an Stòrr. Mar a bha Mìcheal a' dol chun a' chàir chuimhnich e air Anna agus chuimhnich e cuideachd nach d' fhuair e cothrom bruidhinn ri Seòras mun nì a bha dèanamh dragh dha. 'S dòcha nach robh còir aige guth a ràdh as dèidh a h-uile càil. Nach robh an dithis aca cho càirdeil ris 's a bha iad riamh? Ò uill, chitheadh e a-màireach.

Anns a' mhadainn b' e Mìcheal a bh' aig an Stòrr an toiseach. Bha e na shuidhe air bruaich ag ithe ceapaire agus e a' smaoineachadh air Anna. Cha robh e air norrag cadail fhaighinn a' smaoineachadh oirre. Bha e a' dèanamh dragh dha gun robh an cumhachd ud aice thairis air. 'S bha näire air gun robh e cho lag. Cha robh e idir a' faireachdaiann coltach ri sreap ach bha fhios aige gu feumadh e.

Thàinig Seòras. Bha e leis fhèin anns a' chàr. Chuir seo iongnadh air. Ach ann an seagh bha e cheart cho toilichte. Cha bhiodh a cruth àlainn ga bhuaireadh agus gheibheadh e cothrom bruidhinn ri Seòras.

Thuirt esan, “Cha robh Anna a' faireachdaiann ro mhath. Cha b' urrainn dhi tighinn. Chan e càil uabhasach a th' ann, dìreach fuachd.”

Thòisich iad a' coiseachd suas gu Bodach an Stòrr. Bha Seòras cho bruidhneach 's a chunnaic e riamh e. Bha seo ga shàrachadh. Carson nach sguireadh e a bhruidhinn? Ma bha e a' dol a dh'iarraidh mathanas air, dh'fheumadh sàmhchair a bhith ann. Bha e gu bhith doirbh na briathran fhaighinn a-mach. Bha e do-dhèanta agus teanga a charaid a' dol gun sgur.

Thàinig iad gu bonn na creige. "Cò againn a tha a' dol air thoiseach?" dh'fhaighnich Seòras.

Rinn Micheal gàire. "Tha fhios agad cò bhios a' dol air thoiseach. Bha aon duine an-còmhnaidh a' dol air thoiseach. Thusa."

"Ceart ma-thà." Fhuair Seòras an ròpa deiseil. Chuir e crios mu mheadhan agus mu bhodhaig agus thug e fear dha Micheal. Bha geinnean agus làmhan-sreap aige agus Karabiners airson an ròpa a cheangal ri crios no ri lùb ròpa.

Choimhead Mìcheal suas air a' chreig ag èirigh àrd os an cionn mar thùr Gòtach. "A bheil thu cinnteach ...?" thòisich e. Ach stad e. Bha Seòras a' coimhead cho cinnteach às fhèin, cho suidhichte na bheachd. Bha e air fàs sàmhach, ga ullachadh fhèin airson an t-sreap. Cha robh e idir mar bu chuijmhe le Mìcheal e. B' àbhaist dha a bhith aotrom aighearach nuair a bhiodh iad a' sreap. Cha robh e a' còrdadh ris gun robh e cho sàmhach.

Thàinig ìomhaigh Anna fa chomhair inntinn. Dh'fheuch e ri dubhadh às. Ach chan fhalbhadh i. Thuirte e ris fhèin nach iarradh e mathanas an-dràsta co-dhiù. Bhiodh tide gu leòr ann airson sin mus tilleadh e a Għlaschu.

Thòisich Seòras a' dol suas. Bha an ròpa a' slaodadh ris sìos gu far an robh Micheal.

"Thoир an aire ort fhèin," dh'èigh e suas thuige. Ach cha tuirt Seòras guth. Bha aire air a' chreig. 'S e sreapadair math a bh' ann. Cha robh teagamh sam bith air sin. Bha e mar dhamhan-allaidh,

cho cinnteach. Thòisich Mìcheal ga leantainn. Bha e toilichte gun robh ròpa aige. 'S e amadain a bhiodh anna co-dhiù a dhol gun ròpa. Stad Seòras air sgeilp os a chionn. Cha b' fhada gus an do rainig e faisg air far an robh e.

"Dè tha ceàrr?" arsa Mìcheal. Cha tuirt Seòras guth.

"An e càil a tha ceàrr?" thuirt e a-rithist ann an guth na b' àirde. Bha e a' faireachdainn a bhroilleach a' fàs teann. Cha robh e nàdarrach mar a bha Seòras air a dhol. Aon mhionaid mar reacòrdair aig an astar cheàrr, an ath mhionaid mar linne-uisge shàmhach, dhubh. "Tha mi 'g iarraidh bruidhinn riut," arsa Seòras mu dheireadh.

"Uill, 's mi tha toilichte sin a chluinntinn. Carson a stad thu? A bheil thu a' tilleadh?"

"Tha mi ag iarraidh bruidhinn riut," thuirt Seòras a-rithist.

Bha rudeigin na ghuth a chuir gaoir beag tro fheòil Mhìcheil. Choimhead e suas a-rithist. Bha sùilean Sheòrais cruaidh. Na bu chruaidhe na chunnaic e riamh iad.

"Thug mi an seo thu airson aon adhbhar. Tha mi a' dol ga do mharbhadh."

Dh'fhairich Mìcheal a stamag a' dol neònach. Cha mhòr nach do thuit e. An dàrna cuid bha Seòras air a dhol às a rian no bha fios aige. Bha fios aige gun robh gaol aige air Anna. Bha fios aige dè thachair o chionn trì bliadhna nuair a bha e san ospadal.

"Tha thu às do chiall," thuirt e. "Carson a mharbhadh tu mi?"

Thug Seòras sgin às a phòcaid.

"Dè tha thu a' dèanamh?" ghlaodh e.

"Tha mi a' dol ga do mharbhadh. 'S math tha fios agad carson."

"Son gu bheil gaol agam air Anna?"

"Chan ann," arsa Seòras agus e a' fosgladh na sgine, "ach airson an rud a rinn thu nuair a bha mise san ospadal."

Bha fhios aige. Dh'fhairich Mìcheal dubh eagal airson a' chiad

uair na bheatha. Bha fios aige gun robh iad co-dhiù air dìreadh dà cheud troigh. Bha e reòthte ris a' chreig. Nan tuiteadh e, bhiodh e cho marbh ri sgadan. Bha a bheul tioram.

“Thàinig mi dh’iarraidh mathanas.” Bha a ghuth neònach. Bha e fhèin ga chluinnntinn mar ghuth neònach. Guth fada air falbh.

“Mathanas. Nach eil thu beagan fadalach?” thuirt Seòras anns an aon ghuth chruaidh. Bha e os a chionn agus a' ghrian air a chùlaibh.

Na shuidhe mar gum biodh air cathair àrd a' toirt breith. Mar dhia deàlrach. Dh’fhairich e am fallas a' sruthadh sìos achlaisean, ga dhiogladh.

“Bidh fhios aca,” thuirt e ann an guth teann, “ma ghearras tu an ròpa.”

“Cha bhi ma nì mi mar seo e,” agus thòisich e a' sgrìobadh an ròpa, fultein an dèidh fultein, dìreach mar gum biodh a' chreag air a ghearradh mean air mhean. Bha e na shuidh air an sgeilp agus a' lùbadh sìos.

“Cha do rinn mi càil ceàrr,” arsa Mìcheal na èiginn. “Bha gaol agam oirre. Nach toir thu mathanas dhomh?”

Bha fhios aige nach robh feum dha a bhith bruidhinn. Aon uair 's gun cuireadh Seòras roimhe rud a dhèanamh cha robh nì air thalamh no an nèamh a dh’atharraicheadh inntinn. Sin an seòrs a duine a bha ann. Bha gaol uabhasach, diòrrasach aige air Anna. Bha fhios aige nach toireadh e mathanas dha gu bràth.

Bha an ròpa gu bhith briste. Ghreimich e le a dhà làimh air dà sgàineadh chaol. Cha robh mòran grèim aig a chasan. Gun an ròpa cha mhaireadh e ro fhada. Gun rabhadh thuit e sìos sia òirlich. Le oidhirp eagalach ghreimich e air oir bheag le a dhà làimh. Chuala e an sgiamh a b' uabhasaiche a' dol seachad air. Dh’fhairich e tarraig aithghearr air an ròpa a bha mu mheadhan. Chuala e fuaim shìos fodha, bodhaig a' bualadh creig. Fhuair a

chasan grèim a-rithist air na sgàinidhean far an robh iad roimhe. Le oidhirp shònraichte tharraing e e fhèin suas chun na sgeilp far an robh Seòras air a bhith mòmaid roimhe sin.

Laigh e air a mhionach air an sgeilp agus choimhead e sìos. Bha Seòras na laighe gun għluasad aig bonn na creige, agus abhainn fala a' tħożeachadh a' tighinn bho bheul. Ghul e agus ghul e mar gum b' e leanabh beag a bh' ann, mar gum biodh a mhionach a' tighinn a-mach air a bheul.

# **Na h-Iùdhaich**

le Iain Mac a' Ghobhainn

Siud mar a thachair e. Fichead mìle Iùdhach air latha fuar geomhraidh. Chaith an cur air na trèanaichean ann am baile anns a' Ghearmailt. Leig na freiceadain seachad iad 's cha do bhual duin' ac' iad. 'S ann a bha iad a' gàireachdainn riutha! Chuidich iad feadhainn de na boireannaich len cuid chloinne 's bha na boireannaich cho toilicht 's gun theab iad a dhol air an glùinean riutha mar gum b' e diathan a bh' annta. 'S na saighdearan Gearmailteach air an còmhdaich cho brèagha 's cho glan ann an glas: 's iad fhèin làn salchair is sgiths. Thòisich bruidhinn anns na trèanaichean:

“Tha sinn a' dol do dh'Ameireaga. Sin a tha iad ag ràdh.”

“Ameireaga?”

“Seadh. Bidh sinn sàbhailt. Tha iad gu math do na h-Iùdhaich ann an Ameireaga.”

Sheall tè aca ris an rionnaig bhuidhe air a h-aodach.

“Ameireaga?”

Thòisich cailleach ag èigheach:

“Chan eil mi 'g iarraidh a dhol a dh'Ameireaga.”

Sheall iad rithe.

“Nach e 's fheàrr na seo?”

Ach cha robh i airson a dhol a dh'Ameireaga.

“Chan eil càil an sin ach gangsters,” dh'èigh i 's thòisich iad a' gàireachdainn. Bha i a' smaoineachadh ceart gu leòr nach robh

càil an Ameireaga ach gangsters 's gun deigheadh a murt nan nochdadadh i a ceann a-mach air an doras.

"A! Tha i cunnartach. Bidh Al Capone às a dèidh," dh'èigh fear de na h-Iùdhaich.

Bha an trèana a' ruith gu luath seachad air talamh làn sneachda.

Bha iad air bàsachadh leis an fhuachd mura bitheadh gun robh uimhir aca ann. Sios is suas bha na freiceadain Ghearmailteach a' coiseachd, a' bruidhinn 's a' gàireachdannan nan aodach airgid.

Dh'fhaighnich fear dhaibh an ann a dh'Ameireaga a bha iad a' dol. 'S e duine beag trang a bh' ann mar a chì duine air Committee. Thog e a cheann ris a' Ghearmailteach mar chearc.

"Ameireaga?" Thòisich e a' gàireachdann. "Tha sibh a' dol a dh'àite nas fheàrr na sin." Theab an t-Iùdhach suathadh ann ach għluais am freiceadan air falbh. Thionndaidh an t-Iùdhach ris a' chòrr.

"An cuala sibh siud? Chan eil sinn a' dol a dh'Ameireaga idir. Nach do dh'inns mi siud dhuibh." Cha robh dragh aige càit an robh iad a' dol fhad 's a bha e fhèin ceart. Shuidh e sìos 's mu dheireadh thuirt e:

"Tha mi a' smaoineachadh gu bheil sinn a' dol a Phòland. Tha mòran talmhainn ann am Pòland." Cha do smaoinich duin' aca faighneachd don Ghearmailteach an ann do Phòland a bha iad a' dol, ach shuidh iad ag èisteachd ris an duine bheag. Ann am mionaid thòisich a h-uile duine ag ràdh gun robh iad a' dol a Phòland. Bha an t-Iùdhach beag a' sealtainn a-mach air an uinneig mar gum b' ann leis fhèin a bha an trèana 's gur e fhèin fear-treòrachaидh an t-sluaign. Ach cha robh càil ri fhaicinn ach sneachd 's an trèana a' ruith tarsainn air gun sgìths. Mu dheireadh thuit a' chuid mhòr nan cadal mar gum biodh iad a-nis cofhurtail nan inntinn. Chitheadh duine tè le leanabh aig a broilleach no fear a' tionndadh na chadal 's a' bruidhinn ris fhèin. An-dràsta

's a-rithist shealladh freiceadan a-steach air an doras no chitheadh iad an fhaileas aige anns a' ghlainne.

Trì làithean 's trì oidhcheannan lean an trèana oirre tarsainn an t-sneachda. Bha biadh aca a thug iad leotha. Aig an toiseach bha iad a' cuideachadh a cheile ach mu dheireadh, a' smaoineachadh gum biodh iad ceart gu leòr, cha robh iad cho fialaidh. 'S air an oidhche bhiodh dhà no trì a' sabait airson barrachd rùm 's na freiceadain gan coimhead: ach cha robh iad ag ràdh smid. Bha dithis no thriùir a' taigsginn bìdh do na Gearmailtich ach cha ghabhadh iad e.

"Nach e Pòland a tha fad às!" bha iad ag ràdh ri cheile. Ach bhiodh na màthraighean ag innse sgeulachdan don chloinn mu dheidhinn Phòland 's na fèidh 's na daoine-sneachda, cho bòidheach 's a bha iad, 's thuiteadh a' chlann nan cadal, ag èisteachd.

Air a' cheathramh latha stad an trèana. Sheas iad le pian 's sheall iad a-mach. Timcheall orra bha mìltean de mhìltean de shneachd agus taigh mòr geal coltach ri taigh-eiridinn. Aon rud, cha robh mòran uinneagan ann, ach bha e ùr is àrd am meadhan an t-sneachda.

"A-mach!" dh'èigh na freiceadain. Ruith iad a-mach, oir bha eagal orra gun dèanadh iad na Gearmailtich fiadhaich 's sheas iad ann an solas an t-sneachda. Dhòirt iad tro gheata mòr. Air beulaibh an taighe bha Gearmailtich a' feitheamh. Stiùir iad na h-Iùdhaich gus an robh iad nan seasamh air beulaibh an taigh mhòir. Bha ceòl a' tighinn a-mach às an taigh – ceòl dannsa. Thòisich feedhainn den chloinn a' danns' beag leotha fhèin is sheall am màthraighean orra le gaol. Oir bha an ceòl uabhasach aotrom –'s ann a theab iad fhèin danns'!

Bha an guth Gearmailteach a' bruidhinn: "Fàilte. Tha sinn an dòchas gum bi sibh toilicht' an seo. Ach a' chiad rud, bu mhath

leam na boireannaich a dhol do aon taobh 's na fireannaich don taobh eile."

Sheall iad ri chèile.

"Cha leig a leas eagal a bhith oirbh. 'S ann a tha sinn ach gun nigh sibh sibh fhèin. No am bi an duine 's a bhean gan nighe fhèin còmhla am measg nan Iùdhach?" Thòisich iad a' gàireachdainn. Nach e an Gearmailteach a bha geur! 'S an ceòl, nach e bha bòidheach! Ceart gu leòr, bha iad fhèin salach 's bhiodh e gu math nan glanadh iad iad fhèin. Seall cho glan 's a bha na Gearmailtich! Am measg gàireachdainn, chaidh na boireannaich do an aon taobh 's na fireannaich do thaobh eile. Bha an ceòl a' dol gun sgur, an ceòl dannsa. Cha b' e Beethoven a bh' ann, 's bha sin cho math. B' fheàrr leothasan ceòl dannsa na Beethoven.

Mu an coinneamh bha dà dhoras mòr. Nuair a thigeadh iad a-mach bhiodh iad glan, cho glan ris na Gearmailtich fhèin, cho glan ris an t-sneachd. 'S bha iad cho sgìth cuideachd, a' ruith gun sgur, is aodannan nàimhdeil timcheall orra. Chan fhaigheadh iad an cadal fhèin gun fhios nach tigeadh an gnog chun an dorais. Ach cha robh na Gearmailtich seo cho dona 's a bha dùil aca. Bha iad a' gàireachdainn 's a' bruidhinn am measg a chèile. 'S nach iad a bha maiseach is òg nan aodach airgideach. Cha robh fiù nach robh a' chlann-nighean a' toirt sùil orra!

'S cinnteach nach robh feadhainn aca mòran a bharrachd air ochd-deug. Mura bitheadh cho sgìth 's a bha iad, 's ann a dh'fhaodadh iad danns!

Lean an dà shreath orra chun an dà dhoras, a bha fosgailte mu an coinneamh. A' gàireachdainn am measg a chèile chuir iad dhiubh an aodach, na boireannaich a' coimhead ri chèile. Bha dhà no trì ann a bha bòidheach, ach airson a' chòrr ... 'S an fheadhainn a bha bòidheach, bha fhios aca air cuideachd!

“E,” dh’èigh tè aost’, “nuair a thogas iad seachdnar chloinne cha bhi iad cho bòidheach.”

Bha iad uile a-nis gun aodach. Dh’fhosgail doras eile ’s dhùin e air an cùlaibh. Bha iad a’ sealltainn ri chèile air làr màrbail, cuid le eu-dòchas is cuid le àrdan nuair a thàinig an gas. Thòisich iad a’ sabaist am measg a chèile airson faighinn a-mach. Cha robh tè aca cho làidir ris an tè leis an t-seachdnar chloinne. Thòisich iad a’ bualadh air an doras ’s a’ slaodadh a chèile ach bha an doras dùinte. An ceann ùine thòisich iad a’ tuiteam, gach aon gun aodach, am measg a chèile, ’s na cuirp a’ leum am meadhan a’ chiùil mar gum b’ ann a’ danns’ a bha iad.

# An Lioft

le Mona Striewe

Bha a' wiper a' gluasad a-null 's a-nall gun sgur fhad 's a bha e a' dràibheadh. Abair droch shìde! Bha e ann an deagh shunnd ge-tà. Bha a' cho-labhairt air a bhith inntinneach, le còmhradh math, agus bha e fhathast a' beachdachadh oirre fhad 's a bha e a' falbh mìle air mhìle air an rathad fhliuch.

Bha e eòlach air an t-slighe ceart gu leòr. 'S e rathad brèagha a bh' ann – ann an solas an latha – tro thìr bhrèagha le cnuic is glinn agus bailean beaga sgaoilte, seann eaglaisean a' nochdadadh edar na cnuic, agus coilltean mòra eatarra, coltach ris an tè seo air an robh e a' dol seachad an-dràsta, meall dubh ri taobh an rathaid. Air oidhche stoirméil fhliuch mar seo chan fhaiceadh tu mòran dhen dealbh-tìre agus mhothaich e gun robh e a' fàs sgìth air an rathad ràsanach.

Ged a bha dùil aige a dhol air an rathad mhòr ro dheireadh an turais, bha uair a thìde gu leth mus ruigeadh e an taigh. Ach bha e cleachdte ris an t-seòrsa siubhail seo agus sèist a' chiùil chiùin jazz air an rèidio ga chumail na dhùisg agus ann an deagh shunnd. B' àbhaist dha meòrachadh air siud is air seo fhad 's a bha pàirt dheth a' cumail sùil gheur air an rathad.

Mar sin, mhothaich e do chruth ri taobh an rathaid astar mòr roimhe. Bha e ro fhaisg air an rathad, cha b' e craobh a bh' ann. Beathach? No dìreach sgudal air choreigin a dh'fhàg tuathanach air feansa agus a bha a-nis a' gluasad sa ghaoith? Cha b' e, b' e

duine a bh' ann – nighean òg. Chunnaic e i is e gu bhith seachad oirre, agus stad e.

“Càit a bheil thu a' dol?” Dà shùil shoilleir a' coimhead a-steach dhan chàr gu faiceallach. Bha e eòlach air a' bhaile a dh'ainmich i. Cha robh sin dìreach air an t-slighe aige, ach thuirt e, “Leum a-steach. Tha thu bog fliuch.”

Rinn i suidhe agus, fhad 's a bha e ga fhaighinn fhèin air ais air an rathad a-rithist, chunnaic e le aon sùil mar a chuir i an crios-sàbhalaidh oirre gu dìcheallach, agus dh'fheuch i an uair sin ri a gruag fhliuch a sgioblachadh le a corragan. Feumaidh nach robh i ach sia bliadhna deug a dh'aois no fiù 's na b' òige. Bha aghaidh chruinn leanabail oirre, ged a bha i caol agus àrd.

“Dè an t-ainm a th' ort?” Cha do fhreagair i. Is dòcha gun robh i diùid, ach leis an fhìrinne innse carson a bha e ag iarraidh fios air a h-ainm? Bhiodh iongnadh air fhèin nam biodh ise air a' cheist seo a chur airson. Nach robh sin math gun robh i cho faiceallach?

Cha tuirt iad guth airson greis. Bha aige ri a shùilean a chumail air an rathad. Bha am baile far an robh an nighean a' fuireach is dòcha trì chairteal na h-uarach air falbh. Dè bha i a' dèanamh cho fada bhon taigh cho anmoch? Ach cha robh e airson faighneachd.

Is dòcha gun robh i a' cèilidh air cuideigin no anns a' bhaile mhòr còmhla ri caraidean – nach robh saor-làithean aig na sgoiltean? Agus gun do mhothaich i an uair sin gun do chaill i am bus mu dheireadh. Sin mar a bha iad, na nigheanan. Glic gu ìre, ach bhiodh an inntinn daonnaн trang le iomadh rud, agus cuimhne circe aca uaireannan eile. Cha tigeadh na rudan cudromach thuca gus an robh e gu bhith ro anmoch. Bhiodh an fheadhairn aige fhèin dìreach mar sin: “A Dhadaidh, feumaidh mi a bhith aig an sgoil airson na còisir aig ceithir uairean agus tha am bus air falbh.” “A Dhadaidh, feumaidh mi an leabhar ud a cheannach ro Dhiliuain, agus bidh na bùithean dùinte ann an leth-uair a thìde ...”

Bha an tè òg ri a thaobh sa chàr rud beag an-fhoiseil, a' gluasad air an t-suidheachan. Dh'fheuch e ri còmhradh a thòiseachadh airson misneachd a thoirt dhi nach robh e airson cron a dhèanamh oirre. "Tha dà nighinn againn – mo bhean is mi fhìn – ach tha iad rud beag nas sine na thusa. Deiseil leis an oilthigh a-nis, an dithis aca. Bheil an ceòl a' còrdadh riut? Chan eil na nigheanan agamsa measail air jazz idir." Cha do fhreagair i, cha do rinn i ach snodhagàire beag diùid no a ceann a chromadh gach uair a thuirt e rudeigin.

"Am bi sinn anns a' bhaile aig aon uair deug?" dh'fhaighnich i gu h-obann. Thug e sùil air an uaireadair. Bha e leth-uair an dèidh deich. "Chan eil mi cinnteach," thuirt e. "Chan urrainn dhomh a dhol cho luath anns an dorchadas agus an droch shìde seo, ach na gabh dragh, a ghràidh." Bha i sàmhach, agus chùm e a shùilean air an rathad.

Mhothaich e an dèidh greis ge-tà gun robh i gun fhois, a' suathadh a làmhan, a' spionadh a lèine no a falt fad na h-ùine. "A bheil thu fuar?" Chrom i a ceann. "Tha geansaидh aig mo bhean air an t-suidheachan air do chùlaibh; faodaidh tu a chur ort. Feumaidh gu bheil thu gu math fliuch leis an lèine aotrom sin." Sin mar a bha iad – ma bha pìos ùr aodaich aca, chuireadh iad orra e agus ruitheadh iad a-mach airson a shealltainn dha na banacharaidean, coma leotha dè an coltas a bh' air an t-sìde. "Feumaidh gu bheil guailleachan ann cuideachd, an àiteigin air an lär," chuala e a ghuth fhèin, a' bruidhinn rithe gu laghach. "Cuir sin ort cuideachd, no feuch ri d' fhalt a thiormachadh leis."

B' fhada on a bhiodh na nigheanan aige fhèin a' fuireach aig an taigh, agus esan a' toirt comhairle dhaibh anns a' chàr, no a' feuchainn co-dhiù. Cho fad air falbh, an t-àm ud. Bha iad a' fuireach leotha fhèin a-nis, agus is dòcha gum biodh clann acasan a dh'aithghearr.

“Feumaidh mi a bhith aig an taigh aig aon uair deug,” thuirt i gu sàmhach.

“Chan eil mi cinnteach an dèan sinn e,’ fhreagair e. “Ach na gabh dragh, fiù ’s ma tha iad fo chùram an-dràsta fhèin, bidh iad toilichte gu leòr d’ fhaicinn slàn is tioram. Coma leat deich mionaidean.”

Chùm i sàmhach agus lean iad orra, mile air mhìle, seachad air a’ choille agus seachad air àiteachan na bu shoilleire an siud is an seo, far an robh baile beag an àiteigin air chall anns an uisge is anns a’ cheò, agus an uair sin coille eile.

“A bheil sibh a’ smaoineachadh gum bi sinn anns a’ bhaile aig aon uair deug?” dh’fhaighnich i a-rithist an ceann greis, a’ feuchainn ri sùil a thoirt air an uaireadaid, agus mhothaich e gun robh sin a’ cur dragh oirre dha-rìribh. Is dòcha gun robh pàrantan cruidh aice, agus gun teagamh, bha i òg agus bha e anmoch, agus ise air a bhith cho fada bhon taigh. Bhiodh adhbhar aig na nigheanan aige fhèin a bhith rud beag fo chùram anns an t-seòrsa suidheachaidh seo – cha bhiodh cead acasan falbh air feadh na sgìre air an oidhche aig an aois ud.

“Èist, a ghràidh, tha mi gad thuigsinn agus tha thu air beagan dragh a chur orm mu thràth. Tha mi a’ dol nas luaithe na bu chòir dhomh – agus tha mise ag iarraidh a dhol dhachaigh cuideachd. Ach tha thu a’ faicinn na sìde agus an rathaid agus cha bhiodh e glic idir a dhol na bu luaithe, agus cha dèanadh e diofar mòr co-dhiù, deich mionaidean no còig-deug.”

Chrom i a ceann agus thionndaidh i bhuaithe chun na h-uinneig agus cha do fhreagair i, ach fhad ’s a bha e a’ dràibheadh, chuala e i a’ caoineadh gu sàmhach ri a thaobh.

Gu h-obann leum rudeigin mòr air an rathad – faileas dubh às a’ choille, donn is ruadh, airson diog air beulaibh solais a’ chàir – fiadh! – is an uair sin am brag. Bhual am beathach an càr is chaill

e a ghrèim air a' chuibhle-stiùiridh is thionndaidh an càr mun cuairt.

“Òbh!” thuirt e anns an t-sàmhchair an dèidh làimhe. “Gu fortanach cha robh càr eile air an rathad idir. A bheil thu ceart gu leòr?”

Bha an nighean air falbh. Sheall e mun cuairt anns a' chàr. Neònach, thuirt e ris fhèin, càit an deigheadh i? Leum e a-mach agus ruith e timcheall air a' chàr. Bha am fiadh, beatach mòr dorcha fliuch, na laighe gu crom briste air beulaibh nan cuibhlichean. Cha mhòr nach do thuit e nuair a chaidh e timcheall air ri taobh an rathaid. Cha robh dad ann.

“A nighean, càit a bheil thu?” Amadan! Cha tuiteadh duine a-mach à càr fiù 's ged a bhuaileadh fiadh ann. Bha an doras dùinte mar bu chòir.

Thug e ceum no dhà dhan choille. Bha a h-uile càil sàmhach. Ruith e timcheall air a' chàr a-rithist. “A nighean, càit a bheil thu?” Bha an t-uisge a' dòrtadh. Thug e sùil a-steach do dheireadh a' chàir – gòrach! Chaidh e a-steach a-rithist, dhràibh e an comhair a chùil beagan shlat, chuir e an solas gu h-àrd agus thionndaidh e dhan dig. Cha robh dad ri fhaicinn ach feur fliuch agus stocan nan craobh. Stad e an càr aig taobh an rathaid agus chaidh e a-mach a-rithist. Tharraing e am fiadh air falbh bhon rathad is dh'èigh e “Hallò? Hallò?” a-rithist agus dh'fhuirich e greiseag, troimh-a-chèile is air chall is glè sgìth air an rathad fhada, dhorcha, fhliuch. An uair sin, chaidh e a-steach dhan chàr a-rithist agus dh'fhalbh e. Bha e air a lathadh leis an fhuachd a-nis agus cha robh am fuachd a' falbh, ged a chuir e suas an teasadair. Bha siubhal gruamach roimhe, le càr falamh.

Bha e mu fhichead mionaid an dèidh aon uair deug mus do ràinig e am baile. Leis an tubaist agus an rud eagalach ud, bha e air tide a chall, agus bha e beagan mhionaidean mus d' fhuair e

am frith-rathad ceart dhan bhaile bheag – cha robh e air a bhith ann dha-rìribh. Cha robh e air faicinn ach an sanas air an rathad mhòr agus tùr na h-eaglaise eadar na cnuic, agus an-dràsta leis an dorchadas agus leis an eagal a bha air, theab e a dhol seachad air.

Cha robh ann ach an aon shràid, am frith-rathad a chaidh dìreach tron bhaile, dorcha, sàmhach aig an uair anmoch seo, ach nuair a chaidh e timcheall air lùb agus a ràinig e a' cheàrnag san robh an eaglais bheag, bha buidheann de dhaoine nan seasamh air a bheulaibh.

Cha mhòr nach do thuit e nuair a fhuair e a-mach às a' chàr. “Gabhaibh mo leisgeul, tha mi duilich, a bheil ... a bheil ...?” Thàinig fear ga ionnsaigh, duine àrd, caol ach car crom, mar gum biodh e a' tarraing uallach no bròn mòr. Sheall e air a' choigreach le sùilean soilleir, brònach, laghach agus chuir e a làmh air a ghàirdean. “Na gabhaibh dragh, a dhuine chòir,” thuirt e gu sàmhach. “Nì i sin gach bliadhna, air an oidhche a chaidh a marbhadh.”

Threòraich iad dhan chladh e, ceàrnag bheag bhrèagha air cùlaibh na h-eaglaise, agus gaoth na h-oidhche a-nis a' seideadh gu sàmhach tro na craobhan, agus an t-uisge seachad. Fhuair iad lorg air a' gheansaидh agus air a' ghuailleachan air leac a h-uaighe.

# **Na Solais**

le Iain MacDhòmhnaill

Bha a sheanmhair air tuiteam na cadal, 's bha e glè mhòr leis a dùsgadh. Sheall e oirre na suidhe sa chathair mhòir, a' bheannag dhubh mu guaillibh, a sùilean dùinte ann an aodann aig fois 's a làmhan paisgte, fàinne buidhe air tè dhe meòirean. Bha càch sa choinneimh, 's iadsan a-staigh leo' fhèin a' coimhead às dèidh a pheatar. Chaidil ise gu sèimh sa chreathail. An taigh seasgair, e fhèin air beulaibh an teine, an cù is an cat nan sìneadh gu cadalach anns a' bhlàths.

Nach e gach nì a bha socair. Smaoinich e air na bha timcheall orra anns an dorchadas: na caoraich anns a' mhòintich, a' bhò anns a' bhàthaich, na clearcan anns a' bhothaig – ach dh'fheumte a' bhothag a dhùnadh a dh'aithghearr, bha sin cinnteach: bha na clearcan air a bhith a-staigh o chionn fada. Nan dùisgeadh a sheanmhair ...

An dorchadas is an t-sàmhchair mun cuairt an taighe. Dorchadas a' còmhdach na geòla ceangailte aig a' chladach, ball air a toiseach is acaire às a dèidh, na casan oirre airson nach rachadh i air a clithaich an uair a thigeadh an tràigh. Thaom e fhèin a-raoir i; bhiodh i tioram gu leòr.

Mile air falbh, càch anns an eaglais, gach lampa laiste. 'S dòcha gun robh iad aig an t-seinn mu dheireadh an-dràsta. Solas is ceòl anns an oidhche chiùin fhoghair.

Dh'fhosgail a sheanmhair a sùilean. Rinn i gàire. "Chaidil mise treiseag. Trobad ort, nach fheàrr dhut a' bhothag a dhùnadh,

a ghràidh?” Bu deònach esan – leum e mach air an doras is a-null chun na bothaig, ’s dhùin e i, a’ cur a’ chnot mhòir air an doras aice. Ruith e air ais – an dèidh dha a bhith ùine na thàmh cha b’ urrainn dha gun a bhith a’ ruith is a’ leum. Bha ’n oidhche geur, coltas reothaidh oirre.

“Sin thu fhèin. Tha fhios nach bi càch fada gun tighinn tuilleadh.” Athair ’s a mhàthair ’s a bhràthair – saoil an robh iad air an rathad? Għluais e a-null chun na h-uinneig.

’S ann an uair sin a chunnaic e na solais. Sreath de sholais, feadhainn mhòra, chruinn, shoilleir, a dhà còmhla is iad a’ gluasad gu luath tarsainn an talaimh treabhaidh aca, ’s dhà eile air an cùl a cheart cho luath, ’s dhà eile, ’s dhà eile, ’s dhà aig an deireadh, sreath dhiubh glè bhoillsgeil, a’ gluasad cho luath!

“A sheanmhair, a sheanmhair, trobhadaibh feuch am faic sibh na solais! Dè th’ ann? Dè bhios ann?”

Thàinig i chun na h-uinneig cho cabhagach ’s a b’ urrainn dhi. “Ach càit a bheil thu a’ faicinn sholas, a ghràidh?”

Ciamar nach robh i gam faicinn? “An siud, an siud! Nach seall sibh iad a’ tighinn tarsainn an talaimh treabhaidh! Tha iad gus a bhith aig an taigh – seallaibh iad a’ dol seachad!”

Bha a sheanmhair a’ coimhead air le gàire air a h-aodann: shaoil i gur ann a’ toirt a car aiste bha e. Ruith an gille chun an dorais feuch am faiceadh e na solais a’ dol seachad air an taigh.

Bha ’n oidhche socair, fuar gu leòr, mar a bha i nuair a dhùin e a’ bhothag. Cha robh solas ri fhaicinn ach an solas bho uinneig Alasdair Chaluim. Cha robh na solais mhòra luatha rim faicinn.

Dh’fhàg an gàire aodann a sheanmhar nuair a thuig i nach ann ri spòrs a bha e. Cho luath is a thill athair is a mhàthair chaidh i suas às an dèidh, ’s iad a’ dol a chur dhiubh an còtaichean Sàbaid.

“Dè tha ceàrr?”

“Chunnaic an gille beag manadh a-nochd.”

Chaidh seachd bliadhna deug seachad, dà mhìos, aon seachdain. Bha e anns an taigh leis fhèin. An oidhche ciùin. Dh'èirich e is choisich e chun na h-uinneig.

'S ann an uair sin a chunnaic e na solais. Bha còig chàraichean a-nuas an rathad às dèidh a chèile. Bha a' choinneamh air sgaoileadh, is cha robh daoine a' coiseachd idir a-nis; bha iad a' dèanamh air na taighean ann an càraichean cho luath is a b' urrainn dhaibh. Toradh an rathaid ùir, smaoinich e. Is chuimhnich e air an oidhche eile, nuair nach robh sgeul air rathad tearradh no air càr.

Ghabh iad tron achadh far am b' àbhaist an treabhadh a bhith, is sguab iad le roid seachad air an taigh. Sheas e aig an uinneig, fiamh a' ghàire air aodann, gàire na tuigse 's na cuimhne; laigh blàths a' ghràidh air inntinn airson üine ghoirid, ged a bha e na ònar, ged a bha e gun ainmhidh mu thimcheall an taighe, is ged a bha a' bhothag gun doras, gun mhullach, is a' gheòla aig a' chladach na clàran.

# **Am Meanglan Gorm**

le Ceitidh NicGhriogair

Chuir Màiri biadh Aonghais dhan àmhainn, thilg i a h-aparan air cùl sèithir 's dh'fhalbh i suas an staidhre. Dh'fhosgail i doras a' phreas-aodaich 's ruith i a làmh air bad is bad de na bha crochte ann. Èideadh de gach dath ach saoil dè b' fheàrr a fhreagradh a turas?

Gorm? Bha e ro dhorcha, ro dhubhach. Cha toireadh sin togail sam bith do Ghranaidh air leabaidh tinneis. Uaine, ma-thà? Chrath Màiri a ceann. Laigh a meur air dreas craobhach. Thog i a-mach e 's chùm i rithe fhèin e air beulaibh an sgàthain. B' e seo an dearbh fhear a chòrdadh ri Granaidh Ghrannnd. Craobhach, soilleir, sunndach. Bhiodh e na dheagh chomharra gun robh am meanglan gorm fhathast.

Chuir Màiri oirre an dreas craobhach 's mhaisich i a h-aodann aig an sgàthan. Chuir i a falt fada bànn suas le cìrean ann an cruth tarraingeach gus an coimheadadh i cho tlachdmhor 's a b' urrainn dhi aig taobh leabaidh Granaidh. Dhiùlt i gu tur aideachadh gur dòcha gun robh Granaidh a-nis seachad air ùidh a ghabhail na coltas 's na còmhach. Cha b' ann le teagamh a chuijmte am meanglan gorm.

Fhad 's a bha i a' deisealachadh airson a dhol dhan ospadal smaoinich Màiri air a' mheanglan ghorm. 'S ann aig Granaidh Ghrannnd fhèin a chual' i 'm falal uair is uair. "Ma chumas mi

meanglan gorm nam chridhe, thig an t-eun ceilearach.” ’S ann aig na Sionaich, thuirt Granaidh, a bha am facial an toiseach ’s bha ise a’ creidsinn nach robh duine air an t-saoghal cho glic ri na Sionaich.

Cha robh suidheachadh fon ghrèin co-dhiù nach robh facial aig Granaidh ga fhreagairt ’s mura biodh facial bitheanta air sgeul cha bhiodh i fhèin fada a’ dèanamh suas ràdh eirmseach. Bha Màiri ag obair an ospadal nan seann daoine far an robh Granaidh o chionn dà bhliadhna, ’s bhiodh fealla-dhà eadar i fhèin ’s an luchd-eiridinn eile mu na geur-fhaclan aig a’ chailllich a bha cho measail aca uile. ’S e corra latha rachadh seachad gun rud annasach no èibhinn a thachairt san ospadal agus ’s e a’ chiad rud a chanadh cuideigin, “Saoil dè bhios aig Granaidh ri ràdh?”

’S e boireannach iongantach a bha ’n Granaidh Ghrannd. Sa chiad dol-a-mach cho fad ’s a b’ fhiosrach duine cha robh i na seanmhair idir. Ach mar as minig a thuirt Màiri ri a companaich, bha i cho coltach ri seanmhair. Cailleachag bheag mheata le falt mìn mar an canach ’s e ann am figheachain nan dual mu ceann. Sùilean gorm-ghlas a dh’fhàsadhbh mear le spòrs agus blàth le co-fhaireachdainn. Nàdar tuigseach, foighidneach ’s aghaidh chòir a lasadh le gàire mar bhoillsgeadh grèine air saoghal gruamach.

San dara àite ’s dòcha gun saoileadh gu leòr nach robh mòran adhbbhair-gàire aig a’ bhoireannach a bha siud. Ach cha bhiodh an sin ach feedhainn nach cuala guth riamh air a’ mheanglan ghorm. Cha robh duine beò aig Granaidh Ghrannd a bhuineadh dhi ach Peigi, a h-inghean. Ach càit an robh Peigi o chual’ a màthair bhuaipe mu dheireadh? Bha i air diochuimhneachadh o thàinig i dhan ospadal cia mheud bliadhna a bh’ ann.

Nuair bha i aig an taigh, rachadh i chun an drathair an-dràsta ’s a-rithist a chunntais nam parsailean ’s bhiodh fhios aice cia mheud Nollaig o dh’fhalbh Peigi. Bha tiодhlac beag air a chur

seachad aice a h-uile bliadhna a dh'fheitheamh air Peigi nan tigeadh i dhachaigh – peann, sgàthan, leabhar, badan aodaich 's cìrean airson an fhuilt fhada bhàin.

'S ged nach tàinig Peigi dhachaigh fhathast, chaidh aig Granaidh air a bhith daonnan aoigheil, sunndach. Cha tug i riamh suas dòchas gun tigeadh an latha a laigheadh an t-eun ceilearach air a' mheanglan ghorm a chùm i na cridhe.

A bharrachd air sin bha i cho daingeann sa chreideas 's gun toireadh i air càch creidsinn san aon dùil – gu h-àraig Mairi. Ach nuair a bheireadh Mairi iomradh ri Aonghas mun mheanglan, 's iomadh argamaid a bhiodh aca. Cha robh Aonghas a' toirt gèill do mheanglan gorm. Dh'fhalbh Peigi o chionn fada 's nam biodh i a' dol a thilleadh bha i air a thighinn roimhe seo. Cha robh an còrr air ach sin. Bha a h-uile rud an saoghal Aonghais dubh no geal. Cha robh dathan eile eatarra idir.

Bha Mairi air làithean dheth nuair a fhuair i naidheachd gun do bhual fiabhras aithghearr Granaidh 's gun robh muinnir an ospadail gu lèir fo iomagain mu deidhinn. Cha do chaomhain duine aca gach aire 's coibhneas a bha nan comas. Ach dè bu mhotha dhèanadh feum do Ghraidaidh na Peigi fhaicinn nan robh rathad air sin tachairt. Cha robh duine a' creidsinn gun gabhadh Peigi lorg an cabhaig ach co-dhiù chuireadh brath a-mach ann am pàipearan-naidheachd 's air an rèidio feuch an tigeadh Peigi chun an ospadail.

Bha a-nis trì latha on uair sin ach dubh no dath chan fhacas de Pheigi. 'S chan ann na b' fheàrr a bha Granaidh a' dol. 'S e sin a thug air Mairi cur roimhpe nach biodh Granaidh an-diugh gun duine a thadhlaid oirre gus a h-inntinn a thogail.

Nuair a chaidh Mairi a-staigh dhan ospadal, 's e Mairead a' chiad nurs a thachair rithe 's dh'fhaighnich i sa mhionaid, "Ciamar a tha Granaidh?"

Chrath Mairead a ceann. “A’ sìor dhol sìos, tha eagal orm. Uaireannan chan eil i a’ toirt for oirnn.”

“S an tàinig guth o Pheigi?”

Thug Màiread sùil oirre. “An robh dùil agad gun tigeadh?”

Chaidh Màiri a-staigh gu cùl nan cùirtearan far an robh Granaidh na sineadh. A’ coimhead air a’ chreutair bhreòite san leabaidh shaoil le Màiri gun robh i air seargadh on chunnaic i mu dheireadh i. Bha a sùilean dùinte ’s fiamh ùr air a thighinn air a h-aodann mar gum biodh comharra air caochladh bu mhotha nach robh fad air falbh.

Chrom Màiri os a cionn ’s rug i air an làimh bhig mheanbh ach cha do shnaoidh Granaidh. Shuidh Màiri greis ri taobh na leapa gus an do dh’fhairich i Granaidh a’ dèanamh gluasad beag. Thuirt i a h-ainm air a socair. Dh’fhosgail na sùilean gorm-ghlas is laigh iad briobach air Màiri gun aithne mus do dhùin iad a-rithist.

Thug Màiri greis air stàireachd. Thog i ’n dealbh a bh’ air a’ bhòrd. Dealbh Peigi a bha ri taobh na leapa on latha thàinig Granaidh Ghrannnd dhan ospadal. Peigi na h-òige. Nighean bhrèagha. Bha i a’ toirt cuideigin a-steach air Màiri. Dreas craobhach oirre ’s falt fada bànn sìos mu guaillean.

Bha Màiri a’ dùr-choimhead air an dealbh nuair a thàinig Mairead a shealltainn air Granaidh. Gun diog shin i ’n dealbh do Mhairead ’s sheall i sìos air an dreas chraobhach a bh’ oirre fhèin. Chaidh a làmh gu a ceann leis an fhalt bhàn tuiteam sìos mu guaillean. Chlaon Mairead a ceann ’s thill Màiri gu taobh na leapa.

Nuair a dh’fhosgail a’ chailleach a sùilean a-rithist, għluais Màiri ach cha tuirt i diog. Lean na sùilean troma gorm-ghlas an gluasad gus an do laigh iad air an tè a bha ri taobh na leapa. Nighean le dreas craobhach agus falt fada bànn sios mu guaillean.

Ann an tiotan thàinig lasadh ’s na sùilean gorm-ghlas nach fhacas annta o chionn trì latha. Dhealaich na bilean tana le fiamh

a' ghàire. Bha sìth is sonas sa mhonmhor fhann a thuirt, "Peigi". Shliob Màiri an làmh bheag mheanbh air uachdar a' chuibhrige. Le osna shaorsainneil dhùin Granaidh Ghrannd a sùilean ann an cadal sèimh.

Nuar a thionndaidh Màiri air falbh, bha Mairead ga coimhead.  
"Tha i na cadal a-rithist" thuirt i.

"Tha," fhreagair Màiri, "'s ged nach dùisgeadh i tuilleadh tha fhios againn gu bheil i a-nis toilichte."

Dh'fhalbh Màiri dhachaigh le ceum sunndach 's bha Aonghas roimhpe a' feitheamh naidheachd.

"Tha mi cinnteach nach do dh'aithnich i thu," ars esan.  
"Ò 's i dh'aithnich!" arsa Màiri.

"Ach cha tainig Peigi, ge-tà. Nach tuirt mi riut?"

"Cha tainig," thuirt Màiri gu ciùin. "Cha tainig Peigi idir. Ach thàinig an t-eun ceilearach."

# **Uair no Uaireigin**

le Kevin MacNeil

Choimhead mi air an uaireadair. Bha am bàt'-aiseig gu bhith air falbh, 's bha mi air an tiogaid a chall. Bha an tiogaid eile – an tè a cheannaich mi do dh' Eithne – ann an Èirinn, far an robh i fhèin. Bha mi cho troimh-a-chèile leis a uile càil a bha a' dol ceàrr nam bheatha 's gun robh mi a' call tòrr rudan na làithean seo.

An do dh'fhàg mi anns a' Chèilidh Place i?

Choisich mi air ais dhan Chèilidh Place, a' dèanamh ùrnaigh bheag air an rathad suas. Cha robh fhios agam dè dhèanainn mura biodh an tiogaid ann. 31mh an Dùblachd. Bha mi cho fuar ris a' phuinnsean. Choimhead mi air an uaireadair a-rithist. Cha robh tide agam drama a ghabhail – cha robh mi idir airson Oidhche Challain 1999 a chur seachad ann an Ulapul!

Bha an Cèilidh Place fhathast loma-làn, mar a bhiodh dùil aig an àm seo den bhliadhna. Gu dearbh, bha cuideigin na shuidhe aig a' bhòrd far an robh mi fhìn air a bhith a' suidhe bho chionn leth-uair a thìde. Bha mi a' smaoineachadh gun robh mi ag aithneachadh an duine.

"Joe!" dh'èigh mi.

Choimhead e orm. "A Choinnich! Dè ghabhas tu?" Bha pinnt is drama aige is bha 'n deoch air mar-thà.

"Och, cha ghabh mise càil. Tha mi gus a bhith falbh air a' bhàta – nach eil thu fhèin?"

Leig e brùchd. "Tha."

"Chan fhaca tu tiogaid?" dh'fhaighnich mi, a' crùbadh sìos. Chunna mi rudeigin fon bhòrd. "Taing do Shealbh. Seo i!" Thog mi bhon ùrlar i. "Ceart ma-tà, 's fheàrr dhomh falbh – is 's fheàrr dhutsa cuideachd."

"Deagh idea," thuirt e. (Thug sin gàire orm, oir bhiodh e ag ràdh "Deagh idea!" cho tric 's gur e sin am far-ainm a bh' agaínn air: Joe Idea. Is cha robh deagh bheachd aige na bheatha.)

"Cuiridh mi crìoch air a' phinnt seo an toiseach." Bha a shùilean a' snàmh timcheall mar dhà cheann-phollan.

"Seadh. Uill. Chì mi air a' bhàta thu."

"Chì gu dearbh," ars' Joe, is fiamh-gàire gòrach air aodann.

Breugan. Tha fhios nach fhaic, thuirt mi rium fhìn, is dh'fhalbh mi a' cumail deagh ghrèim air an tiogaid mar gum b' i tiogaid shoirbheachail a' Chrannchuir Nàiseanta a bh' innte. Mas fhìor!

Chan fhaca mi riamh am bàt'-aiseig cho trang. Fhuair mi àite-suidhe, ceart gu leòr, ach gu mì-fhortanach, bha e anns a' bhàr far am biodh e cianail doirbh beagan fois fhaighinn. Bha daoine a' gluasad mun cuairt gu dòigheil mar dheargannan aig Crufts. Bha iad a' seinn 's ag èigheach 's a' cabadaich ann an Gàidhlig is ann am Beurla. Bha e gu math neònach Gàidhlig na h-Alba a chluinntinn a-rithist, an dèidh bliadhna ann am Baile Ath Cliath. Co-dhiù, Gàidhlig no Beurla, cha robh mi airson bruidhinn ri duine sam bith.

Dh'fhosgail mi an leabhar agam, Ulysses. Aig 30 bliadhna a dh'aois, bha mi nam oileanach a-rithist (smaoinich!) 's mi a' dèanamh PhD air obair is beatha James Joyce – rud a bha a' cordadh rium gu mòr a-nis, 's mi airson m' inntinn a chumail trang fhad 's a bha a h-uile càil eadar mi fhìn is Eithne bun-os-cionn. Faodaidh tu earbsa a chur ann an leabhar nach b' urrainn

dhut a chur ann an duine sam bith – no ann am boireannach sam bith. An aon bhanacharaid a bh' agam, 's i Flòraidh, mo phiuthar – agus 's i an t-adhbhar gun robh mi a' dol dhachaigh idir.

Bha e a-nis sia uairean. Bha am bàta a' dol aig astar, ged a bha an Cuan Sgìth cail ach sgìth. Leig mi osna. Bha am bàta gam thoirt nas fhaide is nas fhaide air falbh bho Eithne. B' àbhaist dhomh a bhith ag innse do dh'Eithne nach bi a' mhuir a' dèanamh sgaradh eadar daoine, ach 's ann a bhios i a' ceangal dhaoine is dhùthchannan ri chèile. Breug eile.

Fhad 's a bha am bàta a' dol suas is sìos agus a' tulgadh bho thaobh gu taobh mar rollercoaster, bha m' inntinn fhìn mar a' mhuir – cugallach, an-fhoiseil, cho domhainn ris an uaigh, cho dubh ri pòcaid bana-bhuidsich. Eithne, a ghràidh, dè tha thu ris an-dràsta fhèin?

Bha cuideigin ag èigheach orm. “A Choinnich!”

Choimhead mi suas. “Karen? An tu a th' ann? 'S fhada bhon uair sin!”

Rinn i gàire. “'S fhada gu dearbh.”

Cuin a chunnaic mi mu dheireadh i? Cha chreid mi ach gun robh sinn fhathast nar sgoilearan anns an àrd-sgoil.

Bha i air beagan cuideam a chur oirre. Bha a h-aodann coltach ris an làn-ghealaich. Agus a bilean a chleachd a bhith cho dearg ri ubhal – bha iad a-nise pinc mar bhradan. Bha mi cinnteach gum b' àbhaist a sùilean a bhith gorm, 's nach b' ann glas a bha iad a-nis? Bha i coltach ri taibhse. Theab mi faighneachd dè thachair dhi.

“Seadh,” thuirt i. “Ciamar a tha thu?”

“Uill,” fhreagair mi, “uh, chan eil ro dhona. Um – thu fhèin?”

“Tha gu dòigheil. A bheil thu airson tighinn gu partaidh a-nochd?” Bha e gu math soilleir gun robh an deoch oirre. Cha do bhruidhinn i rium bho chionn bhliadhnaichean.

“Och, chan eil fhiosam ...”

“Feumaidh tu tighinn ann. Tha a’ bhliadhna dà mhìle a’ tòiseachadh a-màireach! Cuimhn’ agad? Millennium ùr!

“Uill, chì sinn ...”

Chuimhnich mi air cho bòidheach ’s a bha i anns an àrd-sgoil. An robh cuimhn’ aice air an oidhche bha siud, bliadhnaichean air ais? Oidhche spòrsail am measg nan làithean neoichiontach. Cuin a bha sin? Dusan bliadhna air ais? Dh’fhalbh na làithean – agus na bliadhnaichean – seachad mar film air a luathachadh.

Bha sinn aig danns’ an oidhche ud – ’s e àm na Bliadhna’ Ùir a bh’ ann. Bha leth-bhotal bhodca aig Karen na pòcaid.

Aig deireadh na h-oidhche – cha b’ urrainn dhomh a chreidsinn – bha mi fhìn is Karen a’ dannsa ri chèile. Gu slaodach. A h-anail bhlàth air m’ amhaich. A h-uile duine a’ coimhead oirnn. “An e COINNEACH a tha siud? Còmhla ri Karen?” Na solais a’ deàrrsadhbh oirnn, buidhe is dearg is gorm. The Cars. “Who’s gonna drive you home?” A’ pògadh a chèile, lipstick is bhodca, bhodca is lipstick. Agus an uair sin a’ suirghe taobh a-muigh na sgoile, saoghal breisleachail, feòlmhor, ùr a’ fosgladh suas anns gach pòig. Tha gaol agam ort ...

Mu dheireadh, bha aice ri falbh ach thuirt i gun robh i airson m’ fhaicinn a-rithist. An ath latha: seachd uairean, taobh a-muigh Woolies. Ceart. Sgoinneil. Chì mi an uair sin thu, a ghràidh. Pòg eile. Oidhche mhath. Pòg eile.

Bha mi fhathast aig Woolies aig naoi uairean, a’ stampadh mo chasan anns an t-sneachda mar ghlaoc, na deòir a’ tighinn gu mo shùilean.

“So. An tig thu dhan phartaidh, ma-thà?” Tha sinn uile a’ tighinn còmhla aig aon uair deug anns a’ Chaley.”

“’S dòch’ gun tig, Karen. ’S dòcha gun tig.”

“Math dha-rìribh. Chì mi ’n uair sin thu.”

Mus do dh'fhalbh i, phòg i mi air mo ghruaidh.

Dusan bliadhna ro fhadalach.

An do mhotaich i dhan fhàinne gealladh-pòsaidh a bh' air mo chorraig? Thug mi dhiom e is chuir mi nam phòcaid e.

Dh'fhosgail mi Ulysses a-rithist. Cà' robh mi? Ò, aidh. Duilleag 351. 'Woman. As easy stop the sea. Yes: all is lost ...'

"Waaaaahaaaay!"

Thionndaidh mi timcheall. Bha bannal de nigheanan a' cluich chairtean aig a' bhòrd a b' fhaisge orm. Bha an deoch orra. Anns a' bhad, thilg tè aca, an tè a rinn an gnothach anns a' gheama mu dheireadh, 's dòcha – thilg i na cairtean gu lèir suas mar chonfetti. Landaig aon chait ann am pinnt lagair. 'S e King of Hearts a bh' air a' chait.

Thionndaidh mi air ais. Cha b' urrainn dhomh m' intinn a chumail air an leabhar. Bha mo smuaintean a' dannsa mun cuairt mar losgann ag ithe dealanaich.

Ciamar nach b' urrainn dhi a bhith airson mo phòsad a-nis? No ... carson a bha i airson mo phòsad sa chiad àite? Oir cha do thachair mi a-riamh ri tè cho àlainn. Bha i ro bhòidheach dhòmhhsa, 's e sin a bh' ann. Bha i cho caol is cho beag ri Bana-Iapanach, agus a falt a cheart cho dubh-deàlrach. Bha a sùilean uaine is domhainn mar dhà Loch Ciùin fo ghrian shoilleir a h-inntinn. Dè thachair dhuinn? B' àbhaist dhuinn a bhith cho dlùth ri chèile ri dà chòta peant. Chaidh mo smuaintean chun na h-oidhche uabhasaich a bha sin, ceithir làithean air ais, nuair a chaidh mo shaoghal bun-os-cionn ...

Bha sinn aig an taigh againn ann am Baile Ath Cliath. Bha e seachd uairean as d' oidhche, 's mi a' dèanamh deiseil airson a dhol a-mach.

"Dh'fhòn Sean na bu thràithe. Tha na balaich gu lèir a' dol a-mach."

“Ò. Bha mi airson a dhol a-mach airson biadh a-nochd – fhios agad, dìreach an dithis againn ...”

“Tha mi duilich, a ghràidh. Gheall mi dha Sean gun deighinn a-mach còmhla ris. Thèid sinn a-mach an ath oidhche – aidh, thèid sinn dhan Chilli Club.”

“Seadh. Do thoil fhèin.”

Chuir i a cùl rium.

’S ann mu mheadhan oidhche a ràinig mi dhachaigh. Bha mi ga mo dhalladh leis an deoch.

Bha Eithne fhathast air a cois. Cha leigeadh i leam pòg a thoirt dhi.

“Cà’ robh thu?” Bha i a’ coimhead orm mar gun robh mi nam shrainnsear.

“Uh ... Baggot Inn, McDaid’s, O’ Donoghue’s, àite no dhà eile ...”

A-mach às an adhar, thug i sgleog dhomh. Abair gun robh e goirt. Bha e mar gun robh cuideigin a’ cumail coinneal ri taobh mo ghruaidhe. Eithne, a bha daonnan cho ciùin ri sgàthan.

“Hey! Chan eil mi cho fadalach sin! Dè tha ceàrr ort?”

Bha rudeigin – rudeigin reòthte – na gnùis nach fhaca mi riamh: fearg. Bha a h-aodann mar chloc briste.

“Cò i?” Bha a sùilean cho dorcha ri dubh-aigeann.

“Cò cò? Cocoa! Bhiodh sin math, a ghràidh.”

Dèiseag eile, na bu chruaidhe. “Ow, bha sin goirt.”

Chan eil cuimhn’ a’m air mòran dhen spòrs a bha a’ dol air adhart anns na taighean-seinnse an oidhche ud – ach sgleog, sin rud nach fhaighinn a-mach às mo chuimhne, deoch ann no às.

“Perfume!” ars Eithne.

“Eh?”

“Tha faileadh perfume dhìot.”

“Ò, a ghràidh,” thuirt mi. “Bha na balaich – bha an deoch oirnn

– agus Sean – tha làn fhios agad fhèin cò ris a tha Sean coltach nuair a bhios e ag òl. Co-dhiù, bha am boireannach a bha seo – cha robh mise fiù 's a' bruidhinn rithe – ach co-dhiù, bha botal perfume aice is ghoid Sean e agus bha e a' dol timcheall a' cur perfume air gach duin' againn, airson spòrs, tha thu a' tuigsinn?"

"Dè seòrsa perfume?"

"Uh, Poison."

Agus sin mar a thachair e. Cha robh i idir gam chreidsinn. An ath latha, għluais i a-mach às an taigh. Dh'fhàg i am fainne gealladh-pòsaidh aice agus sgriobag għoirid ag ràdh nach robh i airson cuideigin a phòsadh anns nach b' urrainn dhi earbsa sam bith a chur.

Bha sinn an dùil pòsadh air Latha Naomh Valentine dà mhile.

Bha am bàt'-aiseig a' tighinn faisg air Steòrnabhagh. Dh'fhalbh mi a-mach air an deic. Baile Mòr a' Chaisteil. Bha e a' coimhead glè bheag an dèidh dhomh a bhith a' fuireach ann am Baile Ath Cliath. Bha solais a' bhaile a' déàrssadh orm mar na solais a chì actar air an àrd-ùrlar agus e a' toirt seachad loidhnichean breugach do luchd-amhairc air nach eil e idir eòlach. Bha spògan cloc Tall' a' Bhaile aig ochd uairean.

Àite mo ghaoil. Bha mi a' coiseachd tro na Narrows, blàths is ùpraid a' dòrtadh a-mach às gach taigh-seinnse. Stad mi. Bha mi cho fuar ri cridhe èisg. Thug mi sùil air an uaireadair. Aidh. Bha tide gu leòr agam airson drama. Aon drama, 's an uair sin dhachaigh. Cha dèanadh sin cron sam bith. Thionndaidh mi timcheall is choisich mi a dh'aona ghnothach dhan Star.

Bha an t-àite beag sin cho làn dhrungairean 's a tha an t-ugh dhen bhiadh. Bha tè ùr ag obair air cùl a' bhàir, ach bha Murchadh na àite fhèin aig ceann a' bhàir mar as àbhaist. Cha robh an deoch buileach air – mar as àbhaist – ach bha e làn càirdeis is craic, mar as àbhaist.

“A Choinnich! Sin thu fhèin, cove! Tha thu air ais. Dè ghabhas tu?”

“Jamesons – uh, cha ghabh, gabhaidh mi ruma. Seadh, a Mhurchaidh, ciamar a tha cùisean?”

“Ó, ceart gu leòr, mar as àbhaist.”

Rinn mi gàire. “Tha e math a bhith air ais.”

Cha chanainn gun robh an deoch orm nuair a ràinig mi taigh mo pheathar, ach cha chanadh ministear gun robh mi sòbarra.

Bha a' ghealach a' coimhead sìos orm mar thoirds mhòr. Bha an t-adhar cho fuar is cho ciùin 's gum b' urrainn dhomh gràineag a chluinntinn a' dol tarsainn an rathaid aig ceann a' bhaile. Bha na rionnagan cho mòr-chuiseach 's cho bragail 's a bha iad riamh – dìsnean slaodach na time, a' cumail smachd (mas fhìor) air cùisean air thalamh.

Stad mi air beulaibh taigh Flòraidh is thionndaidh mi air ais ris a' bhaile.

Dh'èigh mi gu h-àrd: “Togaidh tobhtaichean na time taighean mòra na sìorraidheachd!”

Dh'fhalbh an glaodh agam timcheall an eilein na mhac-talla, mar chuimhne air làithean ri tighinn.

Rinn mi gàire mhòr is chaidh mi a-steach dhan taigh.

Nuar a thàinig Flòraidh a-mach às an t-seòmar-suidhe, cha b' e ruith ach leum.

“A Choinnich! Chuir i gàirdeanan mun cuairt orm is ghlac i gu teann mi.

“A Fhlòraidh, a ghràidh.” Phòg mi i.

“Cà’ robh thu? Tha e aon uair deug.”

“Bha anns a’ Star.”

“Ach cà’il Eithne? Cha do dh’fhàg thu anns a’ Star i?”

“Cha do dh’fhàg. Cha tàinig i.”

“Aw! Am faod mi faighneachd carson nach tàinig?”

“Chan fhaod.”

“Truaghan ... an do dh’ith thu fhathast?”

“Cha do dh’ith. ’S tha mi cho acrach ’s gun ithinn an truinnsear.”

“Trobhad dhan chidsin, a ghràidh.”

An dèidh dhomh grèim bìdh a ghabail, shuidh sinn sìos le deoch no dhà an tac an teine. Bha e leth-uair an dèidh aon uair deug.

“An tu a’ ghloidhc a bha a’ sgiamhail a-muigh ann an siud na bu thràithe?” dh’fhaighnich Flòraidh le gàire.

“S mi. B’ e sin an aon uair a bha mi a’ faireachdainn dòchasach an-diugh: nuair a thàinig mi dhachaigh – mar Ulysses.”

“Och, ist leis an Ulysses agad! Chan e seo an t-àm airson a bhith a’ smaoineachadh air obair. Tha am millennium ùr a’ tòiseachadh ann an leth-uair a thìde.”

“Huh.” Ghabh mi balgam uisge-beatha. “Nuair a tha thu air aon mhillennium fhaicinn, tha thu air a h-uile millennium fhaicinn!”

“Och, dè an sgudal ...?”

“S e a tha mi a’ ciallachadh ach gu bheil Àm na Bliadhna’ Ùir seo coltach ri Àm Bliadhna’ Ùir sam bith eile. Ach gu bheil e nas miosa.”

“Ó!” thuirt Flòraidh. “Tha fios a’ m dè a dh’fheumas sinn a dhèanamh – geallaidhean a’ Mhillennium ùir! New Millennium Resolutons!”

“Cha bhi duine sam bith a’ cumail gheallaidhean sam bith.”

“Chùm mis’ ris an resolution a rinn mi an-uiridh.”

Choimhead mi air Flòraidh. “Dè? Dè an gealladh a rinn thu an-uiridh?”

“Na gabh thusa dragh mu dheidhinn sin an-dràsta. Carson a tha thu cho searbh a-nochd, co-dhiù?”

Dh'innse mi dhi mun latha a bh' agam, agus mar a bha a h-uile duine anns an t-saoghal breugach: Eithne a bhrist a gealladh gum pòsadhbh i mi, Joe a tha ga mhealladh fhèin, Karen a bha cho leam-leat ri dà chat.

"Tha barrachd firinn," thuirt mi, "ann an nobhail no ann an sgeulachd ghoirid na tha ann an daoine. "Na cuir earbs' anns an ùghdar ach anns an sgeul."

Bha sinn sàmhach airson mionaid no dhà. Bha e a-nis a' sreap ri deich mionaidean gu meadhan-oidhche.

Dh'fhalbh am fòn agus cha mhòr nach do chuir am fuaim à cochall mo chridhe mi, oir bha am fòn air a' bhòrd rim thaobh 's cha robh càil a dh'fhios agam cò fon ghrèin a bhiodh a' fònadh.

"Tha mi 'n dòchas," thuirt mi mus do thog mi am fòn, "nach e Karen Neònach a th' ann ag iarraidh orm a dhol gu partaidh. Hallò?"

"Hi. Ciamar a tha thu?" Chaidh a guth tro m' inntinn mar ghuth binn uiseig ag èirigh à sgòth throm dhorcha. Eithne.

Theab mi rà nail. "Eithne. Ô, Eithne, tha mi gad ionndrainn gu mòr. Tha mi cho aonaranach ri corra-ghritheach air creig às d' aonais."

"Uill, cha leig thu leas a bhith."

"Dè?"

"Ô, a Choinnich. Tha fios gun d' rinn mi mearachd. Bhruiddhinn mi ri Sean agus dh'innse e dhomh gun robh perfume aige ceart gu leòr 's gun robh e a' dol timcheall a' phub ga chur air a h-uile duine. Tha fios gur i an fhìrinn a bh' agad. Tha mi duilich."

"Eithne. 'S mi fhèin a tha duilich, a ghràidh, 's mi fhìn a tha duilich. Co-dhiù, ciamar a tha do phàrantan?"

"Chan eil fhios a'm."

"Ciamar? Cà' bheil thu?"

“An seo.” Chaidh doras an rùm fhosgladh agus choisich Eithne a-steach, mobile na làimh is gàire mhòr air a h-aodann. Thuirt i gu socair, “Thàinig mi air a’ phléana an-diugh.”

Chaidh mi tarsainn an rùim thuice. Chuir mi mo ghàirdeanan mun cuairt oirre is thug mi dusan pòg dhi. An uair sin, ghabh mi ceum air ais is choimhead mi oirre. Bha rudeigin diofraichte mu deidhinn. Bha mì-chinnt na gaire.

“Feumaidh mi,” thuirt i gu faiceallach, “rudeigin innse dhut.”

Bha i a’ coimhead na bu bhrèagha na chunnaic mi riamh i. Bha a h-aodann a’ deàrrsadhbh le dòchas, toileachas, gaol. Cha robh a bòidhchead falbhach, bha sin cinnteach. Bha a h-aodann mar fhlùr bith-bhuan.

“Fuirich ort, a ghaoil. An toiseach, tha agam ri faighinn a-mach – a bheil thu fhathast airson mo phòsadh-sa?”

Tharraing i a h-anail. “’S i a’ cheist ach a bheil thusa fhathast airson mise a phòsadh? Na can càil fhathast. A Choinnich, fhuair mi a-mach an-dè gun robh adhbhar ann ’s gun robh mi cho droch-nàdarrach an oidhche ud. A Choinnich, tha mi trom.”

“Tha ... tha leanabh gu bhith againn?” Cha b’ urrainn dhomh a chreidsinn. Bliadhna ùr, millennium ùr, beatha ùr. “Tha, tha, tha sin miòrbhaileach!” Thionndaidh mi ri Flòraidh. “A bheil thu a’ cluinntinn sin, a Fhlòraidh? Uill, sin an resolution agam: tha mi gu bhith nam dheagh athair! Tha sinn a’ dol a phòsadh!”

“Tha fios a’m,” thuirt Flòraidh, ‘s lasair na sùil. “Nach e sin an resolution a bh’ agam an-uiridh? Gun robh mi a’ dol a dh’fhaighinn bean dhut am-bliadhna!”

Thòisich mi air èigheach is gàireachdainn agus ann am prioba na sùla, bha an trùir againn a’ glaodhaich is a’ dannsa timcheall an rùim mar chlann.

Dh’èirich fuaim ar n-aoibhneis os cionn an taighe agus dh’fhalbh e cho fada is farsaing anns an adhar chiùin ’s gun tug

muinntir an àite anns na taighean agus air na sràidean mun cuairt sùil air an uair, agus iad a' smaoineachadh gun robh am millennium ùr air tòiseachadh mar-thà. Bha e fhathast còig mionaidean gu meadhan-oidhche.

Dè an diofar? Tuigidh a h-uile duine uair no uaireigin gu bheil àm ann airson subhachas agus nach eil e gu diofar dè an uair a bhios air a' chloc.

# **Cogais Ghoirt**

le Dòmhnaill Alasdair Dòmhnaillach

Tha còrr air dà fhichead bliadhna bho thachair an rud neònach a tha san eachdraidh-sa. Aig an àm bha mo dhreuchd gam thoirt air feadh nan Eilean Siar bho Leòdhas gu Bhatarsaigh, agus bhon Eilean Sgitheanach gu Eilean nam Muc. Cha robh siubhal 's na h-Eileanan an uair ud idir cho furasta 's a tha e an-diugh. Glè thric, 's e eathraichean beaga a bhiodh gam thoirt bho eilean gu eilean, agus 's ann a' feitheamh ri bàta dhen t-seòrsa a bha mi am feasgar ud.

Ged a bha a' ghrian air a dhol fodha, bha am feasgar blàth, ciùin agus bha beagan de cheò air cruinneachadh 's na h-àitichean ìosal. Bha mi nam shuidhe air bruaich uaine ri taobh cidhe beag. Bha am muir mar ghlainne agus an t-sàmhchair cho domhainn 's gun saoilinn nach robh duine air an t-saoghal ach mi fhìn. Cha b' fhada gus am faca mi gun robh aon duine eile ann co-dhiù. Dhìrich e a-mach à lag faisg air a' chidhe anns an robh ceò air laighe, 's shuidh e rim thaobh agus chuir e fàilte orm.

“Tha fios a'm cò thu,” ars esan, “agus gur ann a-mach bho Ionad nan Dall a tha thu, oir tha mo phiuthar dall agus bidh tu a' tadhail oirre. Tha fios agam cuideachd gu dè bha thu a' dèanamh sa chogadh agus cho tric 's a bha do bheatha ann an cunnart. Mar sin tha fios a'm gun tuig thu mo shuidheachadh fhìn, agus ma dh'innseas tu do dhuine eile e, gun dèan thu e ann an dòigh anns nach aithnich iad cò air a tha thu a' bruidhinn. Cha do dh'inns mi

do dhuine a-riamh roimhe e, oir 's e droch fheum a dhèanadh iad dheth. Tha mi an dòchas nach sàraich mi thu."

Sheall e rium le ceist na shùilean agus mhothaich mi gun robh làrach dearg air taobh aghaidh far an deach an craiceann a losgadh. Ged a rinn an lannsair obair mhìorbaileach, bha iomhaigh an duine air a milleadh. Thuirt mi ris nach robh cabhag sam bith orm, oir bha deagh fhios agam gum biodh am fear-aiseig fada air dheireadh.

"Uill," arsa mo charaid, "nuair a bha mise san sgoil bha sgeulachd san leabhar leughaidh againn agus tha cuimhne làidir agam oirre fhathast." 'S e brìgh na sgeòil-sa gun robh dà charaid ag obair aig àirde mhòir air beulaibh taighe nuair a bhris an sgafal fon casan. Ghabh an dithis grèim air ròpa a bha ceangailte ri chèile. Bha an dèile a' sineadh a-mach bhon phàirt dhen sgafal a bha na sheasamh. 'S e Pàdraig a bh' air an fhear a bha leth-shean agus Iain air an fhear eile, a bha òg.

Lùb an dèile agus rinn i brag. Bha a h-uile coltas gun robh i a' dol a bhriseadh. Tharraing Iain an ròpa suas agus cheangail e e mu thimcheall Phàdraig. "Tha thusa le bean is teaghlaich," ars esan, "ach chan eil duine an urra riumsa ach mi fhìn." Leig e an uair sin às a ghrèim. Chunnaic feedhainn mar a thachair agus chaidh Pàdraig a shàbhaladh.

"Dè ghabhadh a bhith na b' uaisle na sin?" arsa mo chompanach.

"Uill," arsa mise, "nach tuirt Crìosd, 'Gràdh nas motha na seo chan eil aig neach air bith, gun leigeadh duine anam sìos airson a chàirdean.'" Ach cha robh mi a' tuigsinn gu dè an tac air an robh mo nàbaidh.

"Bheil sin anns a' Bhìoball?" dh'fhaighnich e.

"Tha, ach cuimhnich gur e a leugh thu stòiridh ann an leabhar-sgoile. Chan eil gaisgeachd dhen t-seòrsa sin a' tachairt a h-uile latha idir."

Bha mi a' feuchainn ri dèanamh a-mach gu dè a bha air inntinn an duine-sa. An e argamaid a bha e ag iarraidh? No an robh e airson gum bruidhninn air gaisgich a thachair rium fhìn? Thuirt mi an uair sin, "Chan eil e comasach do dhuine sam bith innse dè dhèanadh e fhèin ann an suidheachadh dhen t-seòrsa sin. Chuala mi uair is uair daoine a' faighneachd, nam faiceadh tu do dhà leanabh ann an cunnart a bhith air am bàthadh, agus gun chomas agad ach aon a shàbhaladh, dè fear a shàbhaladh tu? Ceist gun chiall tha sin."

"Tha e iongantach gun tug thu iomradh air bàthadh," ars esan, "oir sin an cuspair a tha mi airson a thogail riut. Bha mi ann an suidheachadh aig àm a' chogaidh a tha air mo chogais fhathast, agus chan eil uair a smaoinicheas mi air nach eil stòiridh an leabhair-sgoile a' tighinn gam dhìteadh."

B' ann a' seòladh a bha e, agus bhual dà thoirpiodo am bàta anns an robh e. Chaith an t-soitheach na teine agus chaith an ola a dh'fhalbh aiste na teine cuideachd, 's bha i a' sgaoileadh air uachdar na mara. Cha robh tide aig na bha beò càil a dhèanamh ach leum dhan mhuir. Nuair a thàinig mo chompanach an àirde, bha an caraid a b' fhèarr a bh' aige ri thaobh. Chan e a-mhàin gur e caraid math a bha seo, ach 's e nàbaidh bun na h-ursainne a bh' ann aig an dachaigh. Uill, ghabh e grèim bàis air gàirdean mo chompanaich, oir cha robh snàmh aige.

"Cha do smaoinch mi idir gu dè bha mi a' dèanamh," ars an duine rium. "Cha robh càil air m' inntinn ach faighinn air falbh bhon teine, agus bhual mi mo charaid mun aghaidh le mo dhòrn, gus na leig e às mi. Mar a tha thu a' coimhead, ghlac an teine mi, ach fhuair mi air falbh, agus thog eathar mi. Chaith mo charaid a chall, agus cha robh fois aig mo chogais bhon latha sin."

"Cha do rinn thu ach mar a dhèanadh duine sam bith anns an t-suidheachadh sin," arsa mise, airson cofhurtachd a thoirt dha. "Cha robh dòigh agad air do charaid a shàbhaladh."

“S e tha gam ghonadh nach do dh’fheuch mi.” Dh’èirich e agus dh’fhàg e mi. “B’ fheàirrde mi bruidhinn riut,” ars esan anns an dealachadh. Chaidh e às mo shealladh dhan laig cheòthaich às an tainig e.

Cha robh am fear-aiseig agam ach uair a thìde gu leth air dheireadh – tha sin faisg air a bhith tràthail ’s na h-Eileanan – agus thug mi iomradh air mo chompanach, gun ghuth a thoirt air an rud a bha a’ cur dragh air a chogais. “Dè an seòrsa duine a bh’ ann?” ars am fear-aiseig.

“Tha e beagan nas aosta na mi fhìn,” arsa mise, “s chaidh an aghaidh aige a losgadh sa chogadh.”

Cha tuirt am fear-aiseig càil, ach thug e sùil glè neònach orm. Chan fhaigh duine air mòran bruidhinn a dhèanamh sna bàtaichean beaga ud le glagadaich an inneil, ach nuair a bha sinn a’ dealachadh thuirt fear a’ bhàta rium: “Chan eil fhios a’ m, a Dhòmhnaill, gu dè do bheachd air gnothaichean os-nàdarrach, ach feumaidh mi innse dhut gun deach an duine a chunnaic thu adhlacadh an-dè.”

# Cafaidh Ranji

le Dòmhnaill Iain MacLomhair

B' fhada bho thàinig pàrantan Ranji don eilean. Chuala iad mun eilean bho chàirdean a bha air tadhail ann. Chòrd an t-eilean riutha. Agus nuair thàinig pàrantan Ranji, chòrd an t-eilean riuthasan cuideachd. Ach an cànan! An cànan! Bha mòran Gàidhlig san eilean. Agus chuala iad gun robh sgeama sa choimhearsnachd a bha a' ciallachadh gum faodadh clann Gàidhlig ionnsachadh. Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Cha robh Ranji ach òg. Agus chuir a phàrantan romhpa gun robh iad a-nise san Ròimh Ghàidhealaich, agus gun dèanadh iad mar dhèanadh na Ròmanaich. Chuir iad Ranji don Aonad Ghàidhlig ann an Sgoil Thobhtaboist.

Fhuair Ranji bogadh. Fhuair e tomadh. Agus dh'ionnsaich Ranji a' Ghàidhlig. Dh'ionnsaich e i chun na h-ìre 's gun robh e cho fileanta ri gach bodach 's ri gach cailleach a bha air a bhith san eilean a-riamh. "Deagh theisteanas don fhoghlam," theireadh cuid. "Deagh theisteanas do Ranji," theireadh cuid eile.

"Bidh am fear ud na phroifeasair fhathast," bha feadhainn ag ràdh. Ach bha beachdan eile aig Ranji. Airson a bhith na phroifeasair, dh'fheumadh e an t-eilean fhàgail. Agus cha robh am beachd sin a' taitneadh ris.

Agus aig Feasgar nam Pàrantan, dìreach mus do dh'fhàg Ranji an àrd-sgoil, thuirt Miss MacDuff, a bha ga theagasc, ri athair (Swahir) agus ri a mhàthair (Indira), gun robh ise an dòchas gun

deigheadh gu math dha san oilthigh. B' e comhairle adhartach a bha ann an Comhairle Thobhtaboist, oir bha iad a' tairgsinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig suas chun na siathamh bliadhna san àrd-sgoil. Agus fhuair iad moladh mòr bhon luchd-sgrùdaidh airson a' phoileasaidh sin. Bha Miss MacDuff air leth moiteil gun robh ise mar phàirt den sgioba a bha ag adhartachadh an fhoghlaim.

Ach dh'innse athair agus màthair Ranji do Mhiss MacDuff gun robh Ranji a' dol a dh'fhàgail an fhoghlaim cho luath 's a chriochnaicheadh e san t-siathamh bliadhna. Cha robh e idir a' dol don oilthigh no do cholaiste. A dh'aindeoin sin, bha e ag iarraidh na Highers a shuidhe. Agus bha dhà ann a bha e a' sireadh gu sònraichte – Gàidhlig agus Eaconamas Dachaigh. Bha a sròn a' cur dragh air Miss MacDuff nuair chuala i seo, agus cha do chleith i sin air Swahir no air Indira.

Dh'innse iad dhi gun robh Ranji ag iarraidh fuireach air an eilean, agus nuair dh'fhàgadh e an sgoil gum bu mhiann leis cafaidh fhosgladh ann an Tobhtabost. Cafaidh le soidhnichean Gàidhlig, far am faodadh muinntir Thobhtaboist a thighinn agus teatha no cofaidh no deochan no uachdar-reòite a ghabhail. Bha e eadhon air togalach a shònachadh airson a' chafaidh, agus bha a phàrantan a' dol a cheannach an togalaich dha agus a' dol a chur uidheam ann. Agus thug iad cuireadh do Mhiss MacDuff a thighinn don chafaidh nuair dh'fosgladh e 's gum faigheadh i cupan teatha an-asgaidh.

Uill, shuidh Ranji na Highers, agus fhuair e sia dhiubh air fad – nam measg sin bha Gàidhlig agus Eaconamas Dachaigh. Agus cheannaich Indira agus Swahir an togalach 's lion iad e leis an uidheam a b' fheàrr. Dìreach mus do dh'fhosgail an cafaidh, chuir iad soidhne mòr ann an litrichean gorma os cionn an dorais – CAFAIDH RANJI. Nochd sanas sa phàipear-naidheachd ionadail, Post Thobhtaboist, ag innse don t-saoghal gun robh an cafaidh

a-nise fosgailte, agus ag innse cuideachd mu na goireasan a bha rim faotainn a-staigh.

Air là an fhosglaidh cha robh an cafaidh fada a' lionadh. Thàinig iad às gach ceàrnaidh, sean is òg, beag is mòr. Agus Miss MacDuff. Bha athair agus a mhàthair a' cuideachadh Ranji sa chidsin agus ga chuideachadh a' frithealadh nan daoine a bha nan suidhe aig na bùird.

Bha dithis a bha suas ann am bliadhnaichean, Eilidh agus Dùghall Mac an Aba, nan suidhe aig bòrd ris an uinneig. Dh'òrdaich iad teatha agus briosaidean milis. Chuir Ranji sin air am beulaibh. Rug Eilidh agus Dùghall air làimh air a chèile, dhùin Dùghall a shùilean agus thòisich e air altachadh. "Taing Dhut airson nan tiодhlacan a chuir Thu air a' bhòrd seo far comhair agus a chaidh ullachadh led làmhan gràsmhor fhèin. Beannaich an teatha agus beannaich na briosaidean. Beannaich an t-ionad ùr seo a dh'ullaich Thu. Amen."

Chuala Ranji an t-altachadh aig Dùghall.

"Fuirich mionaid," arsa Ranji. "Mise a dh'ullaich an teatha agus na briosaidean. Mise agus m' athair 's mo mhàthair a dh'ullaich an t-ionad ùr seo. Agus chan e tiодhlacan a tha annta idir – feumaidh sibh pàigheadh mus fhalbh sibh. Chan fhaighear na seirbheisean seo an-asgaidh. Tha mi an dòchas gun còrd ur blasad-bìdh ribh."

Bha gu leòr eile a-staigh, ach cha robh ann ach an aon altachadh. Bha Ranji air bhoil gam frithealadh.

Dh'òrdaich Miss MacDuff deoch de chòc. Smèid Swahir ri Ranji.

"Thuirt sinn rithe aig Coinneamh nam Pàrantan mus do dh'fhàg thu an sgoil gum faigheadh i cupan teatha an-asgaidh a' chiad turas a thigeadh i don chafaidh. A-nise tha fios agam gur e còc a dh'iarr i, ach na iarr airgead oirre."

“Cuiridh sibh gu Bòrd nam Bochd mi,” arsa Ranji.

Cuideachd sa chafaidh bha feadhainn a bha còmhla ri Ranji san sgoil – san aonad Ghàidhlig. Fhuair iadsan Highers cuideachd, ach cha d’ fhuair uiread ’s a fhuair Ranji. Dh’iarr Ceit Dhòmhnlallach agus Uilleam Brewster còc mar a dh’iarr Miss MacDuff, dh’iarr Murchadh Peutan agus Beileag Chamshron uachdar-reòite (le blas faoineig), dh’iarr Tormod Bell cupan teatha (nach fhaodadh a bhith ro làidir).

Ged a bha an cafaidh trang, bha ùine aig Ranji airson bruidhinn riutha uile agus bha iad ag innse do chàch a chèile dè bha san amharc aca, a-nise seach gun robh iad air an sgoil fhàgail. Bha dùil aig Ceit a bhith na nurs, aig Uilleam a bhith na mhiniestar (ged nach do rinn e altachadh mus do dh’òl e an còc!), aig Murchadh a bhith na thidsear, aig Beileag dìreach pòsadh ’s teaghlaich a bhith aice, agus aig Tormod a dhol don Arm no don Chabhlaich Rìoghail.

“Abair measgachadh,” arsa Ranji. Ach bha esan cuideachd mar phàirt den mheasgachadh.

Bha an sgoil air dùnad, agus bha saor-làithean an t-samhraidh aig a’ chloinn. Agus ciod a b’ fheàrr le grunn dhiubh na dhol airson uachdar-reòite gu Cafaidh Ranji? Bha còignear dhiubh ann, mu aoisean ceithir-deug is còig-deug. Bella, Stella, Finella, Cailean agus Ailean. Agus shuidh iad aig bòrd faisg air an doras. Mar a b’ àbhaist, chaidh Ranji a dh’fhaighneachd dhaibh ciod bu mhiann leotha, seadh an dèidh don fheadhainn òga a bhith a’ bruidhinn agus ag eigheachd ri chèile.

Dh’iarr Bella, Stella agus Finella uachdar-reòite le blas subhlàir agus dh’iarr Ailean agus Cailean uachdar-reòite le blas banàna. Fhad ’s a bha iad a’ feitheamh bha iad fhathast a’ bruidhinn ’s ag eigheachd ’s a’ coimhead mun cuairt. Prògraman air an telebhisean. Ceòl. Dannsan.

Agus thàinig an t-uachdar-reòite.

“Dà nota is caogad sgillinn,” arsa Ranji.

“Carson nach eil deilbh agaibh air na ballachan?” dh’fhaighnich Bella.

“Cuiridh mi deilbh air na ballachan,” fhreagair Ranji.

“Carson nach eil ceòl agaibh sa chafaidd?” dh’fhaighnich Stella.

“Cuiridh mi ceòl don chafaidd,” fhreagair Ranji.

“Bidh sin math,” thuirt Cailean is Ailean.

“Cha bhi e dona idir,” thuirt Finella.

“Cha bhi gu dearbha,” thuirt Ranji. “Bidh e math. Cha bhi a leithid ann an Tobhtabost.”

Bha a h-uile neach a bha sa chafaidd a’ còmhradh ’s a’ gàireachdainn ’s a’ fealla-dhà. Bha feadhainn a’ falbh ’s a’ tighinn nach b’ aithne do Ranji idir. Ach bha e toilichte gu leòr, oir bha an t-àite trang agus bha an t-airgead a’ tighinn a-steach. Bha a phàrantan toilichte cuideachd. Ach bhiodh e a’ tighinn a-steach orra aig amannan gum bu mhiann leotha gun deigheadh Ranji don oilthigh, oir bha iad a’ smaoineachadh nach b’ e rud uabhasach seasmhach a bha ann an crafайдh ann an Tobhtabost. Carson nach deigheadh e don oilthigh airson dotaireachd no rudeigin a thoirt a-mach? Ach bha Ranji rag.

Shoirbhich gu math leotha a’ chiad là sa chafaidd. Bha gaire air am bilean nuair chunnt iad an t-airgead an dèidh àm dùnaidh. Ach bha an t-àite a’ faireachdainn cho falamh a-nis.

“Carson nach fhuirich sinn fosgailte ceithir uairean fichead?” thuirt Ranji.

Cha robh a phàrantan ag iarraidh gun tachradh sin idir. Dh’fheumadh iad luchd-obrach fhastadh agus bha eagal orra gur e gràisg a bhiodh a’ tadhail sa chafaidd nam biodh e fosgailte ro anmoch. Agus an uair sin, gheibheadh iadsan agus an crafайдh droch aimh. Bha meas aig daoine sa choimhlearsnachd orra,

a-riamh bho rinn iad an dachaigh san eilean. Bha cunnart ann gun atharraicheadh sin, nan gabhaist ri beachd Ranji.

Co-dhiù, għlas iad na dorsan agus thug iad dhachaigh leotha an t-airgead a rinn iad, oir cha robh iad a' smaoineachadh gum biodh e sàbhailt fhàgail sa chafaidh fad na h-oidhche. Cha do thachair càil seach an rathad air an t-slighe dhachaigh. Corra dhuine leis an deoch a' dèanamh a shlighe a dh'àiteigin. Cù a' comhartaich air cùl taighe nuair chuala e iad a' dol seachad. Càraichean a' falbh 's a' tighinn. Daoine a' gabhail cuairt mus biodh àm cadail ann. Feasgar gun bhreisleach sam bith, ach a-mhàin an toileachas a bha Ranji agus a theagħlach a' faireachdann.

Bha iad rudeigin anmoch gun a dhol a chadal an oidhche sin. Shuidh iad a' bruidhinn mu na planaichean a bha aig Ranji airson an cafaidh a leasachadh agus a sgeadachadh. Deilbh air na ballachan. Ceòl a bheireadh tlachd don òigrìdh – ceòl nach fhaodadh a bhith ro àrd, mus tugadh e oilbheum don fheadhainn bu shine a thigeadh don chafaidh. Agus mu dheireadh, rinn iad deiseil airson a dhol a laighe.

“Feumaidh sinn a bhith air ar casan tràth sa mhadainn,” thuirt Ranji, mus do leig e beannachd na h-oidhche leotha.

“Feumaidh gu dearbha,” fhreagair athair.

“Oidhche mhath,” thuirt Ranji. “Siud a' chiad là seachad. Agus rinn sinn sgillinn no dhà!”

“Oidhche mhath,” fhreagair an dithis eile le chèile.

Ach, mu chòig uairean sa mhadainn, chualas gnogadh cruaidh aig doras an taighe. Dh'eirich Ranji, agus e eadar a chadal 's a dhùisg, agus fhreagair e an gnogadh. Bha poileas agus ban-phoileas aig an doras.

“Ranji Sarwar?” ars a' bhan-phoileas.

“Sin mise. Ach dè tha ceàrr?”

“Is ann leatsa a tha Cafaidh Ranji?” ars am poileas.

Ach dè bha fa-near dhaibh? Drogaichean? Deoch làidir? Chaidh mìle smuain tro inntinn Ranji, ged a bha fios aige nach robh a leithid de nithean air taobh a-staigh nan dorsan.

“Tha eagal orm,” thuirt a’ bhan-phoileas, “gun deach Cafaidh Ranji na theine. Chan eil air fhàgail ach an t-slige.”

Thàinig laigse air Ranji. Theab e fannachadh. Dh’èigh e air athair agus air a mhàthair. Thàinig iadsan chun an dorais, sgeadaichte nan aodach-oidhche, dìreach mar a bha Ranji fhèin. Uill, chaidh rannsachadh a chur air chois mu adhbhar an teine, agus cho-dhùin na poilis agus an luchd-smàlaidh gur e rudeigin a chaidh ceàrr le dealan a’ chafaidh.

Bha aisling Ranji a-nise air tionndadh gu trom-laighe. Smaoinich e mun obair chruaidh a rinn e fhèin agus phàrantan airson an aisling a thoirt gu buil. Agus a-nise cha robh sgeul air a’ chafaidh.

Chaidh na seachdainean seachad. Agus bu mhòr an còmhradh a bha eadar Ranji agus a phàrantan. Còmhradh mun àm ri teachd. Dh’fheumadh Ranji a dhol don oilthigh a dh’aindeoin na bha a chridhe ag iarraidh. Agus airson sin, dh’fheumadh e an t-eilean fhàgail.

“Is dòcha gu fosgail mi cafaidh ann an Glaschu, ged bhios mi nam oileanach,” ars esan ri athair.

Rinn athair gàire. A’ chiad ghàire bho chaidh Cafaidh Ranji na smàl. Bha athair cinnteach gur ann ri fealla-dhà a bha Ranji.

Co-dhiù, an ceann grunn bhliadhnaichean, thill Ranji don eilean. Bha e a-nise na dhotair. Agus stèidhich e raon-dèiligidh air an dearbh làrach far an do stèidhich e an cafaidh bliadhnaichean roimhe sin. Agus bha e a’ bruidhinn ri na bodaich agus ri na cailleachan na Ghàidhlig ionmholta fhèin. Agus ris an òigridh cuideachd, nuair thuigeadh iad e.

Ach chan e teatha no còc no cofaidh a tha e a' riachadh a-nise, ach caochladh chungaidhean air òrdugh-lèigh, ged nach eil Gàidhlig aig a' cheamast. A dh'aindeoin sin is e 'Cafaidh Ranji' a tha aig muinnir Thobhtaboist fhathast air an togalach.

Agus ma chluinneas iad cuideigin a' fulang le euail, ge air bith dè cho suarach, bheir iad uile a' chomhairle cheudna don euslainteach.

"Bu chòir dhutsa, a charaid, a dhol gu Cafaidh Ranji!"

# **Feòil a' Gheamhraidh**

le Iain Moireach

Bha e a' miannachadh gun tàrradh a' chaora às, agus gun dèanadh i airson, na sheasamh eadar tòin an taighe agus an gàrradh. Ach bha an cù math, bha athair eòlach is a' chaora a' fàs sgìth. Sheasadh i, chuireadh i aghaidh air a' chù, agus shaoileadh am balach gun robh i a' cur eagail air, ach cha tigeadh stad an ceum Rex agus b' fheudar dhi a casan a thoirt leatha.

B' e latha soilleir greamhraidh a bh' ann, is beanntan an iar-dheas mar-thà a' cnàmhadh na grèine. Cha robh gaoth ann ach uspagan nach teicheadh facal no fuaim às an rathad. Ged a bha athair ceud slat air falbh chluinneadh e cho goirid 's a bha anail; chluinneadh e faram casan a' choin, is glugadaich na caora a' ruith.

Cha thrèigeadh a' chaora an aon slighe. Fad a' ghàrraidh, timcheall taigh nan clearc agus air ais chun a' ghàrraidh.

Bha athair mar a b' àbhaist, na sheasamh le chasan sgèabte, a cheann roimhe agus a dhà ghàirdean làidir mar gheugan bho a chliathaich, mar gum biodh e a' dèanamh oidhrip gun dìreadh air gluasad.

"Te-ADD, a mhadaidh! Laigh-anna-sin! Sin thu, back there now. Mach a-sin!"

Bha e iongantach, shaoil am balach, cho cruaidh 's a bha athair air Rex a-muigh, is cho rèidh 's a bha iad a-staigh ris an teine.

Cha mhòr nach robh i air a mhuin mun do dh'fhidir e. Leum e thuice, agus ghreimich e ri a sliasaid. Bha an cù fliuch ri thaobh, agus am beathach ga dhraghadh.

“Faigh grèim oirre! Thig an seo, a choin! Sin thu, bhalaich.”

Chual' e lachanaich athar nuair a thuit e. Ach cha do leig e ise às. Bha e fhèin is a' chaora a' sprùillich air an talamh, agus i ro neartmhòr dha, 's na casan caol cruaidh a' buiceil, ga bhualadh. Bhuil esan aon uair i le a dhòrn. Chaidh gath fuath troimhe. Lùig e a marbhadh le fhiacan. Lùig e na sùilean a spìonadh aiste ...

Cha robh aige na ghrèim ach sop clòimhe. Dh'fhosgail e a shùilean agus chunnaic e casan fada athar agus a nàmhaid glaicie mu chùl a h-amhaich le aon làmh mhòr chomasach. Sheall e suas, is chunnaic e an t-aodann le gàire agus na sùilean gorma blàtha.

“Sin thu, bhalaich, eirich. 'S math gun robh thu ann.”

Dh'èirich e agus chuir athair a làmh air a ghualainn.

“Cuiridh sinn suas i. A, a bhalgair, cha shàraich thusa duine tuilleadh, mura bi d' fheòil righinn!”

Rinn an dithis gàire, ach bha fuath aige fhathast nuair a shealladh e rithe. 'S e bhiodh toilichte ga faicinn a' strì agus a' breabail nuair a bhiodh an sgian ri tighinn! Cha toireadh i buaidh air athair-san, tà, nas mothà na bheireadh gin air fhèin nuair dh'fhàsadadh e mòr treun mar athair.

Air do athair am bann a cheangal mu chasan na caora, shuidh e sìos agus rinn e cigarette de thombaca a bh' aige ann am bucas faileasach. Shuidh esan air a bhuinn mu choinneamh.

“Bheil a h-uile càil againn? Mias, sgian, òrd – ca'il an t-òrd? Ruith suas air a thòir, Alasdair, a 'ràidh.”

“Na marbh i gus an till mi, ma-thà.” Agus ruith e suas dhachaigh. Cha do shaoil athair gun robh e ach air falbh nuair a thill e, an t-òrd aige, agus a shùil a' sireadh na caora.

“Ò, tha i mar a dh’fhàg thu i,” ars athair le fiamh-gàire. “Well, ma-thà.”

Thog athair a’ chaora agus chuir e na sìneadh air a’ bhòrd i.

“Cumaidh mise stòld’ il” dh’èigh am balach, ach cha robh sin iomchaidh. Laigh a’ chaora sàmhach, gun ghluasad, a sùilean balgach, cruinn gan coimhead.

Thilg athair a sheacaид agus lom e a ghàirdeanan gu uilinnean. Thug e an draghadh mu dheireadh às an cigarette agus chuir e car dhith fo bhròig. Thog e an t-òrd. Thàinig e a-null chun a’ bhùird.

Bha am balach a’ coimhead na caora agus ag ràdh rithe – Gheibh thu a-nis e, ge-tà, is ’s math an airidh. Ach cha do dh’atharraich an t-sùil chruinn, aineolach, a bha ga leantainn, agus cha do charaich cas no ceann, ach na sìneadh mar chlosaich ged a bha a h-anail ga dubadh sìos is suas. B’ fheàrr leis gun gluaiseadh i, gun dèanadh i strì sam bith, gus an leumadh e oirre is gun tacadh e i!

“Tog, an-dràst’. Às a’ rathad, a’ ràidh.”

Sheas athair ri a taobh, rug e air adhairc oirre, agus thog e a ceann gu a cùl. Bha esan na sheasamh mu coinneamh, geur, a’ sireadh faileas an eagail anns na sùilean. Ach cha do lorg.

“Well. Seall, direach an seo” – agus bha corrag athar, leis na h-uilt chnapach, eadar dà shùil a’ bheathaich – sin ‘m bad am buail sinn i, agus cha bhi fios aic’ air càil.”

Chuir e dhà làimh na phòcaidean, agus chaidh iad nan dùirn bheaga gheala. Sheall e air a’ chaora a-rithist. Sheall a’ chaora air ais gu sèimh. Thog athair an t-òrd. Thrèig an gamhlas na fèithean, agus chaidh fhuil na uisge anns na cuislean – cha robh eagal air a’ chaora idir. Cha robh i a’ breabail no a’ feuchainn tabhaint às. Gu grad bha an truas ga thacadh, agus dh’fhosgail e a bheul.

Cha do leig an t-òrd brag idir, ach fuaim mar uinneag a’ sgàineadh air cùl aodaich. Cha bu dùraig dha sealltainn ri athair,

ach cha do dh'fhàg a shùil ceann na caora. Bha na sùilean bòcach maoth-ghlas fhathast ga choimhead seachad air gàirdean dubh athar. Cha do għluais e.

Chuir athair sìos an t-òrd, sgioblaich e mias air an ùrlar, agus thagh e àite an amhach na caora. Chunnaic am balach na crògan mòra neartmhòr ag obair anns a' chlòimh, agus an làmh dheas a' togail na sgine. Cha robh inntinn aige ach na sùilean 's na cluasan. Bha athair ri dèanamh cagair fheadalaich gun fhone ris fhèin, agus na làmhan eòlach a' gluasad. Chaidh faobhar na sgine a-steach am measg na clòimhe.

"Bheil i marbh?"

"Tha gu dearbh," ars athair, agus an sgian a nis a' gearradh glan.

Thuit a' chiad shruthan de bhoinneagan deurga le faram luath, agus thog athair a cheann.

"S i tha. Robh dùil agad nach robh?" agus rinn e gàire.

Chunnaic esan a' ghàire, is rinn e fhèin fiamh lag. Chunnaic e aig an aon àm an sgoltadh dearg às an robh fuil a-nis a' sruthadh.

Cha do charaich e gus an robh athair deiseil airson falbh, nuair a bha a' chlosach gun cheann, gun chlòimh, gun chas is gun mhionach, crochte bho na sàilean. Chuir athair uime a sheacaid, agus rinn e cigarette eile, breac-dhearg,

Thug am balach aon dhearcadh gu oisean far an robh an ceann air an lär. Bha sgàile sgleòthach air na sùilean, ach bha iad maoth, socair.

"Thugainn, a 'ràidh. Siud siud seachad."

Chuir e a làmh mu ghualainn a mhic. Thug am balach sùil air an làimh. Agus choisich iad a-mach don fheasgar, a-nis a' fàs fuar.

# **Am Partaidh Purpaidh**

le Dòmhnaill Iain MacÌomhair

B' ann air an telebhisean a chuala Seumas Gilleasbaig MacSonachan an toiseach gun robh Taghadh Pàrlamaid air a ghairm. A-nise bha Seumas Gilleasbaig MacSonachan daonnaン deònach a bheachdan a chur an cèill, ge air bith dè an cuspair a bhiodh cuideachd anns an robh e a' deasbad, eadar gun robh mòran èolais aige air a' chuspair no nach robh. Agus mar bu trice, cha robh! Agus bheireadh na seachdainean ro latha an Taghaidh cothrom dha air a bheachdan fhoillseachadh air gach cuspair fon ghrèin. Ach bha e a' dèanamh beagan de dhragh dha nach fhaigheadh esan mòran èisteachd an taca ris an fheadhainn a bhiodh a' seasamh airson na Pàrlamaid. A chum an suidheachadh sin a leasachadh, nach ann a chuir Seumas Gilleasbaig MacSonachan roimhe gun seasadh e fhèin airson na Pàrlamaid.

Bha fhios aige nach gabhadh gin de na partaidhean àbhaisteach gnothach ris, ach co-dhiù b' fhada bho thagh iad an fheadhainn a bha gu bhith gan riochdachadh san t-stri a bha air thoiseach orra. Dh'fheumadh e partaidh ùr a stèidheachadh. Agus sin an rud a rinn e. Agus thug e Am Partaidh Purpaidh mar ainm air a' phartaiddh ùr. Lìon e na pàipearan iomchaidh agus chuir e a-steach iad ron cheann-latha mar a bha na riaghailtean ag iarraidh. Agus ged nach robh duine beò sa Phartaidd Phurpaidh ach e fhèin fhuair e gu leòr de luchd-taice a chuireadh an ainmean ris a' phàipear.

Cha robh daoine a' tuigsinn carson a bha Seumas Gilleasbaig MacSonachan a' seasamh fo bhratach Partaidh Purpaidh. Bhatar a' cumail a-mach gun do thagh e an t-ainm sin seach gun robh dath de ghnè air choreigin co-cheangailte ri na partaidhean eile, agus gun do thagh e an dath purpaidh a chùm faighinn air falbh bhon ghorm, bhon dearg, bhon bhuidhe agus bhon uaine. Agus cha deach e air chall air cuid gun robh ceanglaichean rioghail aig an dath purpaidh. Ach cha robhar a' creidsinn gun robh eadhon Seumas Gilleasbaig MacSonachan cho mòr às fhèin agus gun taghadh e an dath air an adhbhar sin.

B' ann an uair a dh'fhoillsich e am pàipear a bha a' cur a-mach poileasaidh a phartaidh a dh'fhiosraich daoine carson a thagh e an t-ainm. A rèir a' phàipeir sin bha gach litir a bha san fhacal purpaidh a' riochdachadh rudeigin: p airson plaideachan, u airson uisge, r airson rocaidean, p (eile) airson piseagan, a airson adan, i airson iasg, d airson drochaid agus h airson Hiort. Agus chuir e sìos poileasaidh fa chomhair gach aon dhiubh.

Chùm e a' chiad choinneamh ann an Talla Bhaile na Circe. Chaidh a chur air Baile na Circe uaireigin gun d' fhuair am baile an t-ainm mar chomharradh air meudachd eanchainnean nan daoine a bha a' fuireach ann. Biodh sin mar a bhitheas e, ach bha an talla làn 's a' cur thairis am feasgar a bha Seumas Gilleasbaig MacSonachan a' dol a dh'iompachadh sluagh a' bhaile gu bhith a' creidsinn anns na nithean a bha esan a' cur fan comhair. Bha a bhean, Màiri Belinda NicSonachan, agus a dhithis mhac, Ferdinand agus Seonaidh Donaidh, a' sgaoileadh bhileagan mun Phartaidh Phurpaidh aig doras na talla. Agus abair gun robh na bileagan grinn, snasail. Bha dealbh de Sheumas fhèin orra, agus bòst gur e an aon cheannard partaidh a chùm Coinneamh Taghaidh ann am Baile na Circe a-riamh. Chòrd sin ri muinntir Bhaile na Circe. Agus bha mòran sna bileagan mu phlaideachan,

mu uisge, mu rocaidean, mu phiseagan, mu adan, mu iasg, mu dhrochaidean agus mu Hiort.

A-nise cha robh cuid de shluagh Bhaile na Circe uabhasach cinnteach dè an seòrsa coinneimh a bha Seumas a' dol a chumail. Spleogaig Murdag a' Ghreusaiche i fhèin ann an aodach dubh 's ann am brògan mòra, agus thug i leatha Bìoball gun fhios nach robhar a' tarraing a coise 's nach e aon de choinneamhan ràitheil a' mhiniesteir a bha gu bhith san Talla. Agus chuir Meubail Dhòmhnaill Put oirre dreasa bhrèagha fhlùranach gun fhios nach sealladh Seonaidh Donaidh rithe, oir chunnaic i a dhealbh anns a' phàipear-naidheachd agus bha i a' smaoineachadh gun robh e uabhasach eireachdail.

Co-dhiù, thòisich a' choinneamh, agus bha Am Plumadair anns a' chathair. Dh'innse Am Plumadair don chruinneachadh gun robh Taghadh Pàrlamaid gu bhith ann a dh'aithghearr agus gur e am fear a bha ri thaobh air an àrd-ùrlar Seumas Gilleasbaig MacSonachan a bha a' seasamh airson a' Phartaidh Phurpaidh. Dh'fheuch e ri mòran eile innse dhaibh cuideachd gus an do sheas maighstir-sgoile Bhaile na Circe ann am meadhan na talla a chur an cuimhne a' Phlumadair nach b' ann ga èisteachd-san a thàinig am mòr-shluagh cruinn am feasgar ud.

Mu dheireadh sheas Seumas. Bhruiddhinn e le guth a dhùisgeadh na mairbh, seadh ma bha duine marbh an làthair. Agus ars esan, "Is mis' a-nis Seumas Gilleasbaig MacSonachan; ma bheir sibh dhomh bhòt cha bhi gnothaichean dona dhuibh; purpaidh mo phoileasaidh, purpaidh mo smuaintean; èistibh gu mionaideach riumsa 's na gluaisibh."

Agus an dèidh dha na partaidhean eile san Taghadh a chàineadh gu cùl nan cluasan, thòisich e ag innse dhaibh dè a dhèanadh esan dhaibh nuair dheigheadh (cha b' ann idir nan deigheadh) a chur don Phàrlamaid.

“P airson plaideachan,” ars esan, “u airson uisge, r airson rocaidean, p airson piseagan, a airson adan, i airson iasg, d airson drochaid agus h airson Hiort. Cuiribh ri chèil’ iad, fillibh gu grinn iad; sibhse bhios math dheth, fuirich gu ’n cluinn sibh.”

Agus an uair sin sheas am maighstir-sgoile a-rithist.

“P airson plaideachan,” ars esan. “Dè tha sin a’ ciallachadh?”

Fhreagair Seumas Gilleasbaig MacSonachan mar a leanas: “Tha a’ chiad litir,” ars esan, “de na nithean a dh’ainmich mi a’ dèanamh suas an fhacail ‘purpaidh’, ainm a’ phartaidh agam. A-nise tha an t-ainm a’ tòiseachadh le p’s tha sin a’ seasamh airson plaideachan. Nuair a chuireas sibh mise don Phàrlamaid tha mise a’ dol a thoirt plaide do gach neach sa bhaile a tha os cionn aois trì fichead ’s a còig ach am bi mi cinnteach gum bi iad blàth san leabaidh air oidhcheannan fuara a’ gheamhraidh.”

Chòrd seo ri muinntir Bhaile na Circe agus thòisich iad ag eigeachd ’s a’ bualadh am boisean. Ach sheas am maighstir-sgoile uair eile.

“Agus ciamar a tha thu a’ dol a phàigheadh airson nam plaideachan?” dh’fhaighnich e.

“Aidh, ciamar?” dh’eigh feedhainn eile, gu h-àraigheadh feedhainn nach robh eadhon a’ faicinn aois trì fichead ’s a còig air faire.

“Socair, socair,” arsa Seumas Gilleasbaig MacSonachan. “Bruidhnidh sinn air airgead nuair a thèid sinn tron liosta.”

“Inns dhuinn mun dàrna litir. Inns dhuinn mun uisge,” arsa Murchadh Dollag.

“Uill,” arsa Seumas Gilleasbaig MacSonachan, “tha mise a’ dol a chruthachadh obraichean gu leòr an seo. Tha mi a’ dol a chur air chois obraichean a’ reic uisge ri na Sasannaich. Tha mòran a bharrachd uisge againne ga fhaighinn an seo na tha na Sasannaich bhochda a’ faighinn. Dà nota air botal mòr agus crùn air sileagan. Èisteadh sibhs’ ri Seumas còir’s cha bhi an t-acras tuilleadh oirbh.”

An uair sin sheas nighean an Èireannaich.

“Dè mu na rocaidean?” ars ise. B’ e boireannach mòr a bha ann an nighean an Èireannaich. Cha b’ ann do dh’Èireannach a bhuineadh i idir, ach thug iad an t-Èireannach air a h-athair seach gun tug e trì bliadhna ag obair ann an Connemàra. Bha guth aice a bha cho àrd ris a’ ghuth aig MacSonachan fhèin.

“A-hà. Na rocaidean,” ars esan. “Tha mise a’ dol a-null a dh’Ameireaga agus tha mi a’ dol a bhruidhinn ris a’ Cheann-suidhe aca agus tha mi a’ dol a dh’iarraidh air sgur a bhith a’ cur nan rocaidean suas don iarmailt. ’S iad na dòlais rocaidean sin a tha a’ dèanamh nan toll anns an òson. Coma leibhse de na daoine gòrach a bhios a’ toirt a chreidsinn oirbh gur iad na canastairean anns a bheil stuth a chumas am fallas às na h-achlaisean a tha ag adhbhchrachadh nan toll anns an òson. Rocaidean nan Ameireaganach a tha gan dèanamh ‘s chan e na canastairean.”

Lòn an talla a-rithist le fuaim bhoisean a’ bualadh. Bha an gnothach a’ còrdadh ri sluagh Bhaile na Circe.

“Agus càit a bheil na piseagan a’ tighinn a-steach?” dh’èigh Peigi Barabal, oir b’ iad na piseagan a bha an dara p a’ riochdachadh.

“Seo far a bheil na piseagan a’ tighinn a-steach,” arsa MacSonachan. “Tha mise a’ gealltainn do gach neach a tha a’ fuireach leis fhèin gum faigh iad piseag ro cheann na bliadhna an dèidh dhòmhsha a bhith air mo thaghadh. A-nise, bidh sibh a’ faighneachd carson a tha mi an dùil seo a dhèanamh. Tha ma-thà gus nach bi na daoine a tha a’ fuireach nan aonar a’ faireachdainn cho aonaranach. Bidh piseag aca ris am bruidhinn iad, ach ’s e tha math mu dheidhinn sin nach freagair a’ phiseag air ais iad.”

“Miao,” dh’èigh cuideigin a bha san èisteachd. Thàinig fiamh a’ ghàire air bilean MhicSonachain. Ach lean e air.

“S tha sin gam thoirt chun na h-ath litreach ann an ainm a’ phartaidh. Sin a airson adan. Tha mise air mothachadh gu bheil

mòran bhoireannach san latha a th' ann a' dol dhan eaglais gun adan, agus tha mise ag iarraidh gun sguir an cleachdadh borb sin. Agus gheibh gach boireannach san àite leth-cheud nota gach bliadhna airson adan ùra a cheannach."

Sheas Murdag a' Ghreusaiche, agus chunnaic gach neach a bha san talla gun robh ad mhòr dhubbh oirre.

"Nach inns thu a-nise dhuinn mun iasg," ars Am Plumadair.

"Tha mi a' tighinn chun an èisg," arsa MacSonachan. "Tha daoine ag ithe cus feòla. Feumaidh daoine iasg a bhith aca co-dhiù aon uair san t-seachdain. Bheir seo obair do na h-iasgairean. A' treabhadh a' chuain air oidhcheannan fuar' air druim na mara a' seòladh, cha bhi sinn gun bhiadh ma dh'itheas sinn iasg a tharraingeas maraich' air bòrd dhuinn."

Bha mòran iasgairean ann am Baile na Circe. "Ò, nach àghmhòr," arsa na h-iasgairean.

Agus dh'èirich an uair sin Uilleam Tobhtabhat. Dh'fhaighnich esan dè bha an litir d a' dol a dhèanamh do Bhaile na Circe.

Arsa MacSonachan: "D airson drochaid. Bidh drochaid air gach sruthan. Bidh drochaid air gach allt. Gus nach teid do chas a fhliuchadh nuair a shiubhlas tu a-nall. Chan eil mòran rudan san t-saoghal cho cudromach ri drochaidean. Bheir iad bho àite gu àite thu, eadhon bho bheachd gu beachd. Bho shuidheachadh gu suidheachadh. Cuimhnich gum faod thu do chasan a fhliuchadh ged nach biodh tu faisg air cuan no air uisge. Feumaidh sinn daonnaan a bhith a' togail dhrochaidean."

Bha Seumas Gilleasbaig MacSonachan a' tighinn gu deireadh an fhacail.

Bha e a-nise a' dol a dh'innse dhaibh mu Hiort.

"Agus Hiort," ars esan. "Seo an dealbh a tha agamsa air Hiort. Bidh Hiort fhathast làn dhaoine. Bidh iad a' dol ann air saor-làithean. Bidh Hiort na champa mòr do luchd-turais, làn

de ghoireasan mar thaighean-òsta, mar amaran-snàmh, mar phàircean-cluiche. Agus gheibh gach neach a tha san talla seo a-nochd cothrom aon uair sa bhliadhna co-dhiù air làithean-saora a chur seachad ann an Hiort. Riviera a' chinn a tuath. Riviera an taobh siar. Sin an dealbh a tha agamsa air Hiort."

Leum Uilleam Uilleam Uilleim gu a chasan.

"Agus dè mun arm?" ars esan.

Fhreagair MacSonachan: "Cha chuir an t-arm dragh sam bith air an luchd-turais. 'S ann a bhios an t-arm feumail airson daoine a dhòn. Agus bidh iad a' cumail sùil air an àite nuair nach bi e cho trang fad mhìosan a' gheamhraidh."

A rèir coltais bha muinntir Bhaile na Circe riaraichte gu leòr le geallaidhean MhicSonachain. Ach dh'èirich am ministear, an t-Urramach Fearghas MacGille na Cutaig agus thuirt e ri MacSonachan gur e beachdan ionmholta da-rìribh a bha aige sa phartaidh agus gun robh esan co-dhiù an dòchas gu soirbhicheadh leis a' Phartaiddh Phurpaiddh agus le MacSonachan fhèin cuideachd. Ach bha ceist a' tighinn a-steach air ach carson nach do bhruidhinn MacSonachan mu rudan a leithid foghlaim agus seirbheis na slàinte agus mu rudan eile den t-seòrsa sin mu 'm biodh luchd na Pàrlamaid a' bruidhinn sa chumantas.

"Ò," fhreagair Seumas Gilleasbaig MacSonachan, "fàgaidh mise rudan den t-seòrsa sin aig feedhainn eile. Nuair a dh'fhàsas am Partaidh Purpaiddh nas mothà, bidh daoine sa phartaidh a bhios a' gabhail uallach nan nithean sin. Ach cuimhnichibh na rudan a thuirt mi ribh. Plaideachan. Uisge. Rocainean. Piseagan. Adan. Iasg. Drochaidean. Agus Hiort.

Shuidh MacSonachan sìos. Ma shuidh, dh'èirich càch. Bha iad uile ag èigheach agus a' bualadh am boisean. Bha an sluagh riaraichte. Bha MacSonachan riaraichte. Agus nuair a bhàsaich an othail sìos, sheas MacSonachan air a chasan a-rithist.

Ars esan: “Dh’èist sibh ri mo bheachd ’s rim phrògram, ’s feuch a-nis nuair bhios sibh bhòtadh, gun cuir sibh crois aig m’ ainm-sa; ’s ma bha sibh ’n dùil gun robh mi górrach, mo bheachd gun do dh’fhàg mi agaibh dòchas, ’s na thuirt mi ribh nam sheanchas.”

Uill, thàinig latha an Taghaidh. Chaidh na croisean a sgrìobhadh ’s chaidh na croisean a chunntadh. Agus sin an latha a bhàsaich am Partaidh Purpaidh. Thug Seumas Gilleasbaig MacSonachan an car à dhà no thrì cheudan den t-sluagh. Ach cha robh sin gu leòr. Cha robh mòran aige ri ràdh nuair bhruidhinn luchd nan naidheachdan ris. ’S e bha cudromach dhàsan gun robh àrd-ùrlar aige bhon chluinneadh e a ghuth fhèin.

## **“Aon Fheasgar ... ”**

le Pòl MacAonghais

Cha robh Tormod ach naoi, ach an-diugh bha cudrom eagalach air laighe air a spiorad òg. Shocraich e e fhèin air cloich chruinn air cùl na cruaiche agus dh'fheith e gus an nochdadadh càch. Dè chanadh iad? Dè chanadh iad nuair dh'innseadh e dhaibh? Saoil am biodh Dòmhnull Ruadh nam breacadh-seunain a' magadh air 's a' tarraing às? 'S cinnteach gum bitheadh.

'S e Dòmhnull bu shine den chloinn mun cuairt 's bha e tuilleadh is bragail uaireannan. Nach robh Malag ag ràdh dìreach a-raoir fhèin gun robh a h-uile duine a' toirt an aire cho mi-mhodhail 's a bha e a' fàs 's gum bu cheutach do athair beagan ceannsachaидh a dhèanamh air.

Ach co-dhiù, cha dèanadh Màiri no Eòghann no Ruairidh magadh air – Màiri co-dhiù. Nuair dh'innseadh e dhi mar thachair, dh'fhàsadadh a sùilean mòra na bu chruinne 's na bu thlàithe le iomagain agus bhiodh truas mòr a cridhe aice ris.

Ach gu dè bha gan cumail, ge-tà? An fhaod a bhith nach robh an t-uisge 's a' mhòine aca a-staigh a-nis? Bu chòir dhaibh greasad orra; mura tigeadh iad a dh'aithghearr dheigheadh a' ghrian fodha 's chan fhaigheadh iad cead tighinn a chluich.

Thàinig Malag timcheall oisein na cruaiche. “Ò ... 'n ann an sin a tha thu? Na gabh fuachd nad shuidhe an sin fad an fheasgair. Cia mheud poca thug thu a-staigh?”

“Trì.”

“Feuch gun dèan sin an gnothach, ma-tà. Tha fuine agamsa ri dhèanamh a’ chiad char sa mhadainn. Feuch gum fuirich thu faisg air làimh. Tha agad ris a’ chrodh a thoirt dhachaigh, cuimhnich, agus ma dh’fheumas mise tighinn gad shiubhal, cha mhath dhut ... ’Eil dad ceàrr ort, chan eil thu a’ coimhead ach stùirceach?”

“Chan eil.”

Chaidh earball a h-aodaich à fianais an taobh a nochd i. Sàmhchair.

Dh’èirich meanbh-chuileag no dhà às a’ mhònaidh agus theirinn iad a chluasan ’s a chùl-amhaich. Thachais e e fhèin gu dìcheallach gus an do ghlac a chluas am fuaim ris an robh i a’ feitheamh agus dh’èirich e air a chorra-biod.

Bha iad uile a’ tighinn còmhla a-nall cùl na h-iodhlainn. Bha e beagan mì-shona – b’ fheàrr leis gun robh Màiri air tighinn an toiseach, na h-aonar. Ach nuair ràinig iad, ’s iad a’ bhocadaich ’s ag èigheach mu choinneamh, chaisg e iad cho sòlaimte ’s a rachadh aige, ’s thuirt e,

“Bhàsaich Susanna!”

Sguir a’ mhire ’s a’ bhocadaich. Sheall iad air gu h-iomagaineach.

“Cha do bhàsaich!” arsa Dòmhnull Ruadh.

Chuir an naidheachd dragh air gun teagamh, thug Tormod an aire.

“Bhàsaich. Chaidh mi a-mach le gràn thuice cho luath ’s a thàinig mi às an sgoil ’s cha robh sgeul oirre. Choimhead mi ’n uair sin shìos os cionn a’ chladaich ’s fhuair mi ri taobh gropain i ... marbh.”

Theab glug a’ chaoinidh tighinn air. Bha a chompanaich uile a’ coimhead air cho truasail agus bha cumhachd nan co-fhaireachdaiinn air nach robh e eòlach.

B' aithne dhaibh uile Susanna, an tunnag a fhuair Tormod an-uiridh o bhean a' chiobair. Nach iomadh gàire a thug i orra. B' i fhèin an tunnag a b' èibhinne 's bu lugha näire għluais air dà spòig riamh. Ach cha robh e buileach freagarrach a ràdh gum b' ann air dà spòig a għluais Susanna; bhristeadh tè aca nuair a bha i na h-isean agus b' ann gu math cuagħach, spliathach a bha i riamh on àm sin.

Dh'itheadh i gràn (no dad sam bith eile a bhiodh ri sheachnad) às an làimh, leanadh i a-steach don arbhar iad nuair dheigheadh iad am falach agus nuair bhiodh iad a' deasbad am measg a chèile – mar as tric a bhitheadh – 's gann nach rachadh fhaighneachd do Susanna gu dè a beachd, oir bhiodh i an siud is car na ceann ag èisteachd riutha gu dicheallach. Bha e gu math doirbh a chreidsinn nach b' urrainn dhi aon rud dhiubh sin a dhèanamh tuilleadh.

“An truaghan!” arsa Màiri.

“Saoil an e cù rinn e?” dh'fhaighnich Ruairidh.

Chrath Tormod a cheann.

“Cha do bhoin dad dhi. Cha do rinn i ach ... ach bàsachadh.”

“Feumar a tiодhlacadh ma-tà,” ars Èoghann, am fear bu phongaile dhiubh uile, “agus a tiодhlacadh dòigheil cuideachd. B' airidh i air.”

Sheall Tormod air a chompanaich. Dh'aomadh ceithir chinn gu dùrachdach.

“Ceart, ma-tà,” ars esan, “thugnamaid.”

Għabh iad a-null gu iomall a' chladaich air an socair, a' dèanamh beagan dragħaidh air an casan mar shaoil iad bu chòir do luchd-caoidh.

Bha Susanna air a druim dìreach agus a spògan, seargte gun lùths, paisgte air a h-itean broinne.

“Ó, an truaghan!” dh'èigh Màiri, a' dol air a glùinean ri taobb agus ga sliobadh. Cha do leig na balaich dad orra agus thoisicheadh, leis an t-seann spaid a thug iad leotha o cheann na

cruaiche, air cladhach an tuill. Thug iad greis mu seach air an spaid agus, an dèidh mòran osnaich is acain, rinneadh sloc a shaoil iad mòr gu leòr airson an gnothaich.

B' ann ri Màiri a dh'earbsadh a leigeil don ùir agus rinn i sin gu socair, pongail leis a' cheathrar bhalach nan seasamh sàmhach ga coimhead.

Ach bha cudromachd na cùise a' fàs draghail do Dhòmhnnall Ruadh agus thuirt e le mothar gàire: "Bu chòir dhuinn Salm a ghabhail, nach bu chòir?" Sheall càch air le diomb a chuir na thost e sa mhionaid. Sin mar a thachras an-còmhnaidh, thuirt Tormod ris fhèin, dh'fheumadh cuideigin cuis-bhùird a dhèanamh nuair a b' olc ...

Nuar a bha 'n gnothach seachad 's a sgaoileadh an ùir gu rèidh air uachdar an t-sluic bha iad fhathast deònach fuireach greis na b' fhaide. Cha robh e ceart, ann an dòigh, coiseachd air falbh agus Susanna bhochd fhàgail ann an siud.

"Dèanamaid crois!" arsa Màiri.

Dh'aontaicheadh leatha sa spot.

"Falbh thusa null gu eathar Chaluim aig a' phort," arsa Tormod ri Eòghann.

"Bha Calum a' leaghadh teàrr-bhuidhe an-diugh 's cha chreid mi nach bi na h-èibhleagan teth fhathast. Teasaich am pìos iarainn a bh' aig Calum 's thoir a-nall e. Thugainn thusa, Ruairidh, feuch am faigh sinn biorain mhaide san tiùrr."

An ceann tiotan, dhìrich Tormod is Ruairidh às a' chladach le dà bhioran fhreagarrach aca is iad a' toinneamh sreang mun timcheall 's a' dèanamh crois dhiubh. Cha b' fhada cuideachd gus an do nochd Eòghann leis a' phìos iarainn agus ruthadh na grìosaich na ghob.

"Dè tha thu a' dol a sgrìobhadh?" ars Eòghann.

"Chan eil mi buileach cinnteach. Saoil nan cuireamaid ann am Beurla:

‘Mar chuimhneachan air Susanna, an tunnag a b’ fheàrr a ... ’  
“Ach, nì ’n t-ainm aice an gnothach leis fhèin,” arsa Dòmhnnall.  
“Tha ’n t-àm agad cabhag a dhèanamh. Tha seo a’ fàs fuar,” ars Eòghann.

Rug Tormod ’n uair sin air an luideig a bh’ air ceann an iarainn agus gu dicheallach thòisich e air losgadh litir mu seach de ainm na tunnaig anns a’ mhaide.

Ach bha e furasta fhaicinn nach robh a theas air fhàgail na dhèanadh an gnothach agus cha robh e ach air SUS a sgrìobhadh nuair a b’ fheudar sgur.

“Och, nì sin fhèin a’ chùis,” arsa Dòmhnnall.

“Nì, nì, tuigidh sinne cò th’ ann,” ars Eòghann, ’s gun e deònach sam bith turas eile thoirt chun a’ phuirt.

Mar sin chàirich Tormod a’ chrois gu càramach aig ceann an t-sluic, ach fhathast cha d’ fhuair e stèidheachadh ceart.

Chualas guth feargach air an cùlaibh.

A-nuas a ghabh Malag agus coltas garbh oirre ’s i an dèidh bhith a’ siubhal Thormoid thall ’s a-bhos.

“Dè chladhach ’s an ruamhar tha seo?” dh’èigh i. “Sguiridh sibh dheth sa mhionaid direach! Agus ... thusa, amadain ghràinde, gabh dhachaigh agus ’s tusa gheibh e buuamsa nuair ruigeas tu.”

Leum i thuige agus thug i sgailc mhath dha mu chùl a chinn. B’ ann an uair sin a laigh a sùil air a’ chrois. Chuir sin an cuthach buileach oirre. Phrann i fo casan i, ’s i ’g èigheach riutha – cho cruaidh ’s gun cluinnte thall ’s a-bhos i agus lasadh fiadhaich na sùil.

Sheall Tormod oirre agus, goirt ’s gun robh chluasan agus cruaidh ’s gun robh thàmailt, cha mhòr nach tàinig gàire thuige. Shaoil e gun robh iomadh rud fo na neòil nach robh daoine a’ tuigsinn nuair a thigeadh iad gu aois.

## Tàladh na Mara

le Norma Niclomhair

Choisich Alasdair tron chladh le a cheann crom. Ràinig e a' chlach a bha e ri lorg. Cha robh e air a faicinn a-riamh, ach dh'innse an sgrìobhadh a bh' oirre dha an rud a bha e ag iarraidh fhaighinn a-mach. Choimhead e rithe a-rithist. "Fionnlagh Dòmhnaillach, 1940, deich bliadhna fichead a dh'aois." Cha tainig deur gu a shùil. Ruith coinean seachad mu a chasan. Chuimhnich e air a mhàthair ann an Canada; bha i airson faighinn cho fada agus a b' urrainn di às dèidh na deuchainn a thàinig na beatha òig. Cha robh i ach fichead bliadhna agus a ceithir aig an àm. Bha Fionnlagh agus i fhèin air ceithir bliadhna shona a chur seachad còmhla ri chèile, agus anns na dhà mu dheireadh bha a cupan sòlais làn nuair chaidh mac a bhreith dhaibh. "Siud mar nach robh i an-diugh," smaoineach Alasdair. Thòisich e a' beachdachadh air na nithean a dh'fhaodadh a bhith aca mur a biodh gòraich athar - 's e gòraich a bh' ann na bheachd-san co-dhiù. Bha fios aige gur ann an aghaidh a càlach a dh'fhalbh a mhàthair a Chanada leis-san. Thionndaidh e a chùlaibh ris a' chloich. Bha i a' toirt droch smuain a-steach air. Airson mionaid thàinig fuath uabhasach na chridhe airson athar, airson an rud a rinn e, ged nach robh cuimhne aigesan air ach mar a chaidh innse dha. Dhùin e a shùilean. Chunnaic e, mar gum b' ann, a mhàthair na suidhe air beulaibh an teine ann an Canada, agus e fhèin na h-uchd. Bha cuimhne aige fhathast falal air an fhacal mar thuirt i ris. "Càite," ars esan rithe, "bheil m' athair-sa?"

“Tha,” fhreagair ise, “d’ athair air a thiodhlacadh ann an Cladh a’ Ghlinne am baile Àrdanais. Chuir e roimhe,” thuirt i, “gun snàmhadh e na bu luaithe na neach eile bho Àird nan Sgeir gu taobh thall Mol nam Muc. Bha e a-riamh math air an t-snàmh, ach an dèidh sin bha eagal orm: faodaidh a’ mhuir làmh an uachdair fhaighinn gu math aithghearr. An latha ud dh’iarr e gum bithinn fhìn agus tu fhèin ga choimhead agus dh’fhalbh sinn nar dithis, agus nuair ràinig sinn bha esan leteach-slige, agus bàta beag ga fheitheamh anns an fhasgadh air an taobh thall. Dìreach mus do ràinig e am bàta chaidh e às mo shealladh, agus chan fhaca mi tuilleadh e gus an tug luchd a’ bhàta a-steach e marbh.” Chuimhnich e an seo mar a bhris a mhàthair sios, a’ bhochdainn a bha fios aige a dh’fhuiling i, oir cha robh e fhèin ach dà bhliadhna, agus cha b’ urrainn dhi a dhol a-mach a dh’obair. Chuala e glaoigh aich eun fad às agus ghoirisich e. Thug e sùil eile air a’ chloich, choisich e air adhart, agus dhùin e an geata às a dhèidh.

Sheas Anna, màthair Alasdair, aig an uinneig. Bha còrr agus fichead bliadhna a-nis bho thàinig i a Chanada. Tharraing i an cùirtear agus chuir i air an solas. Bha i ag ionndrainn Alasdair; cha robh i cleachdte ri bhith na h-aonar. ’S ann glè mhì-rianail a bha i na h-inntinn nuair dh’inns Alasdair dhi gun robh e dol a thoirt sgrìob a dh’Àrdanais a dh’fhaicinn an àite anns an d’ rugadh e. Bha fios aice nach robh e ag innse na firinn, nach b’ e idir baile Àrdanais a bha e airson fhaicinn, ach Àird nan Sgeir, agus Mol nam Muc agus is dòcha uaigh athar. Leum an cat beag geal na h-uchd. Shliob i a dhruim. Smaoinich i a-rithist air Alasdair, agus thàinig na teagamhan gu beulaibh a h-inntinn. Bha eagal oirre gum biodh beagan de thàladh na mara na fhuil, agus cha robh fios aice gu dè a’ bhuaidh a bhiodh aig baile a bhreith air. ’S iongantach mura biodh iomadh atharrachadh ann. ’S iomadh rud a bheireadh

fichead bliadhna mun cuairt. Thòisich an cat ri mialaich. Leig i a-mach air an doras e.

Shuidh Alasdair air an stòl anns an taigh-òsta ann an Àrdanais agus dh'iarr e glainne uisge-bheatha. Chuir e sìos i agus dh'iarr e an ath thè. Choimhead e ris an dealbh a bha mu a choinneamh air a' bhalla, agus dh'aithnich e bho bhith cluinnntinn aig a mhàthair gur e Àird nan Sgeir a bh' ann. Chuir e sìos an dara glainne uisge-bheatha, a dhà shùil a' coimhead an deilbh gu mion. Thàinig gath dearg na grèine a-steach tron uinneig, agus chluich e airson mionaid air bàrr a shròin. Mhionnaich e fo anail. Smaoinich e a-rithist air doilgheas a mhàthar, agus air a' bheatha a dh'fhaodadh a bhith aca mur bitheadh faoineas an fhir a bha na laighe fuar marbh anns a' chladh. Ghabh e an treas glainne agus thug e sùil eile air an dealbh. Cha robh e ga fhaicinn buileach ceart, bha a' mhuir aig Àird nan Sgeir mar gum b' ann a' tulgadh mu choinneamh a shùilean ...

Dh'èirich Anna na bu tràithe na b' àbhaist dhi. Bha comhart chon air a suaimhneas a bhriseadh, agus dhùisg i le sgreuch thiamhaidh na cluasan. Thionndaidh i dhà no trì thuras anns an leabaidh agus mu dheireadh cha robh air ach èirigh, tràth agus mar a bha e. Bha i a' trulais thuige is bhuaithe anns a' chidsin, agus an sin chaith i chun an dorais leis na botail bhainne. Theab i dìreach fannachadh. Bha a' phiseag marbh air an lic.

Choisich i a-null chun na h-uinneige agus thug i sùil a-mach. Cha robh ach naoi taighean air an t-sräid agus 's ann aicese bha am fear mu dheireadh. Mhotaich i don phost. Bha e rudeigin tràth; cha b' àbhaist dha bhith tighinn mun àm ud. Ghabh e seachad air a' chiad taigh air an t-sräid. Smaoinich i gun tugadh litir togail do a cridhe. Bha am post air a dhol seachad air an treas taigh. Thug i air ais an cùirtear pìos beag agus chum i ga choimhead. Bha i ag ionndrainn na piseig. Chunnaic i faileas

lasraichean an teine anns an uinneig. Bha am post air a dhol seachad air an ochdamh taigh.

Sheas Anna air beulaibh na lic anns a' chladh. Bha a' ghaoth a' rusladh a trusgain duibh. Bha i a-nis na h-aonar, agus cha robh fios aice dè bu lugha oirre a' mhuir no an deoch. Chuir i làmh air an lic, an toiseach air ainm Fhionnlaidh agus an sin air ainm Alasdair. Os a cionn chaithd a' ghrian fo sgòth, agus thòisich an tuisge a' dòrtadh. Choimhead i suas agus tharraing i coilear a còta an-àird mu a cluasan.

## **Tormod Bochd**

le Eilidh Watt

Bha seann taigh m' athar, an taigh a bh' agam fhìn airson iomadh bliadhna, aig oir a' chòmhlaín thaighean. Bheireadh deich mionaidean sinn a-null chun na h-eaglais, a bha air an aon leathad rinn fhìn. Bha an eaglais am meadhan a' chlaidh, agus b' ann an sin a chaidh mo phàrantan a thiodhlacadh – is muinntir na dùthcha gu lèir.

Aig an àm ud, mus rachainn a laighe, bha e na chleachdadadh agam a dhol a-mach gu ceann an taighe a h-uile oidhche. Air an oidhche seo, oidhche ghealaich a-null deireadh an fhoghair, chaidh mi a-mach mar a b' àbhaist. Mus deach mi a-staigh a-rithist sheas mi a' toirt sùil air an iarmailt. Bha a h-uile nì tostach, gun deò air gaoith.

Mus robh fios agam ciamar a thachair e – is tha mi gun fhios airson fhathast – bha mi, ar leam, a' coiseachd don chladh air cùlaibh giùlain. Bha mo bhràthair ri m' ghualainn is bha dithis bhràthrean na mnà air ar cùlaibh-ne. Dh'aithnich mi is ghabh mi beachd air mòran a bha sa chuideachd. Aig an rèilig againn fhìn sheas sinn mu choinneamh clach-chinn mo phàrantan, is leugh mi ainm m' athar na litrichean dubha: Tormod Dòmhnullach. An sin bha uaigh air a h-ùr-fhosgladh is i dorcha, ged a bha an sneachda mu thimcheall dhi air a shaltairt le iomadh cois. Nam dhòrainn shearbh thionndaidh mi mo cheann bhuaipe, ach chuala mi an greabhal a' tuiteam air ciste is thionndaidh mi mi fhìn air falbh. Ach anns an tionndadh chuala mi guth mo bhràthar gu

cìùin ag ràdh, “Tormod bochd, ma-thà, cha b’ e fhèin am fear a dhèanadh dochann le dheòin air neach sam bith.” Bha mo dheòir a’ sileadh is shuath mi mo shùilean is dh’fhosgail mi iad aig ceann mo thaighe fhìn.

Thug mi sùil mun cuairt. Bha na solais fhathast laiste air feadh an t-slios. Bha am feur dorcha mun bhruaich. Cha robh sneachda no a ghilead, air an talamh.

Chaidh mi a-staigh is cha do chuir Ciorstaidh no Dòmhnull beag no a h-aon den dithis nighean uimhreachd orm. Cha do dh’inns mi aon lide den iongnadh seo. Faodaidh mi a ràdh nach d’ rinn mi dad a chadal an oidhche ud, ged nach do leig mi orm dad – ged a bha mi cinnteach gum fosgladh uaigh airson Thormoid, mo mhac a bu shine, air a’ gheimhradh, aig àm sneachda.

Air a’ mhàireach thàinig misneachd is dòchas thugam. Bha mi ’n dòchas gun tàinig an sealladh thugam gus mi an aire a thoirt mus tigeadh bàs aithghearr air Tormod. B’ e rabhadh a bh’ ann dhomh. Chan fhaotainn mì-bhuil a dhèanamh dhen t-sealladh. Nan rachadh agam air Tormod a ghleidheadh sàbhailte tron gheimhradh, bhiodh gach nì ceart. Ach bha Tormod air tìr-mòr, ann am baile a bha a’ tighinn ris gu math. Bha fios agam nach b’ urrainn dhomh lide a ràdh mu na nithean a chunnaic mi. Ciamar a gheibhinn dhachaigh e? B’ e seo a’ cheist nach tug fois dhomh a latha no dh’oidhche. Nuair a bha mi ’n impis dùil a thoirt suas, nach ann a thàinig seann eòlach an rathad is e a’ dol a chur suas obair ùr; is mun do dhealaich sinn gheall e obair mhath do Thormod, agus sin gun dàil. Fhathast cha do dh’inns mi aon lide do Chiorstaidh no do neach eile, ach chuir mi leithid a dh’impidh air Tormod is gun tàinig e dhachaigh ged a bha mealladh sa bhaile mhòr.

Cha robh mi fhìn is an teaghlach riamh cho sona is bha sinn anns na seachdainean mus tàinig fior gheimhradh. Ach bha eagal

fhathast agam ro àm an t-sneachda. Shuidhinn fad oidhche is leabhar is pàipear nam làimh a' dèanamh suas sgeaman airson Tormod a ghleidheadh. Thàinig is dh'fhalbh sneachda is cha do thachair beud do Thormod. Bha mi air m' àrdachadh dhìom fhìn le taingealachd, is sin gu h-àraidh nuair a leughainn murt is marbhadh a' bhaile mhòir.

Ach a-null an dèidh na Bliadhna' Ùire nach ann a thog Dòmhnull an t-at-plocach a bha a' dol am measg nan sgoilearan. Cha do chuir e suas no sìos e ach gun deach a chumail às an sgoil. An uair sin ghabh Tormod bhuaithesan an tinneas seo. Bha esan tinn gu leòr, ach a chionn is nach cuala mi gun do bhàsaich neach riamh leis an tinneas seo, ged a dh'fhaodadh milleadh a bhith na lùib, cha do chuir e dragh mòr orm. Bha Tormod làithean air an leabaidh, is air dha èirigh, cha cheadaicheadh an dotair dha a dhol air ais gu obair airson tìde. Bha mi fhìn air mo dhòigh ag ràdh cho pongail is a bha am fear nach leigeadh an tinneas sgapadh. Is bha sneachda is reothadh ann. Bha Tormod a' faireachadh na tìde fada, ach bha Dòmhnull, a bha aon dusan bliadhna, daonna ri làimh is ro dheas gus pàirt a ghabhail anns a h-uile cleas a dhealbhadh inntinn Thormoid gus tìde a chur seachad. Cha robh truas agam ris.

Ach air feasgar chaith cur gam iarraidh aig m' obair. Bha Dòmhnull, mo mhac a b' òige, marbh, is faodaidh mi ràdh gun robh e marbh aig làimh Thormoid.

Aig àm na Nollaige fhuair Dòmhnull a' chiad bhaidsagal ùr a fhuair e riamh. Dh'fhalbhadh am balachan glè mhath leis. Chan fhòghnadh sin do Thormod. Dh'fheumadh esan sealainn dha mar a dh'fhalbhadh e làmhan na phòcaidean is a chasan air na handlebars. Cha dhiùltadh an truaghan eile nì a theireadh Tormod. Chaidh e mar am peilear sìos leis a' bhruthaich is gun chuibhle a' greimeachadh gus an deach e far na h-amhaich ann an

clais an rathaid. Chan urrainn dhomh staid inntinn Thormoid a dhealbh dhut.

Mar sin, chaidh mise chun an tiodhlacaidh is mo bhràthair ri mo thaobh. Bha an sneachda air a shaltairt. Fhuair mo bhràthair aon sealladh air aodann Thormoid is thuirt e rium, “Tormod bochd, ma-thà, cha b’ e fhèin am fear a dhèanadh dochann le dheòin air neach sam bith.”

Bha a’ cheist riamh nam inntinn: am biodh Dòmhnaill fhathast beò mur robh mise air Tormod a thoirt dhachaigh? Am faca mise am pìos ud do mo bheatha gus mi bhith nam mheadhan bàis do mo mhac? An robh mise a’ toirt dùblain do Nitheigin? Chan eil freagairt agam do na ceistean. Aon nì anns a bheil mi cinnteach: is feàrr a bhith beò o latha gu latha ann an aineolas na ro-eòlas a chur air nì. Chan eil iarraidh agamsa air an còrr ro-sheallaidh fhaotainn.

## **Tormod**

le Daibhidh Màrtainn

Thog e a cheann bhon chluasaig 's chuala e lon-dubh a' seinn faisg air làimh, an t-òran ag èirigh gu binn ann an sàmhchair madainn na Sabaid. Shuidh e an sin san leabaidh airson greis, inntinn a' siubhal air a' cheòl bhrèagha. Nuair a bha e òg agus a dh'fheumadh e èirigh tràth, cha mhòr gum faigheadh e às an leabaidh ach a-nis bhiodh fuaim sam bith ga dhùsgadh. "Tha e mar gum biodh an saoghal bun-os-cionn," smaoinich e. "Tha tòrr gad fheitheamh nuair a tha thu òg agus 's e sin an rud a tha gad stiùireadh tro bheatha.

Cha robh Tormod ag iarraidh smaoineachadh air na bha ga fheitheamh an-dràsta agus mar sin, thòisich e a' cuimhneachadh air amannan na bheatha nuair a bha barrachd lùths ann. Chuimhnich e air a' chiad turas aige a' falbh ann am plèana, mar a bha iad a' feitheamh air an raon-laighe dìreach mus do dh'èirich i bhon talamh, no an oidhche a chosg e trì uairean a thìde a' dràibheadh timcheall an eilein a' lorg nam falal ceart airson iarraidh air Ealasaid a phòsadadh.

Bha còrr is deich bliadhna fichead a-nis bhon a bhàsaich i. Bha Tormod air tighinn a Chrosaigh ann an Leòdhas bho chionn sia mìosan a lorg fois 's mathanais. Chuir pàrantan Ealasaid coire air Tormod airson na thachair air a' bhàta agus ged is e tubaist a bh' ann, bha ciont riagh a' cur dragh air. Bhiodh e a' gluasad bho àite gu àite a' sireadh saorsa 's sonais ach gheibheadh e a-mach an

dèidh ùine ghoirid nach b' urrainn do dhuine na tachartasan as mothà na bheatha a chur an dara taobh. Dh'fhairich Tormod an dorchadas a' laighe air 's dh'èist e airson ceòl an lon-duibh a-rithist ach cha robh ann ach sàmhchair.

'S e madainn fhionnar, shoilleir a bh' ann, mar a bha mar a trice air Latha na Sàbaid agus an dèidh dha a bhracaist a ghabhail a-muigh, rinn Tormod suas inntinn gun deigheadh e chun na seirbheis. Cha robh e air a bhith am broinn eaglais bhon a thàinig e a Leòdhas ach a dh'aindeoin a' chòmhraidih àraig a bh' air a bhith aige bho chionn mìos ris a' mhiniștear ann an lioft an ospadail, rinn e suas inntinn gun deigheadh e ann. Chuir e air an t-aodach a b' fheàrr aige 's thòisich e a' coiseachd sìos an rathad, a bhata mòr aige na làimh.

Nuair a bha e òg, bhiodh e a' dol dhan eaglais a h-uile seachdain agus cho fad 's a bha cuimhne aige bhiodh an teachdaireachd daonnaan mu bhàs is rudan dorcha eile.

Cha robh e riamh cofhurtail le seo, ach na chuimhne bha an searmon gach seachdain mar chlach eile air a' bhalla a bha a' fàs cho àrd mun cuairt air agus nach fhaiceadh e, mu dheireadh thall, càil aoibhneach anns an t-saoghal. Nuair a leughadh e am Bioball, gheibheadh e aoibhneas is misneachd bho na faclan a bha ag innse mu dhòchas is gràdh ach bha fiù 's iad sin air an glasadh air cùl doras iarainn nan searmon. Airson a chreideamh a dhòn, sguir e a bhith a' frithealadh na h-eaglais agus a dh'aindeoin gach bàis is bainnse on uair sin cha robh e air a bhith ann an eaglais bhon a dh'fhàg e an taigh aig aois còig bliadhna deug.

Bha e a' teannadh faisg air an eaglais nuair a chuala e ùpraid air a giùlan thuige air a' ghaoith bhlàith. "Tha sin neònach air an t-Sàbaid", smaoinich e, agus choisich e timcheall oisein. Bha an coitheanal uile nan seasamh taobh a-muigh an dorais, ag èigheach aig àird an clraiginn 's a' sealltainn rudeigin dha na daoine a

bha dìreach air ruighinn. “Dè fo ghrèin a tha ceàrr?” thuir Tormod ris fhèin. Nuair a mhothaich tè dhen choitheanal do Thormod a’ tighinn, thug i droch shùil air ’s thionndaidh i a cùl ris. Ged a bha ùine mhòr air a bhith ann on latha mu dheireadh a bha e san eaglais, bha fhios aig Tormod gun robh rudeigin fada ceàrr. A’ feuchainn ri coiseachd seachad air a’ choitheanal, thug e an aire gun robh graffiti sgrìobhte ann an clearcall air bonn an dorais. A’ gluasad na b’ fhaisge, leugh e na faclan Keep on Rockin’ in the Free Church. Rinn Tormod gàire beag ’s anns a’ bhad dh’èigh a’ chailleach a b’ fhaisg air.

“Agus gu dearbha fhèin, dè tha cho èibhinn mu dheidhinn sin?” dh’iarr i.

“Feumaidh sibh aideachadh gu bheil e caran èibhinn,” fhreagair Tormod.

“ÈIBHINN? Chan eil càil èibhinn mu bhith a’ dèanamh dìmeas air Taigh Dhè.”

“S iad na daoine a tha cudromach, chan e an togalach. Chan eil an sin ach togalach,” mhìnich Tormod air a shocair.

“Togalach! Cò thu a’ tighinn an seo le d’ fhaclan Pàganach ’s gan sgrìobhadh air an taigh bheannaichte?”

“Cha mhise a sgrìobh sin,” thuir Tormod.

“Uill, tha e àraig gu bheil an rud uabhasach sin sgrìobhte air a’ bhalla a’ chiad turas a nochd thusa an seo, le d’ fhalt fada, dorcha agus do chòta leathair! Tha mi a’ creids’ gun robh fios agad gun robh na h-òrduighean ann cuideachd, ’s ann air sgàth sin a rinn thu e.”

“Cluinn sin, a Mhàiri, sin an duine a sgrìobh e,” thuir tè eile.

“Dè? A bhleigeirt, nach eil nàire ort? Thig breitheanas ort.”

“Chan eil sibh ag èisteachd rium, cha bu mhi a sgrìobh e idir.” Choimhead e air a’ bhalla. “Agus ’s ann airson beagan sith fhaighinn a thàinig mi seo an-diugh.”

“A bhreugadair! Chunnaic mise cuideigin le falt fada a’ coiseachd air falbh bhon eaglais a-raoir gu math anmoch,” thuirt fear a bha a’ seasamh air cùl a’ choitheanail.

“A bheil sin ceart?” Chrath Tormod a cheann. “Chan eil càil a dh’fhios agaibh dè tha sibh ag ràdh.”

“Chan eil càil a dh’fhios againn!” thuirt a’ chailleach a b’ fhaisg air. “Cha ghabh creidsinn na rudan a tha thu ag ràdh.”

“Gu dearbha cha ghabh,” thuirt bodach greannach. “Chan e an taobh a-muigh a tha cudromach ach na tha air an taobh a-staigh, gu dearbhl!”

“A bheil thu ag ràdh gu bheil e ceart gu leòr graffiti a sgrìobhadh air an eaglais ma-thà?” dh’fhaighnich tè bhiorach eile.

“Gu sealladh ormsa,” thuirt Tormod, ’s e air a sgreamhachadh, “tha sibh dìreach a’ cluinntinn nan rudan tha sibh ag iarraidh, sin an trioblaid a th’ agaibhse.”

“Ò tha mi an dòchas gun dèan Dia tràcair air d’ anam.”

“Tha is mi fhìn,” thuirt Tormod, ’s e a’ coiseachd seachad orra agus a-steach dhan eaglais. Dh’fhosgail beòil a’ choitheanail mar aon.

“Chan urrainn dhomh a chreidsinn gun deach e a-steach dhan eaglais an dèidh an rud a rinn e,” thuirt an aon chailleach. “Feumaidh tu bruidhinn ris, Alasdair, chan fhaod e fuireach a-staigh.”

“Chan eil sinne a’ dol a-steach fhad ’s a tha esan innte,” thuirt tè eile.

“S dòcha gu bheil e ceart ge-tà,” thuirt Alasdair.

“Chunnaic Murchadh e le shùilean fhèin. Dè an còrr a tha ri radh?”

Choisich Alasdair tron doras, a’ faireachdainn gu math draghail mun chòmhagh a bha roimhe. Chunnaic e Tormod aig ceann shuas na h-eaglais, a cheann crom, ’s cha chluinneadh Alasdair ach fuaim a bhrògan fhèin ’s e a’ coiseachd na b’ fhaisge.

“Tha mi duilich ach feumaidh tu falbh,” thuirt Alasdair, a làmhan nam fallas. Cha do għluais Tormod. “Gabh mo leisgeul ach feumaidh tu falbh,” dh’fheuch e a-rithist, ’s e a’ cur a làimh air gualainn Thormoid. “Cha tig an coitheanal a-steach gus am fàg thu.”

“Ciamar a chòrdadh e riutsa nan tiginnsa a-steach ’s nan cuirinn stad oirbh an teis-meadhan na seirbheis?” dh’fhaighnich Tormod. “Tha an eaglais ann airson cofhurtachd a thoirt dhan a h-uile duine. Ach bidh thu toilichte a chluinntinn gu bheil mi a’ falbh co-dhiù.”

Cha do fhreagair Alasdair ach dh’èirich Tormod ’s choimhead e gu dlùth air fhad ’s a chòisich e seachad air. Lean Alasdair e air a shocair, ceum no dhà às a dhèidh.

Bha a’ ghaoth nimheil earraich a’ sèideadh mun cuairt orrasan a-muigh fhad ’s a bha iad a’ feitheamh gus am fàgadh Tormod ’s cha robh iad idir riaraichte leis an t-suidheachadh. Nuair a thàinig e a-mach an doras, fhuair iad faochadh agus thòisich iad a’ dol a-steach. Ach aig an dearbh mhionaid thainig duine a-nuas an rathad ag èigheach ri duine eile. Mar a dh’fhàs na guthan na b’ àirde stad an coitheanal air an t-slighe a-steach gus am faiceadh iad dè bha a’ tachairt.

“Cò tha sin a’ tighinn a-nuas an rathad?” dh’fhaighnich fear dhiubh.

“Tha iad coltach ri Seonaidh ’s a mhac, Ryan,” thuirt fear eile.

Cha robh ùidh aig Tormod anns an rud a bha a’ tachairt ’s bha e faisg air a’ gheata nuair a choisich Seonaidh seachad air is suas chun a’ choitheanail, a’ putadh a’ bhalaich bhon chùlaibh.

“Siuthad ma-thà!” thuirt Seonaidh. “Inns dhaibh dè rinn thu, ged a tha fhios aca mar-thà, tha mi cinnteach.”

Thainig sàmhchair air a’ choitheanal ’s cha do dh’fhosgail Ryan a bheul. Bha e a’ cromadh a chinn gus am biodh aodann air fhalach le fhalt fada. Bha lèine-T Neil Young air.

“Feumaidh sibh mathanas a thoirt dha airson na pheant e air a’ bhalla. Cha bhiodh càil a dh’fhiös agamsa gur e rinn e mura b’ e gun cuala mi e a’ bruidhinn ri charaid air a’ fòn-làimhe, ag innse cho ‘cool’ ’s a bha e. Uill, dè chanas tu?”

“Tha mi duilich,” thuirt Ryan ann an guth iosal, “’s glanaidh mi an graffiti dheth.”

“Faodaidh sibh a bhith cinnteach às gun tèid a pheanasachadh a-staigh ’s tha mi an dòchas a-rithist gum faigh e mathanas bhuaibhse.”

Mus do dh’fhalbh e a-mach air a’ gheata, choimhead Tormod air aodannan a’ choitheanail ach cha tuirt iad càil. Bha e fhèin a’ dol a ràdh rudeigin ach chùm e a bheul dùinte ’s thionndaidh e airson falbh. Cha do mhothaich e don mhiniestar a’ tighinn tron gheata gus an do bhuaile ann.

“A Thormoid, thàinig thu dhan eaglais mu dheireadh thall,” thuirt am ministear.

“Thàinig,’ fhreagair Tormod, “ach cha d’ fhuair mi lorg oirre idir.”

Thog e a bhata na làimh ’s thòisich e a’ coiseachd dhachaigh. Sìos an rathad beagan chuala e an lon-dubh a’ seinn a-rithist is bha tonn na sìthe na òran, cho làidir ris a’ Chuan Sgìth fhèin.

# **Briseadh na Cloiche**

le Iain Moireach

Ghabh e dhan ulbhaig leis an òrd-mhòr, an t-òrd a' buiceil agus pian a' ruith na ghàirdeanan. Cha do shaoil an t-seana chlach dad dheth. Cha do dh'fhalbh ach crotal is pùdar mar cheò, rud beag leis gach buille. Cha do shaoil an t-seana chlach dad de nì sam bith. Dh'fhàs maoil an duine dearg, is fliuch, is bha cuislean ri bòcadh le cabhaig fala. Dh'fhosgladh a bheul is anns an tiotadh a bhuaileadh an t-iarann a' chlach, thuiteadh a ghèillean is thigeadh anail a-mach na h-aon chnap.

An ceann greis, dhrùidh am fallas air an duine. Bha eanchainn a' slacadaich na chlaigeann mar gum biodh làmhan làidir caillich ga fuine. Leig e roimhe. Thuit an t-òrd, agus thàinig crith na ghàirdeanan sios bho na h-uilnean gu bàrr nam meuran. Shuidh e air a' chloich, agus shuath e fras fallais o a mhaoil. Chumadh anail grìosach ceàrdaich a' dol; bha a chridhe a' turailich mu asnaichean. Bha corra ablach smuain mar riabagan de sheann bhrataich a' sèideadh tro inntinn; taigh ... gàrradh ... teine ... bean ... sgìth ... taigh ... clach – facail agus dealbhan am measg a chèile.

Clach air na chruinnich deigh o chionn linntean, mus deach bonn a chur ri lär an siud. Clach air na fhras uisge is clachan-meallain, agus ùird, agus mionnan. Clach air an deach iomadach teine a chur. Trì troighean pailt de dh'fhaid, is dhà de dh'airde às an talamh. Clach dhòigheil, shèimh, nach do rinn cron a-riamh.

Taigh ùr, suimeant, le ceithir seòmraichean, cidsin le uinneig mhòir a' cumail sùil air a' Chuan Siar. Tapaichean faileasach, fàileadh fiodh geal, is fiach trì cheud na bhroinn.

Chuir e uilinn air gach glùin, is sheall e, 's e a' sgrùdadh an àite anns na dh'fhàg a bhrògan làrach de fheur briste. Bha e a-nis a' tarraing anail an àite bhith ga sèideadh, is bha a chridhe a' plubadaich ri taobh a sgamhanan mar bhreac air bòrd locha.

Cha leigeadh e a leas sealtainn ris an taigh – bha dealbh an taighe sgrìobhte le sgeilb na chuimhne. Thòisich an taigh aon oidhche ann an cathair cruaidh an cois an teine ann am fàrdach Iain Phionnlaigh. Ruith a chuimhne mar fhear air a bharran a-steach staran fliuch, shliog e tro thallan le peileachan uaine is geal, agus suas do sheòmar a bha mar an leth-cheud seòmar eile anns a' bhaile; le dreasair, being is bòrd nan seasamh gu cugallach air ùrlar a bha dìreach cho rèidh 's a dh'fhàg na casan e. Agus sheall e ri taobh an teine anns a' ghèibhil, agus bha ise an sin ga fheitheamh. Catriona.

E, 's i bha bòidheach na latha, le aodach glan soilleir (mus do bhàsaich a màthair). Dhèanadh i gàire cho socair, cho bàidheil, 's gun saoileadh e nach do rinn i gàire a-riamh mus fhaca esan i. Rinn e fhèin gàire, na shuidhe air a' chloich. Bha esan air ùr thàrsainn às a' Chogadh, slàn sàbhailte, le sgeadachadh de fhasanan suirghe a dh'ionnsaich e anns a' Nèibhi, agus bu mhath gun robh sin aige. Cha robh Catriona air còmhchradh gaoil de a shamhail a chluinnntinn, agus gheall i a phòsad. Thogadh iad taigh ùr, taigh le lär rèidh is ballachan còmhnhard, is staidhre na mheadhan, dhaibh fein, thuirt ise. Thogadh gu deimhinne, caisteach, nan dèanadh i gàire eile. Thogadh. Ach eadar a h-uile càil a bh' ann, cha robh e furasta dha tòiseachadh air, agus b' ann air an t-samhradh a chaidh a chuir e crìoch air. Dà bhliadhna dheug.

Dh'fhidir e daolag a' sreap bil feòir. Cha dèan thu càil dheth, a charaid. Chan fhuiling sin do chudthrom, a sheòid. Sin thu ... Ò ... theab thu ... gabh grèim ... daingead, cha mhòr nach – h-ì ... òirleach eile 's bidh – a, siud thu, dh'fhalbh thu. Thog e a chas os a cionn agus chuir e cnuidh a bhròig air a muin. Għluais e bho thaobh gu taobh i għus an robh am feur air a phronnadh, dorch. Amadan creutair, carson a bha i a' sreap an siud co-dhiù?

Sheall e ris an ḥord-mhòr anns an fheur. Bha buaileag għeal air an aghajidh-bħualaidh, is an oir air a droch chaobadh. B' iomadach clab a thug e leis, ḥord a bha ùr o chionn dà bhliadhna. Shliob e a ghāirdean deas, na fèithean cruaidh, is thog e a shùil ris an taigh.

Dà bhliadhna dheug, cha robh guth aig duine air a' Chogadh an-diugh; cha robh beachd aca mar a shàraicheadh cogadh duine. Cha robh cuimhne aig Catriona air suurgħe fhasanta. Co-dhiù, cha robh na facail freagarrach tuilleadh. Thàinig feedhainn de na rudan a thuirt e rithe gu a theanga. Chrath e a cheann agus dh'fhalbh iad. Mànran ... cùbhraidh ... maooth ... gaol ... – thuit iad air an talamh cho marbh ris an daolaig.

Thàinig beul Catriona na chuimhne a-rithist. Na fiaclan geala, na bilean cruinn, bog, blàth, òg. Ach dh'fhalbh am blàths, dh'fhalbh na fiaclan, theirig an òige, is sheac na bilean. Le dith taighe. Agus dh'fhàs am beul cumhang, le preasan beaga a' ruith a-steach thuige, mar gum b' ann a-steach a-mhàin a bhiodh anail a' dol troimhe. Facail uile 's a thigeadh a-mach. "Gu sealladh ort, a dhuine, dè as coireach gun thog Teàrlach is Aonghas is Tormod taighean, ma tha e cho doirbh sin? H-uile tè de m' aois ann an taigh ceart, is mise fhathast gun bhùrn, gun sholas an seo?"

"Togaidh mise taigh dhut," ars esan.

"Seadh, seadh. Cha togadh tu do thòin far a' bheing, nam faigheadh tu às leis. Teich, a dhuine, na strùc annams' tuilleadh ...

Bheil thu a' dol a shuidhe an sin fad an latha?" Bha an guth aice cruaidh, cumhang mar na liopan, is chluinneadh e e na cheann cho math 's ged a bhiodh i a' bruidhinn.

Bha i a' bruidhinn. Na seasamh anns an doras, ag èigheach ... fad an latha.

"Chan eil, tha mi a' leigeil m' anal."

Chuala e i a' snotaraich mar each aig ceann sgriob ghoirid. Bha i cho deamhnaidh ris a' chloich fhèin. A' chlach na croich, an teis-meadhan na lios, dìreach ann an rathad an starain. Staran còmhnràidh, leathainn a bha ise ag iarraidh. Nam biodh slabaid dynamite aige, chuireadh e – a' chlach na mìle pìos. Sheall e ri bhoisean. Tà, cha robh dynamite ann. Bha e cho math oidhrip eile a dhèanamh. Ach! Thilg e smugaid na bhois, is dh'eirich e, gu rag.

Ghabh e grèim eòlach air an òrd. Thog e e gus an robh uile neart air a chùl, agus tharraing e air a' chloich buille cho cruaidh is gun leum an t-òrd troigh an àirde. Leig a' chlach às uspag liath. Chùm esan air, màlach bho mhàlach, gus an robh an fhuil a' bragail air cùl a' shùilean, is a leirsinn a' fàs sgleòthach. Chùm e air gus an do theirig fhoighidinn, gus an do fhras na buillean fada, fada ro luath.

Thionndaidh e a cheann anns an togail airson smugaid theth a shadadh, agus mhothaich e do aodann Catriona air an uinneig.

Bha an ath bhuelle na bu treasa. Agus an ath thè. Thòisich fuaim a' dìosgadh tro a sgòrnan ... uu-ha! Uu-ha! ... nas àirde 's nas àirde. Cha mhòr nach robh a chasan ag èirigh on talamh le sgeing an ùird air a' chloich. Bha faram an ùird na chluasan a' cumail caismeachd ri chridhe na cheann. Shaoileadh tu ga choimhead gum b' ann a' danns 's a' mire a bha e. Bheireadh e gàire ort. Cha mhòr nach tug e gàire air Catriona, 's i air an uinneig ga choimhead. Ach cha bu lèir dhi a shùilean, a bha ag èirigh na

aodann mar bhuilgeanan air uachdar Loch Dhearg, sùilean a bha a' faicinn fuil anns a' chloich.

Cuiridh an duine às dha fhèin.

Dh'èigh i ris bhon doras, ach 's ann a chaidh e fo chuthach gu buileach. A ghàirdeanan suas is sìos mar mhaide-bualaidh, a' bhonaid air tuiteam dheth, a lèine a' tighinn às a bhriogais. Cha mhòr gun aithnicheadh i e. Thàinig i a-null ri thaobh is dh'èigh i. Dh'èigh i a-rithist na b' àirde. Dh'èigh i cho cruidh 's a b' urrainn dhi. Ghabh i grèim air a ghàirdean leis an dà làimh. Dh'èirich na casan aice bhon talamh, is thàinig iad sìos. Bha i na h-èiginn.

Suas, sìos, 's an t-òrd a' deann-bhualadh, sgàil air muin sgàil. Ghlac uabhas i. Ach bha esan a' dèanamh sgàird de Ghearmailteach, de fhacail, de chloich, de liopan, de chloich, de chloich –

Gu h-obann, thug e seòrsa de bhreab às, an t-òrd os a chionn, mar gum biodh an fhorc air snaidhm a tharraing na dhruim. Thuit an t-òrd. Thuit Catriona, ach dh'èirich i gu sgiobalta. Sheas esan rag mar chraoibh greiseag, agus thug e ceum, coltach ris a' chiad cheum a rinn e na bheatha, agus thuit e air a bheul fodha air fad na cloiche. Gu slaodach, trom, shleamhnaich e air a cheann-dìreach, gus na bhual a shròn an talamh aig ceann eile na cloiche, far an robh am feur brùite, dorch.

# **Na Bleideagan**

le Dòmhnaill Iain MacIomhair

Bha i aost. Bha i glè aost. Ceithir fichead 's a còig is còrr. Cha choisicheadh i ach an taic a' bhata, agus b' ann mall, mall a bha a ceum an uair sin fhèin. Cha bu lèir dhi ach an rud a b' fhaisge oirre agus bha iomadh bliadhna bho chuala i conaltradh dhaoine. Bha i geal liath, agus claisean na h-aoise air a gnùis agus air a làmhan seargte. Bha i aost. Bha i glè aost.

Cha robh e na iongnadh ged nach do dh'fhidir i an gnogadh cruaidh aig an t-seann dhoras. Cha chuala i an dara gnogadh, no an treas fear a bharrachd.

“An gabh sibh cupan tì?” ars ise, ged nach do dh'aithnich i an dithis choigreach. “Tha e fuar,” ars ise, “agus b' fheàrrde sibh cupan tì.”

“Stad, a bhoireannaich.” Chuala i an èigh mar gun sgoltadh claidheamh a h-eanchainn. “Tha uair a thìde agad,” ars an coigreach ruadh. “Tha gu madainn agad,” ars an coigreach bànn.

Thill iad anns a' mhadainn, a-steach às na bleideagan sneachda. Bha i fhathast gun èirigh.

“Chan eil mi gu math.” ars ise. “Ma tha sibh ag iarraidh tì, cuiribh an coire air an teine.” Cha robh teine ann. Bha e air a dhol às. Chuir an geomhradh às e. “Is e mo chridhe a tha ann, tha sibh a' tuigsinn.”

Sheall iad rithe mar a shealladh saighdear ri a àmhaid. Chan fhaca i am peilear a bha anns an t-sealladh.

“A-mach, a-mach,” ars an coigreach ruadh. “A-mach, a-mach,” ars am fear eile.

Cha robh i gan cluinntinn glè mhath agus cha robh i a’ creidsinn na bha i a’ tuigsinn. Bhiodh e duilich dhi èirigh às an leabaidh. Bha i gan coimhead a’ sgrùdadh gach nì a bha a-staigh. Bha i lag. Cha robh i gan creidsinn.

Chunnaic i a h-athair a’ clachaireachd an taighe. An uair sin chunnaic i e a’ cur an tughaidh air ... ga cheangal gu daingeann ’s a’ feuchainn ri dhèanamh dònach. Chunnaic i a màthair ga chuideachadh ... agus an sonas an uair a bha iad deiseil. Dh’fhàs i fhèin suas gu bhith na cailllich ... am poll mònach ... an crodh ... a’ bhiota ... an dorchadas ... an solas ... beatha agus bàs ... aonaranachd ... tòm a’ gabhail seachad. Chunnaic i iad uile mar bhoillsgeadh ann an sgàthan eachdraidh.

Chuimhnich i air Iain, a cèile, mar a chaidh a bhàthadh an dèidh an èisg, air Ruairidh, a mac, mar a bhàsaich e leis an teasaich ... aonranachd anns na ballachan ... a’ chagailt sheasgair air an deach beatha chruaidh a stèidheachadh. Agus a-nis. Agus a-nis bha dithis choigreach ga h-òrdachadh a-mach don t-sneachda. Ise a bha air an saoghal a threabhadh anns a’ bhochdainn agus a bha a-nis ro lag airson tuilleadh treabhaidh a dhèanamh. Ise a bha dlùth do dhuais chruaidh na beatha.

Nam bitheadh i òg fallain dheigheadh i chun a’ chladaich, agus à sin a Chanada. Chaidh mòran dhiubh a Chanada ... agus smaoinich i air an t-saoghal ùr air am feumadh i aghaidh a thoirt. Gheibheadh ise saoghal ùr. Bha i ro aost agus ro thinn airson Chanada.

Dhùisg i anns an leabaidh agus na bleideagan sneachda a’ tuiteam air gach taobh dhith. Chunnaic i an dithis choigreach astar goirid air falbh. Bha iad a’ teiche na b’ fhaide às agus na b’ fhaide às. Bha an sneachd geal ... geal mar chlòimh chaorach.

Bha rudeigin a' dol na theine, agus shaoil i gun robh na coigrich ann am meadhan an teine. Chlisg i leis an fhuachd, agus chaidil i.

An uair a ràinig i nèamh bha lasraichean an taighe ... agus a' chlòimh ... fhathast anns na sùilean aice.



## **Eadar Dà Sgeul**

*Fiosrachadh mu na sgrìobhadairean*

### *Murchadh MacLeòid*

Rugadh Murchadh MacLeòid (Murchadh HMI) an Griais an Leòdhas agus chaith oideachadh ann an Sgoil a' Bhac agus Sgoil MhicNeacail, Oilthigh Obair Dheathain agus Oilthigh Cambridge. Tha e air a bhith an sàs ann am foghlam fad a bheatha agus bha e na fhèar-sgrùdaidh Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean eadar 1970-1990. Bha ùidh mhòr aige riamh ann am beul-aithris agus dheasaich agus dh'ath-sgrìobh e cruinneachadh de sgeulachdan do Chomhairle na Gàidhealtachd ann an 1997, *Am Bloigh Beag le Beannachd*. Chaith sreach de phrògraman a chraoladh air BBC Radio nan Gàidheal o chionn ghoirid mu bheatha Mhurchaidh.

### *Iain Mac a' Ghobhainn*

Rugadh Iain Mac a' Ghobhainn an Glaschu ann an 1928 agus għluais an teagħlach air ais a Leòdhas nuair a bha e òg. Bha e na thidsear Beurla ann an Ārd-sgoil an Ḷobain fad bhliadhnaichean mus do thoisich e air sgrìobhadh län-ùine. Tha e iomraiteach mar sgrìobhaiche Gàidhlig agus Beurla, an dà chuid rosg agus bārdachd. Bha e aig àrd a chomais nuair a sgrìobh e cuid de na sgeulachdan goirid as ainmeile ann an Gàidhlig, feadhainn dhiubh a' nochdadħ anns a' chruinneachadh seo. Chaochail e ann an 1998 ach dh'fhàg e dīleab phrìseil às a dhèidh.

## Ré Ó Laighléis

Rugadh Ré Ó Laighléis ann am Baile Ath Cliath ann an 1953 agus bha e na neach-teagaaisg ann an Gaillimh ann an Èirinn fad grunnan bhliadhnaichean. Tha e a' sgrìobhadh ficsean làn-ùine do dheugairean agus inbhich agus chaidh an obair eadar-theangachadh gu grunnan chànanan. Tha e air iomadh duais a bhuannachadh thairis air na bliadhnaichean. Chaidh eadar-theangachadh gu Gàidhlig a dhèanamh air cruinneachadh de na sgeulachdan goirid aige, *Ecstasy and other stories* a tha a' bualadh air cuspairean iomchaidh agus tarraingeach do dheugairean. Tha e gu mòr an sàs ann an càrsaichean sgrìobhaidh ann an Èirinn agus tha e fhathast a' sgrìobhadh tòrr do luchd-leughaidh òg.

## Iain Moireach

Rugadh Iain Moireach ann am Barbhais ann an 1938, agus sgrìobh e iomadh sgeulachd ghoirid agus dealbh-chluich bhon uair sin. Chaith moladh mòr a dhèanamh air a' chruinneachadh sgeulachdan aige, *An Aghaidh Choimheach*, (1973) anns a bheil measgachadh de sgeulachdan a' dèiligeadh ri seallaidhean geura de Ghàidheil an sàs ann an iomadh seòrsa rud. Tha e air a bhith an sàs gu mòr ann am foghlam thairis air na bliadhnaichean agus chaidh a chuid sgeulachdan a leughadh agus a mhìneachadh gu tric ann an clasaichean Gàidhlig ann an sgoiltean agus anns na h-oilthighean.

## Mòrag Mhàrtainn

Rugadh is thogadh Mòrag Mhàrtainn ann an Lannraig a Tuath, ann am baile beag faisg air Comar nan Allt. 'S ann às an sgìre fhèin a bha a cuideachd agus tha i deimhinne às gun tàinig na sgilean a th' aice ann a bhith ag innse sgeulachdan bho bhith a' tadhail air

taigh a seanmhar còmhla ris an teaghlaich agus a bhith ag èisteachd ri naidheachd a h-uile duine. 'S e tidsear bun-sgoile a th' innte agus tha i a-nise na ceannard-sgoile air Bun-sgoil Mhalaig. Dh'ionnsaich i Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig agus chaidh an sgeulachd An Rathad Dhachaigh a sgrìobhadh mun àm ud ged a tha ùidh mhòr air a bhith aice ann an sgrìobhadh cruthachail bhon a bha i san sgoil. Seo a' chiad sgeulachd riamh leatha a chaidh a chur an clò.

### *Maoilios Caimbeul*

Rugadh Maoilios Caimbeul ann an 1944 anns an Eilean Sgitheanach far an robh athair na mhiseanaraidh. Tha e air a bhith an sàs ann an diofar rudan thairis air na bliadhnaichean ach bha e na thidsear Gàidhlig airson ùine mhòir mus do thòisich e air sgrìobhadh làn-ùine. Tha e aithnidhte mar bhàrd Gàidhlig agus bhuannaich e Crùn a' Bhàird aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail anns a' bhliadhna 2002. Tha e cuideachd a' sgrìobhadh rosg agus tha e air grunnan leabhraichean a sgrìobhadh do chlann agus do dheugairean thairis air na bliadhnaichean.

### *Mona Striewe*

Rugadh Mona ann an 1976 agus thogadh i anns an Eilean Sgitheanach agus anns a' Ghearmailt. Bhon a dh'fhàg i an sgoil ann an 1996, tha i air a bhith an sàs ann an diofar rudan, gu h-àraid mar thidsear càinain. Tha i an-dràsta an sàs ann an cànanan Ceilteach agus eachdraidh Lochlannach ann am Bonn agus Köln agus i fhathast ag obair pàirt-ùine. Tha i air a bhith a' sgrìobhadh bàrdachd agus rosg bho a h-òige agus thòisich i air sgrìobhadh ann an Gàidhlig bho chionn bliadhna no dhà. Bha i air liosta thaghte Farpais Bàrdachd Strokestown ann an 2007 agus fhuair i an treas duais ann am Farpais Bàrdachd Féile Filíochta ann an

2008. A bharrachd air sgrìobhadh, tha i cuideachd measail air a bhith a' togail dhealbh, siubhal agus boghadaireachd.

### *Iain MacDhòmhnaill*

Tha Iain MacDhòmhnaill à Griomasaigh an Uibhist a Tuath. An dèidh foghlam fhaighinn seachad, thug e grunn bhliadhnaichean ag obair ann am Birmingham, an Griomasaigh, an Glaschu is an Lunnainn mus do thill e a dh'Alba gu Comhairle nan Leabhrachaean ann an Glaschu. Sgrìobh e Na Solais is sgeulachd eile aon oidhche ann an 1971 nuair a bha e ag obair aig an taigh. Dh'eadar-theangaich e seann sgeulachdan Cuimris san leabhar *Am Mabinogi* (1984). Thug e fhèin is Boyd Robasdan a-mach *Gaelic Dictionary* ann an 2004 agus tha e air mòran leabhrachaean a dheasachadh.

### *Ceitidh NicGhriogair*

Rugadh Ceitidh an Loch Èuphort an Uibhist a Tuath far an do dh'fhàs i suas am fior shonas còmhla ri a teaghlaich air a' chroit. An dèidh foghlaim an Uibhist, Inbhir Nis is Glaschu, bha i a' teagascg airson sia bliadhna an sgoiltean an Cnòideart is Eilean Ruma. An uair sin thug an obair chiòbaireachd a bha aig an duine aice gu grunn àitichean air tìr-mòr iad gus an deach iad a Chataibh far an do chuir iad bliadhnaichean seachad air obair croite. Rè an ama sin bhiodh i a' sgrìobhadh aistean goirid, sgeulachdan is dealbhan-cluiche, a' mhòr-chuid an Gàidhlig, airson irisean agus rèidio. Thainig iad a dh'Inbhir Nis an 1979 far an robh Ceitidh ag obair ann am bùth-leabhrachaean agus ann an oifisean Gàidhlig gu 1997. Dh'aidich i fhèin gum bi i fhathast a' dèanamh eadar-theangachadh agus ceartachadh air sgrìobhaidhean dhe gach seòrsa gus an eanchainn a chumail gun ragadh na seann aois!

### *Kevin MacNeil*

'S ann à Steòrnabhagh a tha Kevin MacNeil agus tha e air cliù a chosnadhl dha fhèin mar sgriobhaiche rosg, dràma agus bàrdachd, an dà chuid Gàidhlig agus Beurla. Chaith e gu Sgoil MhicNeacail, Oilthigh Dhun Èideann agus Sabhal Mòr Ostaig. Bhuannaich e duais eadar-nàiseanta Tivoli Europa Giovani airson bàrdachd. Tha ùidh mhòr aige cuideachd ann am baidhsagalan agus Buddhism. Na fhaclan fhèin, 's e cuideigin a nì a dhìcheall nach smaoinich gu bheil a dhìcheall math gu leòr!

### *Dòmhnull Alasdair Dòmhnullach*

Rugadh Dòmhnull Alasdair Dòmhnullach ann an Garrabost Uarach ann an 1919, agus dh'fhuirich e ann an Leòdhas fad a bheatha. Bhon a bha e san sgoil bha e follaiseach gun robh talantán sònraichte aige ann a bhith a' sgrìobhadh bàrdachd agus rosg ged a dh'fhàg e an sgoil tràth. Thòisich e a' sgrìobhadh rannan Beurla, agus chaith moladh mòr a dhèanamh air píos a chuir e gu páipear-naidheachd nàiseanta airson co-fharpais. Aig àm a' Chogaidh bha e ann am bomairean mar fhear-rèidio agus mar ghunnair. Fhuair e inbhe oifigeir gu luath, agus chùm e air mar fhear-teagaisg airson greis mhòr an deidh crìoch a' Chogaidh. Nuair a dh'fhàg e Feachd an Adhair, bha e ag obair ann an Ionad nan Dall anns na h-Eileanan Siar airson seachd bliadhna fichead. Ged a sgrìobh e mun Dara Cogadh, bha e fhèin riamh den bheachd nach b' urrainn do sgrìobhadair sam bith tuairisgeul a dhèanamh air cò ris a bha e coltach.

## *Dòmhnaill Iain MacÌomhair*

Tha Dòmhnaill Iain MacÌomhair a' fuireach ann an Steòrnabhagh, far an robh e ag obair ann am foghla姆 airson faisg air ceathrad bliadhna, an dèidh dha ceumnachadh le urram anns na Cànanan Ceilteach ann an Oilthigh Obar Dheathain. B' ann nuair bha e san oilthigh a thòisich e a' sgrìobhadh. Bha e na Cheann-suidhe air a' Chomunn Ghàidhealach bho 1985 gu 1990, agus choisinn e Crùn Bàrd a' Chomuinn Ghàidhealaich aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail sa bhliadhna 2000. Sgrìobh e agus dheasaich e grunn leabhraichean Gàidhlig, nam measg, nobhail, leabhraichean de sgeulachdan goirid agus leabhraichean-sgoile. Choisinn e duaisean airson sgeulachdan agus bàrdachd, agus chaidh grunn de sgeulachdan a chraoladh air rèidio. A-nise, tha e ag obair mar eadar-theangair agus mar chomhairleach air gnothaichean foghla姆 na Gàidhlig, agus tha e air a bhith a' deasachadh agus a' comharrachadh dheuchainnean aig ìre nàiseanta fad iomadh bliadhna.

## *Pòl MacAonghais*

Rugadh Pòl MacAonghais ann am baile Ghùireig ann an 1928 ach b' ann à Eilean Ghriomasaidh agus Baile a' Chaolais a bha a phàrantan. Nuair a chaochail athair ann an 1936, chaidh Pòl a dh'fhuireach còmhla ri a sheanair is a sheanmhair ann an Griomasaidh far an deach e dhan bhun-sgoil, gu Sgoil Ceann a' Bhàigh agus an uair sin gu Àrd-sgoil Phort Rìgh. Cheumnaich e à Oilthigh Ghlaschu agus Colaiste Chnoc Iòrdain agus bha e a' teagasg ann an caochladh sgoiltean. 'S e sgrìobhadair ealanta a bha ann agus bha tàlantan air leth aige ann an dràma. Nuair a chuir e a chùl ri teagasg ann an 1979, thòisich e làn-ùine air prògraman sgoile rèidio ullachadh. Bha ùidh mhòr aige riamh ann a bhith a' sgrìobhadh do dhaoine òga agus fhuair saoghal

na Gàidhlig buille chruaidh nuair a chaochail Pòl gu h-aithghearr ann am Port Rìgh ann an 1987 agus e a' gabhail cuairt air sgoiltean an Eilein. Chaidh eisimpleirean de chuid sgrìobhaidhean a chruinneachadh anns an leabhar *An Guth Aoibhneach* ann an 1993.

### *Eilidh Watt*

Rugadh Eilidh Watt san Eilean Sgitheanach ann an 1908 agus bha i na tidsear anns na Hearadh, ann am Port Rìgh agus Fiobha gus an do thill i dhan Eilean nuair a leig i dhith a dreuchd. Bha ùidh mhòr aice riamh anns an dà shealladh agus mar as trice, bha seo a' nochdadh anns na sgeulachdan a b' fheàrr a sgrìobh i. Chaochail i ann an 1996.

### *Daibhidh Màrtainn*

Ann an 2003 cheumnaich Daibhidh Màrtainn bho Oilthigh Shrath Chluaidh le ceum le urram ann an litreachas Beurla. An dèidh sin, chuir e seachad ùine ann an Canada a' siubhal agus a' leasachadh a chuid sgilean air bòrd-sneachda agus an uair sin ann am Barsalona a' dèanamh cursa TEFL. Thòisich e air sgrìobhadh lànnùine nuair a thill e dhachaigh. Bha ùidh aige riamh ann an sgrìobhadh agus thòisich e air bàrdachd agus sgeulachdan goirid a sgrìobhadh nuair a bha e ceithir bliadhna deug a dh'aois ach gu h-annasach, sguir e fhad 's a bha e san oilthigh. Tha e air sgeulachdan goirid agus bàrdachd fhoillseachadh ann an irisean, leabhracchein agus *The Herald*. Bha e na sgrìobhadair aig An Lanntair ann an Steòrnabhagh agus fhuair e cuireadh gu Hi~Arts Master Class ann an 2006. Tha e air obair a leughadh air feadh na dùthcha agus air rèdio còmhla ris an fhear-chiùil - Iain Moireasdan. Tha e an-dràsta na stiùiriche aig MacTV. Chaidh an

sgeulachd Tormod a sgrìobhadh gu sònraichte airson *Eadar Dà Sgeul* agus ann am faclan an sgrìobhadar fhèin, “S e sgeulachd mu dhorchadas agus soilleireachd agus cho teann ‘s a tha an ceangal eatarra a th’ ann an Tormod.”

### *Norma Niclomhair*

Rugadh agus thogadh Norma Niclomhair ann an Leòdhas. Tha ceangal aice ri Ùig, Beàrnaraigh, Siadar a' Chladaich, Siabost agus, tro phòsadh, ri Nis. Ged is e Niclomhair an sloinneadh a bh' oirre nuair a sgrìobh i an sgeulachd seo, 's e NicLeòid an sloinneadh a th' air a bhith oirre bho chionn còrr math is ceathrad bliadhna. Tha i, bho chionn ghoirid, air dà nobhail ann an sreach de thrì a sgrìobhadh, *Dileas Donn* agus *Taingeil Toilichte* agus tha i ag obair air an fhearr mu dheireadh, *Suthainn Sior*.

## Eadar Dà Sgeul – Còraichean

| Tiotal  | Sgrìobhadair  |
|---|---|
| Adhaircean Mòra air<br>a' Chrodh a tha fad às | à beul-aithris<br>(air an tional agus air an<br>ath-sgrìobhadh le<br>Murchadh MacLeòid) |
| Ann am Bosnia                                 | Iain Mac a' Ghobhainn   |
| Na Stocainnean                                | Iain Mac a' Ghobhainn   |
| Aig a' Chladach                               | Iain Mac a' Ghobhainn   |
| Ecstasy                                       | Ré Ó Laighléis  |
| Taibhs  | gun urra  |

| Còraichean                      | A' chiad fhoillseachadh   |
|---------------------------------|---|
| Murchadh MacLeòid               | <i>Am Bloigh Beag le Beannachd agus sgeulachdan eile</i><br>Air a mhaoineachadh le Comhairle na Gaidhealtachd 1997  |
| A' Bh-uas<br>Donalda NicEanraig | <i>Seallaidhean Sùla</i><br>Acair 1996  |
| A' Bh-uas<br>Donalda NicEanraig | <i>Seallaidhean Sùla</i><br>Acair 1996  |
| A' Bh-uas<br>Donalda NicEanraig | <i>Seallaidhean Sùla</i><br>Acair 1996  |
| Ré Ó Laighléis                  | <i>Ecstasy and other stories,</i><br>le Ré Ó Laighléis, MÓINÍN 2005<br><i>Ecstasy agus scéalta eile,</i><br>le Ré Ó Laighléis, Cló Iar-Chonnachta 1994<br><i>Ecstasy and other stories,</i><br>le Ré Ó Laighléis, Poolbeg 1996<br><i>Ecstasy agus scéalta eile,</i><br>le Ré Ó Laighléis, Cló Mhaigh Eo, 1998<br><i>Ecstasy e altri racconti,</i><br>le Ré Ó Laighléis, MONDADORI 1998<br><i>Ecstasy agus sgeulachdan eile,</i><br>le Ré Ó Laighléis, CLAR 2004<br><i>Ecstasy as skeealyn elley,</i><br>le Ré Ó Laighléis, Yn Cheshaght Ghailckagh 2008 |
| Acair                           | <i>Geugan Uaine 2</i><br>Acair 1982   |

| <b>Tiotal</b>       | <b>Sgrìobhadair</b>           |
|---------------------|-------------------------------|
| Seòras              | Iain Moireach                 |
| An Duine Dubh       | Iain Mac a' Ghobhainn         |
| Bùrn                | Iain Mac a' Ghobhainn         |
| An Taghadh          | Iain Mac a' Ghobhainn         |
| An Rathad Dhachaigh | Mòrag Mhàrtainn               |
| An Coigreach        | Iain Mac a' Ghobhainn         |
| Ri Aghaidh na Creig | Maoilios Caimbeul             |
| Na h-Iùdhaich       | Iain Mac a' Ghobhainn         |
| An Lioft            | Mona Striewe                  |
| Na Solais           | Iain MacDhòmhnaill            |
| Am Meangan Gorm     | Ceitidh NicGhriogair          |
| Uair no uaireigin   | Kevin MacNeil                 |
| Cogais Ghoirt       | Dòmhnall Alasdair Dòmhnallach |

| Còraichean                        | A' chiad fhoillseachadh                                 |
|-----------------------------------|---|
| Iain Moireach                     | <i>An Aghaidh Choimheach</i><br>Gairm Publications 1973 |
| A' Bh-uas<br>Donalda NicEanraig   | <i>Bùrn is Aran</i><br>Gairm Publications 1960          |
| A' Bh-uas<br>Donalda NicEanraig   | <i>Bùrn is Aran</i><br>Gairm Publications 1960          |
| A' Bh-uas<br>Donalda NicEanraig   | <i>An Dubh is an Gorm</i><br>Gairm 1963                 |
| Mòrag Mhàrtainn                   |   |
| A' Bh-uas<br>Donalda NicEanraig   | Gairm 25, 1958  |
| Maoilios Caimbeul                 | <i>Cha Sgeul Rùin e,</i><br>Acair, 1995                 |
| A' Bh-uas<br>Donalda NicEanraig   | <i>An Dubh is an Gorm</i><br>Gairm 1963                 |
| Mona Striewe                      | Gath Publishing Limited<br>Earrach 2006                 |
| Iain MacDhòmhnaill                | Gairm 81, 1972  |
| A' Bh-uas<br>Ceitidh NicGhriogair | Gairm 120, 1982   |
| Kevin MacNeil                     |   |
| Acair                             | <i>Sgeulachdan Dhòmhnaill Alasdair</i><br>Acair 2002    |

| <b>Tiotal</b>        | <b>Sgrìobhadair</b>      |
|----------------------|--------------------------|
| Cafaidh Ranji        | Dòmhnull Iain MacIomhair |
| Feòil a' Gheamhraidh | Iain Moireach            |
| Am Partaidh Purpaidh | Dòmhnull Iain MacIomhair |
| “Aon Fheasgar ...”   | Pòl MacAonghais          |
| Tàladh na Mara       | Norma NicIomhair         |
| Tormod Bochd         | Eilidh Watt              |
| Tormod               | Daibhidh Màrtainn        |
| Briseadh na Cloiche  | Iain Moireach            |
| Na Bleideagan        | Dòmhnull Iain MacIomhair |

| Còraichean                     | A' chiad foillseachadh  |
|--------------------------------|---|
| Dòmhnull Iain MacÌomhair       |   |
| Iain Moireach                  | Gairm 54, 1966  |
| Dòmhnull Iain MacÌomhair       | <i>Cha sgeul rùin e</i> , Acair, 1995                                   |
| A' Bh-uas<br>Annot NicAonghais | Gairm 24, 1958  |
| Norma NicLeòid                 | <i>Rosg nan Eilean</i> ,<br>Roinn nan Cànan Ceilteach 1996              |
| Raghnull Watt                  | <i>Gun fhois</i><br>MacDonald Publishers, 1987                          |
| Daibhidh Màrtainn              |   |
| Iain Moireach                  | <i>Briseadh na Cloiche</i> 1970   |
| Dòmhnull Iain MacÌomhair       | <i>Camhanaich</i><br>Buidheann foillseachaidh<br>nan Eilean an Iar 1982 |

